



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

# Plana Nàiseanta nan Eilean Aithisg Bhliadhnail 2021

---



THE  
**ISLANDS**  
SCOTLAND ACT 2018  
ACHD  
**NAN EILEAN**  
ALBA 2018



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022



Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk)

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig  
Riaghaltas na h-Alba  
Taigh Naomh Anndrais  
Dùn Èideann  
EH1 3EG

ISBN: 978-1-80435-202-1

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, March 2022

# Clàr-innse

Ro-ràdh bho Rùnaire a' Chaibineit airson Cùisean Dùthchail agus nan Eilean	2
Facal-toisich	4
Geàrr-chunntas de na h-Amasan is Luachan Ro-innleachdail	5
Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach	8
Àireamh an t-sluaigh	9
Leasachadh eaconamach seasmhach	18
Còmhhdail	41
Taigheadas	48
Bochdainn Connaidh	52
Ceangailteachd Dhidseatach	55
Slàinte, Cùram Sòisealta agus Sunnd	58
Leas-àrainneachdail agus Bith-thèarainteachd	71
Atharrachadh na gnàth-shìde agus cumhachd	76
Coimhearsnachdan Eileanach Cumhachdach agus Com-pàirteachasan Ionadail Làidir	87
Ealainean, Cultar is Cànan	94
Foghlam	104
Cur an gnìomh agus Tomhas Plana Nàiseanta nan Eilean	110

# Ro-ràdh bho Rùnaire a' Chaibineit airson Cùisean Dùthchail agus nan Eilean



Tha e na thoileachas mòr dhomh an dàrna aithisg bhliadhnail aig Riaghaltas na h-Alba air libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean airson 2021 fhoillseachadh.

Ann an suidheachadh far a bheil a bheil Brexit agus COVID-19 ann, tha Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air adhart a' toirt taic do na coimhearsnachdan eileanach againn tron Phlana agus tron Mhapa Slighe Buileachaidh na chois. Tha mi gu math mothachail air a' bhuidhe an dà chuid bho bhith a' fàgail an AE agus bhon ghalar lèir-sgaoilte air na coimhearsnachdan eileanach againn. Mar fhreagairt, thar nan 12 mìos a dh'fhalbh tha sinn air prìomhachas a thoirt do dh'obair a bheir an taic as fheàrr do dh'ath-bheothachadh uaine agus seasmachd fad-ùine air feadh nan eileanan againn agus sinn a' toirt air adhart libhrigeadh a' Phlana.

Uile gu lèir, chaidh grunn ghealltanasan a choileanadh no tha iad air impis a bhith air coileanadh. Tha na gnìomhan a tha sinn a' gabhail gus na geallaidhean sin a libhrigeadh a' cuideachadh nan coimhearsnachdan eileanach againn gus soirbheachadh, agus aig an aon àm, tha buileachadh leantainneach a' Phlana a' daingneachadh cho sònraichte 's a tha na h-eileanan againn.

Tha mi gu sònraichte moiteil aithris gu bheil sinn air tòiseachadh air Prògram nan Eilean luach £30m a sgaoileadh a-mach gu soirbheachail. Tro Mhaoin Choimhearsnachdan nan Eilean agus Maoin nan Eileanan Fallain againn, tha sinn air a bhith comasach air taic a thoirt do ghrunn ghnìomhachasan, chomainn agus bhuidhnean coimhearsnachd. Rinneadh tasgaidhean thairis air mòran de na h-Amasan Ro-innleachdail sa Phlana, a' gabhail a-steach leasachadh eaconamach seasmach, slàinte is sunnd agus foghlam.

Anns a' Phrògram Riaghlaidh againn airson 2021/22, tha sinn a' gealltainn iomairt ùr Bann nan Eilean a thoirt a-steach gus taic a chumail ri àrdachadh-sluaigh ann an cuid de na coimhearsnachdan as so-leònte againn. Tha seo a' freagairt gu dìreach ris an fhios-air-ais a fhuair sinn tro phròiseas co-chomhairleachaidh 2019 airson Plana Nàiseanta nan Eilean, a chomharraich crìonadh-sluaigh mar an cuspair as cudromaiche do dhaoine a tha a' fuireach sna h-eileanan againn. Tha mi airson taing a thoirt dhan a h-uile duine a ghabh pàirt anns a' phròiseas co-chomhairleachaidh airson Bann nan Eilean, agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' foillseachadh mion-sgrùdadh air seo as t-Earrach mus tèid Bann nan Eilean a chur air bhog as t-Samhradh.

Tha grunn ghealltanasan ann am Plana Nàiseanta nan Eilean a tha air an dealbh gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach agus iad a' gluasad a dh'ionnsaigh cothromachadh-carboin. Bheir na gealltanasan seo taic dhan obair againn gus dèiligeadh ris na dùbhlain a tha mu choinneamh eileanan na h-Alba air fad agus sinn a' gluasad a dh'ionnsaigh Eadar-ghluasad Cothromach. Tha sinn mothachail air cho èiginneach 's a tha an obair seo agus tha sinn làn dhealasach a thaobh taic a thoirt do shia eileanan Albannach tro phròiseact nan Eileanan le Cothromachadh-carboin. Thèid aithisg a' mìneachadh nan ceumannan a ghabhas sinn gus taic a thoirt do na h-eileanan mar phàirt den phròiseact Eileanan le Cothromachadh-carboin fhoillseachadh ron t-Samhradh 2022.

Chan eil anns an obair a nì Riaghaltas na h-Alba ach pàirt den sgeulachd. Thar nam bliadhnaichean a dh'fhalbh tha sinn air buannachd fhaighinn bho cho-obrachadh ro-chudromach le ùghdarrasan ionadail, luchd-ùidh eileanach agus leis na coimhearsnachdan fhèin. Tha an t-eòlas, na sgilean agus an taic leantainneach a tha aig na com-pàirtichean againn deatamach ann a bhith a' libhrigeadh a' Phlana agus tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' leantainn air adhart leis na dàimhean sin sna mìosan agus sna bliadhnaichean ri teachd. San dealachadh, bu toil leam taing a thoirt do na h-eileanaich, luchd-ùidh agus ùghdarrasan ionadail againn airson an taic ionmholta agus sinn a' cumail oirnn a' libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

# Facal-toisich

Bidh Plana Nàiseanta nan Eilean na fhrèam-obrach airson obair gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach gu brioghmhor. Tha 13 Amasan Ro-innleachdail agus còrr is 100 gealltanasan anns a' Phlana a dh'fheumar libhrigeadh thairis air beatha còig bliadhna a' Phlana. Fo Achd nan Eilean (Alba) 2018, feumar aithisg a chur fa chomhair na Pàrlamaid gach bliadhna a' mìneachadh an adhartais a rinneadh a thaobh libhrigeadh a' Phlana. Tha an Aithisg Bhliadhna a' coileanadh an iarrtais seo, ag aithris air an adhartas a rinneadh air gach gealltanas ann am Plana Nàiseanta nan Eilean, agus le fiosrachadh air pròiseactan agus stòrasan a chaidh a chosg far a bheil sin iomchaidh.

An cois na h-aithisge seo tha Mapa Slighe Buileachaidh ùraichte ath-sgrùdaichte air Plana Nàiseanta nan Eilean, a tha a' mìneachadh mar a chumas sinn oirnn a' cur ri builean leasaichte thar nan eileanan againn. Tha ùrachadh 2022 a' gabhail dòigh-obrach a tha a' coimhead air adhart, le fòcas air gnìomhan agus chaidh a sgrìobhadh le co-obrachadh thar Riaghaltas na h-Alba air fad gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile raon poileasaidh air a bheil uallach gus am Plana a libhrigeadh air cur ris.

Bidh sinn cuideachd a' cur Dashboard Adhartais Plana Nàiseanta nan Eilean air dòigh a thaisbeanas adhartas a dh'ionnsaigh an dà chuid nan Amasan Ro-innleachdail agus nan gealltanasan againn ann an dòigh ruigsinneach agus follaiseach.

A bharrachd air seo tha an dà chuid Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus Buidheann Libhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean a' cumail taic ri buileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean. Tha Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean a' cruthachadh cothroman airson barrachd com-pàirt aig na ùghdarrasan ionadail buntainneach ann a bhith a' dealbhadh fhuasglaidhean do na dùbhlain a tha ro eileanaich, agus bidh a' Bhuidheann Libhrigidh a' dèanamh cinnteach gu bheil obair ga stiùireadh air adhart ann an dòigh cho-obrachail a tha an dha-rìribh a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach.

# Geàrr-chunntas de na h-Amasan is Luachan Ro-innleachdail

Bidh Plana Nàiseanta nan Eilean a' toirt stiùireadh do Riaghaltas na h-Alba agus tha e na fhrèam-obrach airson obair gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach gu brìoghmhor. Tha 13 Amasan Ro-innleachdail againn a chleachdas sinn airson a bhith a' stiùireadh na h-obrach againn sna mìosan is bliadhnaichean ri thighinn:



## Amas Ro-innleachdail 1

Gus aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain agus cothromach ann



## Amas Ro-innleachdail 2

Gus leasachadh eaconamach seasmhach a leasachadh agus a bhrosnachadh



## Amas Ro-innleachdail 3

Gus seirbheisean còmhdaile a leasachadh



## Amas Ro-innleachdail 4

Gus taigheadas a leasachadh



## Amas Ro-innleachdail 5

Gus ìrean de bhochdainn connaidh a lùghdachadh



## Amas Ro-innleachdail 6

Gus ceangailteachd didseatach a leasachadh



## Amas Ro-innleachdail 7

Gus slàinte, cùram sòisealta agus sunnd a leasachadh agus a bhrosnachadh



### Amas Ro-innleachdail 8

Gus piseach a thoirt air leas àrainneachdail agus gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd



### Amas Ro-innleachdail 9

Gus cur ri cur an aghaidh agus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus gus lùths glan, tèarainte air prìs reusanta a bhrosnachadh



### Amas Ro-innleachdail 10

Gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus àiteachan eadar-dhealaichte



### Amas Ro-innleachdail 11

Gus taic a chumail ri ealainean, cultar agus cànan



### Amas Ro-innleachdail 12

Gus foghlam fad-bheatha a bhrosnachadh is a leasachadh do na h-uile



### Amas Ro-innleachdail 13

Gus taic a chumail ri bhith a' cur Plana Nàiseanta nan Eilean an gnìomh gu h-èifeachdach



## Plana Cothromach, Amalaichte, Uaine agus In-ghabhalach

Tha na ceithir prionnsabalan de chothromachd, co-fhillteachd, dìon àrainneachdail (uaine) agus ion-ghabhaltas a' tighinn bhon cho-chomhairleachadh. Tha am plana stèidhichte orra agus stiùiridh iad Riaghaltas na h-Alba agus ar luchd-ùidhe gus ar n-amas deireannach a ruighinn – gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach.

Bidh Plana **cothromach** stèidhichte air sunnd ag obair a dh'ionnsaigh coimhearsnachdan nas cothromaiche, nas fhallaine agus nas toilichte air feadh na h-Alba. Cuidichidh an dòigh-obrach còraichean daonna le cunntachalachd nas fheàrr airson a bhith cinnteach gu bheil sinn mothachail air còraichean coimhearsnachdan eileanach, agus gan dìon.

Bidh Plana **co-fhillte** a' brosnachadh sheirbheisean co-cheangailte a tha stèidhichte air dòigh-obrach iomlanach stèidhichte air àite, agus a' togail chuspairean eaconomach, sòisealta agus àrainneachdail ann an dòigh-obrach cho-fhillte a thaobh poileasaidh eileanach.

Bidh Plana **uaine** a' glacadh nan cothroman a tha a' tighinn le eaconamaidh nas uaine, nas cothromaiche agus sinn ag obair gu ruige crìoch a chur air na tha Alba a' cur ri atharrachadh na gnàth-shìde.

Bidh Plana **ion-ghabhailta** a' brosnachadh fìor chumhachdachadh coimhearsnachd aig ìre ionadail, a' dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnidhean a ruighinn cho faisg 's as urrainn ri far am bi buaidh nan co-dhùnidhean.

# Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach

Mar a chaidh a shònrachadh ann an Achd nan Eilean (Alba) 2018, chaidh [Riaghailtean Measadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach \(Foillseachadh agus Lèirmheas air Co-dhùnaidhean\) \(Alba\) 2020](#) a chur an gnìomh air 23 Dùbhlachd 2020, a' ciallachadh gu bheil an dleastanas gus Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach (Island Communities Impact Assessment - ICIA) a dhèanamh na riatanas laghail airson Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan iomchaidh nuair a thathar a' cruthachadh no ag ath-sgrùdadh phoileasaidhean, ro-innleachdan no sheirbheisean.

Chaidh na Riaghailtean seo a stèidheachadh às dèidh co-chomhairle le coimhearsnachdan eileanach, ùghdarrasan buntainneach agus com-pàirtichean ann an riaghaltas ionadail air an dreach Stiùireadh agus Seata-innealan mu Mheasaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach, a chaidh fhoillseachadh an cois nan Riaghailtean air 23 Dùbhlachd 2020. Gheibhear seo air-loidhne aig: [Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach: stiùireadh agus seata-innealan - gov.scot \(www.gov.scot\)](#).

Anns a' chiad bhliadhna de na riaghailtean a bhith an gnìomh, tha sinn air taic a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do cho-obraichean iomchaidh ann an ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' cruthachadh Measaidhean Buaidh Choimhearsnachdan Eileanach. Tron ùine seo, tha sinn air feart a thoirt air fios air ais bho ùghdarrasan iomchaidh agus bho chom-pàirtichean ann an riaghaltas ionadail, a thug oirnn ath-sgrùdadh a dhèanamh air an stiùireadh. Foillsichidh sinn sgrìobhainn ùraichte a dh'aithghearr, bileag taic agus bhidio foghlaim a tha a' dol còmhla ris mu phròiseas nan ICIA gus barrachd taic a thoirt dhaibhsan a tha an sàs ann an ICIA.

Tha na h-ICIA a rinn Riaghaltas na h-Alba gu ruige seo rim faighinn air earrann nam foillseachaidhean air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba an seo: [Foillseachaidhean - gov.scot \(www.gov.scot\)](#). Bidh ICIA a rinneadh le ùghdarrasan iomchaidh air am foillseachadh leotha, mar as trice air na làraichean-lìn aca, far am feum iad cuideachd aithris bhliadhnaile a lìonadh a' mìneachadh mar a tha iad air gèilleadh ri Achd nan Eilean (Alba) 2018 rè na h-ùine aithris.

Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do na co-obraichean againn ann an Riaghaltas na h-Alba air fad agus anns na h-ùghdarrasan buntainneach le bhith a' cur an gnìomh pròiseas ICIA. Thèid beachdachadh cuideachd air an obair againn gu ruige seo agus air an fhios air ais a fhuaras anns a' chiad aithisg air Achd nan Eilean (Alba) 2018 a tha gu bhith deiseil am-bliadhna.

# Àireamh an t-sluaigh

## **Amas Ro-innleachdail 1 – Gus aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain agus cothromach ann.**

**Dh'aontaich sinn gun comharraicheamaid eileanan far a bheil crìonadh-sluaigh air fàs fìor dhona gus dèanamh cinnteach gun dèiligear le feumalachdan nan eileanan sin.**

### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Anns a' Mhàrt 2021, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba a' chiad ro-innleachd sluaigh ann an Alba, [Alba airson an àm ri teachd: cothroman agus dùbhlain mu atharrachadh-sluaigh na h-Alba](#). Tha an ro-innleachd a' mìneachadh nan diofar dhùbhlain deamografach a tha mu choinneamh Alba aig ìre nàiseanta is ionadail, agus a' mìneachadh prògram obrach ùr gus dèiligeadh ris na dùbhlain sin agus gus feum a dhèanamh de chothroman ùra. Tha e a' comharrachadh 36 ceuman tùsail thairis air ceithir cuspairean – dùthaich a tha freagarrach airson teaghlaichean; comann-sòisealta a tha beò gu fallain; dùthaich tharraingeach agus aoigheil; agus pròifil sluaigh nas cothromaiche.

Ann am Prògram Riaghlaidh 2021/22, gheall Riaghaltas na h-Alba maoin Bann Eileanach ùr luach £5m a chruthachadh, a' toirt seachad suas ri £50,000 do suas ri 100 dachaigh ro 2026, le bhith a' toirt taic ionmhais do luchd-còmhnaidh nan eilean gus fuireach sa choimhearsnachd aca, no gus daoine a bhrosnachadh gus gluasad ann. Chuir sinn co-chomhairleachadh air bhog mu Bhann nan Eilean air 2 Lùnastal 2021, a' toirt cothrom dhan luchd-còmhnaidh eileanach againn gu sònraichte na prìomh dhùbhlain a chomharrachadh a dh'fhaodadh bann freagairt air. Thàinig a' cho-chomhairle gu crìch air 25 Dàmhair le 1661 freagairt agus bidh aithisg sgrùdaidh deireannach ri faighinn sa Mhàrt 2022.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd air a bhith an sàs gu dlùth leis a' bhuidhinn-obrach aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (CoHI) air àireamh-sluaigh, a chaidh a stèidheachadh às dèidh coinneamh CoHI sa [Mhàrt 2021](#) gus stiùireadh a thoirt seachad air rannsachadh air gnìomhan agus iomairtean gus dèiligeadh ri crìonadh-sluaigh san sgìre. Bha riochdairean bho Chomhairle Earra Ghàidheal is Bhòid, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Siorrachd Àir a Tuath air Buidheann-obrach CoHI – leis gun robh sgìrean le fìor chrìonadh-sluaigh air an comharrachadh anns na ceithir sgìrean ùghdarras ionadail sin.<sup>1</sup> Còmhla ris na h-ùghdarrasan ionadail sin, bha a' bhallrachd cuideachd a' gabhail a-steach Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) agus oifigearan bho Riaghaltas na h-Alba.

<sup>1</sup> [Paper+6+-+Population+and+Fragile+Communities.pdf \(www.gov.scot\)](#)  
(Pàipear fianais a chaidh a thaisbeanadh aig CoHI, Dàmhair 2020).

## Cùmhnantan Fàis

Tha Cùmhnant Fàs nan Eilean, a tha a' gabhail a-steach Arcaibh, Sealtainn agus na h-Eileanan an Iar, cuideachd a' feuchainn ri dèiligeadh ri dùbhlain dheamografach nan Eilean, le bhith a' tasgadh ann an roinn a' chumhachd ath-nuadhachail còmhla ri tabhartasan acadaimigeach, tuathanas-uisge, cultarail agus turasachd. Nì na pròiseactan taobh a-staigh a' Chùmhnait na leanas:

- seallaidh iad mar a choileanar targaidean cothromachadh-carboin an Riaghaltais;
  - cruthaichidh iad bun-structar puirt ùr a tha cudromach gu nàiseanta a bhios cudromach gus Alba agus an RA a chuideachadh gus targaidean neoni lom a choileanadh;
  - neartaichear an t-àite aca mar 'dheuchainn-lannan beò' gun samhail airson ùr-ghnàthachadh cruinneil ann an teicneòlasan beag-charboin, rannsachadh sunnd agus dèanamh biadh seasmhach ann an com-pàirteachas leis na prìomh oilthighean agus ionadan rannsachaidh againn;
  - taisbeanar àrainneachd nàdarra, dualchas, cultar agus cruthachalachd air leth aca dhan t-saoghal; agus
- chruthaichear a' bhunait airson ath-bheothachadh stèidhichte air ùr-ghnàthachadh bho ghalar làir-sgaoilte COVID-19 agus cuirear taic ri fàs in-ghabhaltach thar gach coimhearsnachd Eileanach

Mar phàirt den phrògram, tha com-pàirtichean Cùmhnant nan Eilean a' toirt tuairmse gu bheil comas aig pròiseactan gus còrr is 1300 obraichean seasmhach a chruthachadh a tha ag amas air luchd-obrach ùr bho aois 16-40 a chumail agus a thàladh, le taic bho phrògram gus na sgilean a thoirt do luchd-obrach nan eilean gus taic a thoirt do na roinnean fàis aca. Chaidh ainm a chuir ri Ceann-teirmean airson Cùmhnant Fàs nan Eilean air 17 Màrt 2021, a tha a' toirt seachad tasgadh de suas ri £50 millean gach cuid bho Riaghaltas na h-Alba agus na RA thairis air 10 bliadhna. Thathas an dùil gun ruig e an ìre làn chùmhnant aig deireadh 2022.

Aig deireadh 2021, chaidh geàrr-chunntasan de chùisean gnìomhachais airson nam pròiseactan a leanas aontachadh le Co-chomataidh Cùmhnant Fàs nan Eilean;

- ShellVolution, a chumas taic ri leudachadh mòr ann an roinn tuathanachais nam feusgan ann an Sealtainn agus air feadh na h-Alba.
- Prògram TalEntEd nan Eilean, a chruthaicheas cothroman airson foghlam, sgilean, tionnsgalachd agus in-thionnsgalachd (intrapreneurship) agus malairteachadh, a' cumail taic ri fàs ann an obraichean seasmhach 'uaine' thar nan trì buidhnean eileanach.
- Scapa Flow Future Fuels Hub, a thèid a stèidheachadh ann an Arcaibh agus a chruthaicheas comas gus connadh beag-carboin/le cothromachadh-carboin a sholarachadh agus a sgaoileadh.
- An dàrna ìre de dh'Àrainn Rannsachaidh is Ùr-ghnàthachaidh Arcaibh (Orkney Research and Innovation Campus - ORIC2) ann an Stromness, a bhios a' cur ris na goireasan a th' ann mar-thà agus a' cruthachadh ionadan ùra gus gnìomhachd acadaimigeach is malairteach, co-obrachadh agus àrach gnìomhachais a chur an gnìomh.

Cuidichidh na pròiseactan seo gus taic a chumail ri tuathanasan fheusgan, obraichean uaine seasmhach agus connadh beag-charboin.

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn cuideachd suas ri £25m a thasgadh ann an Cùmhnant Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid thairis air 10 bliadhna. Tha an Cùmhnant ag amas air dèiligeadh ri dùbhlain dheamografach tro Earra-Ghàidheal is Bhòid air fad a' gabhail a-steach nan Eilean agus tha trì prìomh chuspairean ann:

- A' ceangal: a' toirt piseach air bun-structair fiosaigeach is didseatach gus coimhearsnachdan a neartachadh agus gus taic a thoirt do na roinnean àrd-luach is fàis aca gus ceangal a dhèanamh ri margaidhean gnìomhachais nàiseanta is eadar-nàiseanta;
- A' tàladh: a' toirt seachad sgilean, trèanadh agus cothroman ionnsachaidh a bharrachd gus tàlant òg a thàladh is a chumail; a' toirt piseach air tairgse na turasachd; agus
- A' fàs: a' dèanamh barrachd de na rudan a tha a' dèanamh gu math; a' dèanamh barrachd feum de na goireasan nàdarra agus togte aca, a' cumail taic ri ùr-ghnàthachadh agus ri fàs anns na prìomh roinnean aca.

Chaidh cinn-theirmean a' Chùmhnaint a shoidhnigeadh air 11 Gearran 2021, agus thathar an dùil gun ruig e ìre làn chùmhnaint san dàrna leth de 2022. Tha an Cùmhnant a' gabhail a-steach Pròiseact Eaconamaidh Beag-charboin a chuireas ris an obair a thathar a' gabhail os làimh gus taic a chumail ri cruthachadh plana lùths ionadail airson Ìle agus ri iomairtean lùths ionadail a thèid a chur an gnìomh air feadh an eilein mar thoradh air seo. Cuidichidh seo gus cur an aghaidh bochdainn-connaidh a bharrachd air na dùbhlain deamografach agus eile a tha mu choinneamh Ìle, a' gabhail a-steach lìonra Griod cuibhrichte, cosgaisean àrda a' chonnaidh is na còmhdhail, àird ìre de chleachdadh lùths àrd bho thaighean-staile agus ìre ìosail de chruthachadh lùths gu h-ionadail. A bharrachd air an sin, bidh am pròiseact Rural Skills Accelerator a' gabhail a-steach Acadamaidh STEM so-ghluasadach gus leasan agus bùthan-obrach le fòcas STEM a libhrigeadh ann an àite sam bith taobh a-staigh Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-steach nan eileanan.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd na làn chom-pàirtiche ann an Cùmhnant Roinn-cathair-bhaile Inbhir Nis is na Gàidhealtachd, a' cur £135 millean ris thairis air 10 bliadhna. Tha an Cùmhnant ag amas air fàs eaconamach in-ghabhalach a thoirt air adhart air feadh na roinne tro thasgadh ann an taigheadas, sgilean, ùr-ghnàthachadh agus tionnsgalachd, turasachd, còmhdhail agus cùisean didseatach. A bharrachd air an sin, tha an Cùmhnant ag amas air an t-sluagh ath-chothromachadh le bhith a' tàladh agus a' cumail 1,500 neach òg a bharrachd eadar aois 18 is 29. Tha an Cùmhnant a' gabhail a-steach pròiseact Acadamaidh Sgilean Saidheans a tha ag obair le com-pàirtichean gus làraichean a stèidheachadh airson Seòmraichean Newton le fòcas STEM ann an còig àiteachan, ag obair le foghlam agus gnìomhachasan ionadail. Tha seo a' gabhail a-steach Seòmar Newton pop-up airson a' chosta an iar a thòisich san Lùnastal 2021 ann am Port Rìgh san Eilean Sgitheanach.

Tha tuathanachas-uisge ann an Alba a' toirt bhuannachdan mòra dhan eaconamaidh againn, a' dèanamh pròtain fallain agus a' cumail taic ri còrr air 12,000 obair, mòran dhiubh stèidhichte sna coimhearsnachdan eileanach agus cladaich againn, a' toirt seachad cosnadh sgileil le deagh phàigheadh. Tha sinn a' toirt taic do bhoireannaich gus dreuchdan a ghabhail ann an tuathanachas-uisge tro iomairt Boireannaich ann an Tuathanachas-uisge na h-Alba agus tha sinn ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean a dh'fheumas iad aig tuathanaich agus stiùirichean-fearainn tro ionnsachadh air tìr gus cothroman a mheudachadh do bharrachd dhaoine, gu sònraichte boireannaich, gus teisteanasan, trèanadh agus cosnadh fhaighinn anns na roinnean stèidhichte air an fhearann agus tuathanasan-uisge.

Tha obair air tòiseachadh gus ar Sealladh airson tuathanachas-uisge seasmhach ann an Alba a libhrigeadh, a chuireas cuideam nas motha air dìon na h-àrainneachd agus buannachdan coimhearsnachd. Togaidh seo air na h-iomairtean coimhearsnachd ris a bheil an roinn a' toirt taic gu gnìomhach mar-thà, leithid na tha iad a' cur ri pròiseactan bun-structair, IT agus taigheadais sna coimhearsnachdan eileanach sa bheil an gnìomhachas seo ag obair. Tha eisimpleirean den bhuidh aig seo a' gabhail a-steach maoineachadh tabhartais de chòrr is £1 millean tro Mhaoin Taigheadais Dùthchail is nan Eilean agus obair dhlùth le Mowi, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan agus Companaidh Leasachaidh Choimhearsnachd Cholbhasa gus taighean air prìs reusanta a libhrigeadh ann an Colbhasa, a' toirt seachad fuasgladh air gainnead taigheadais ann.

Tha roinn biadh na mara san fharsaingeachd cuideachd na bhuannachd mhòr do dh'eaconamaidh nan eilean, agus libhrigidh sinn ro-innleachd airson roinn biadh na mara ann an 2022, a mhìnicheas sealladh agus amasan ro-innleachdail gus dèanamh cinnteach gum bi an roinn ath-leumach agus seasmhach san àm ri teachd, agus a' cur ri àite biadh na mara mar thùs pròtain seasmhach a tha beag carboin. Cuiridh an ro-innleachd seo ar miann air adhart gus an roinn ath-bheothachadh agus obraichean a ghleidheadh a rèir dòigh-obrach sheasmhach a' cleachdadh calpa nàdarra.

## **Dh'aontaich sinn tuigse fhaighinn air a' bhuidh aig Brexit air eileanan agus coimhearsnachdan eileanach.**

### **Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.**

Tha coimhearsnachdan dùthchail is eileanach gu sònraichte an eisimeil turasachd, iasgach, tuathanachas-uisge agus àiteachas, agus tha iad cuideachd a' cur gu mòr ri ar soirbheachas a thaobh bìdh is dighe. Gu mì-fhortanach, thug Brexit buaidh shònraichte air na roinnean sin, gu h-àraidh air sgàth gainnead luchd-obrach. Tha fios againn cuideachd gun d' fhuair na coimhearsnachdan sin buannachd bho airgead Eòrpach a tha a-nis air a call. Gheall Ministearan na RA gum biodh Maoin Soirbheachais Co-roinnte na RA co-dhiù co-ionann ri meud Maoinean Structarail an AE anns gach dùthaich, gach bliadhna - ach tha planaichean caitheamh làithreach fada nas ìsle na a' mhaoin bhon Aonadh Eòrpach. Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air a' cleachdadh nan cumhachdan agus goireasan a tha rim faotainn gus ceangailteachd a chumail suas agus gus an soirbhich eileanan na h-Alba.

Tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth le Caidreachas Eileanan na h-Alba gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' bhuidh dhìreach, bhunaiteach aig Brexit air na coimhearsnachdan eileanach againn. San aon dòigh, tha sinn air a bhith ag obair

gu dlùth leis na co-obrachaidhean againn ann an rùnaireachd an AE gus meòrachadh air fios air ais bho raon de phrìomh luchd-ùidh, gus dèanamh cinnteach gu bheil làn fhiosrachadh againn a thaobh nam builean a thig oirnn aig ìre eileanach. Bha raon farsaing de cho-obrachaidhean bhon Riaghaltas m.e. Còmhdhail, Sgìlean agus Eaconamaidh Dhùthchail an sàs sa phròiseas seo a bharrachd air co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Gus taic a chumail ri às-mhalairt leantainneach le roinnean iasgaich is tuathanas-uisge na h-Alba às dèidh Brexit, tha Riaghaltas na h-Alba air obrachadh le Riaghaltas na RA gus fuasglaidhean bacaidhean malairt a shireadh tro Bhuidheann Gnìomh Gnìomhachas Biadh-mara na h-Alba. Dh'obraich sinn cuideachd le gnìomhachas a' bhradain, roinn an iasgaich, Inbhean Bìdh na h-Alba, Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas agus companaidh còmhdhail DFDS gus ionad às-mhalairt biadh mara teisteanach a chruthachadh ann an Taigh na h-Uiseig. Tha cruthachadh an ionaid seo air leigeil le solar leantainneach de bhradan ùr, prìomh às-mhalairt bìdh na RA, a' leantainn do mhargaidhean an AE bho na h-eileanan againn. Ann an R3 ann an 2021 rinn Sealtainn, na h-Eileanan Siar agus Arcaibh 50% den bhradan ann an Alba.

Tha cliù eadar-nàiseanta aig biadh mara na h-Alba airson deagh chàileachd, agus tha e a' cur gu mòr ri eaconamaidh nan eilean. Libhrigidh sinn ro-innleachd malairt airson roinn biadh na mara ann an 2022, a tha na phàirt bhunaiteach den dòigh-obrach Eaconamaidh Ghorm againn a chuidicheas sinn gus ar n-amasan airson eaconamaidh sunnd ann an Alba a thoirt gu buil, a bheir seachad cothroman fàis mòra agus aig an aon àm a tha a' dìon bith-iomadachd mara. Nì an ro-innleachd cinnteach gum bi sinn a' cur luach ann an calpa nàdarra na h-àrainneachd mara againn, agus a' coimhead às a dèidh, agus far a bheil cùisean tèarainte is seasmhach san àm ri teachd mar thoradh air eaconamaidh biadh mara seasmhach a tha a' toirt buannachdan do choimhearsnachdan eileanach.

**Dh'aontaich sinn plana gnìomha a dheasachadh gus an sluaigh àrdachadh ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach agus obrachadh le com-pàirtichean gus deuchainnean a dhèanamh a thaobh pìleatan air sgèile bheag.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha an obair air Sgapadh an Luchd-obrach air tòiseachadh a-rithist, le planaichean gus buidheann-obrach a chruthachadh a choimheadas air luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba agus mar a ghabhas obraichean a dèanamh ann an sgìre sam bith de dh'Alba.

Tha obair air leantainn cuideachd air a' ghealltanas seo tro cho-obrachadh eadar Riaghaltas na h-Alba agus buidheann-obrach CoHI air àireamhan-sluaigh, a chaidh a stèidheachadh sa Ghiblean 2021. B' e prìomh amas na Buidhne:

- tuigse nas fheàrr fhaighinn air na suidheachaidhean a tha a' tighinn còmhla gus dìth sluaigh adhbharachadh no casg a chur air fàs sluaigh;
- seata de ghnìomhan geàrr-ùine, meadhan-ùine agus fad-ùine a chomharrachadh agus a leasachadh gus dèiligeadh ri dùbhlain fàs sluaigh nar coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach; agus
- barrachd rannsachaidh a dhèanamh air bun-bheachd Sònaichean Fàs-shluaigh, mar a chaidh a mhìneachadh ann am [pàipear COHI](#) sa Mhàrt.

Chomharraich a' bhuidheann còig prìomh chuspairean aig cridhe an dùbhlain gus dèanamh cinnteach gu bheil àireamhan-sluaigh seasmhach ann an coimhearsnachdan. Bha seo a' gabhail a-steach cothrom agus freagarrachd taigheadais, na tha ri fhaighinn de dh'obraichean air feadh na sgìre (a' gabhail a-steach san roinn phoblaich), bun-structar deatamach (a' gabhail a-steach còmhdhail agus bann-leathann), faotainneachd agus ruigsinneachd sheirbheisean poblach, agus tàladh is glèidheadh dhaoine òga dhan sgìre.

Aig CoHI san Dàmhair 2021, thug a' bhuidheann-obrach seachad [pàipear](#) a' mìneachadh ceistean poileasaidh agus a' moladh iomairtean sluaigh air an stiùireadh gu h-ionadail airson deasbad, agus a' dearbhadh nan ath cheumman a thaobh a bhith a' leasachadh a' bhun-bheachd Sònaichean Àrdachadh-sluaigh.

Mhìnich am pàipear dòigh-obrach thrì-shligheach:

- Comharraich obair a tha a' dol air adhart agus geallaidhean ùra a chaidh ainmeachadh bhon Mhàrt 2021 ann an diofar bhuidhnean;
- aithnich cho luath 's a tha dùbhlain àireamhan an t-sluaigh ann an cuid de sgìrean, agus a' toirt seachad molaidhean air beachdan airson pileatan agus gnìomhan air an rachadh deuchainnean a dhèanamh gu h-ionadail agus air an stiùireadh le tuigse ionadail stèidhichte air an àite taobh a-staigh nan 6-12 mìosan a tha romhainn; agus
- aithneachadh gu bheil feum air conaltradh ro-innleachdail fad-ùine eadar Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, agus buidhnean iomairt air cùisean co-cheangailte ri àireamhan-sluaigh, a' toirt seachad an fhiosrachaidh as ùire air adhartas leis a' bhun-bheachd Sònaichean Àrdachadh-sluaigh.

Lean obair ann an 2021 air obair gus Pileat Bhìosa Dùthchail a chur air dòigh às dèidh Comataidh Comhairleachaidh Imrich Riaghaltas na RA fhèin, a' moladh ann an 2019 sgeama pileat a dhèanamh gus luchd-imrichean a thàladh agus a chumail ann an sgìrean dùthchail, ag ràdh: “Chan eil an siostam imrich a th' ann an-dràsta uamhasach èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ris na duilgheadasan sònraichte a tha aig coimhearsnachdan iomallach. Ma thathar gu bhith a' dèiligeadh ris na duilgheadasan sin, tha feum air rudeigin sònraichte airson nan sgìrean sin”.

Mar sin bha gealltanais anns a' Phrògram Riaghlaidh airson 2021/22 “Cruthaich moladh airson Pileat de Bhìosa Dùthchail, gus taic a thoirt do dhaoine gluasad gu, agus a bhith ag obrachadh, anns na coimhearsnachdan dùthchail againn, a' cur moladh do Riaghaltas na RA ann an 2022”, gus imrich gu sgìrean dùthchail agus iomallach air an tug crìonadh sluaigh buaidh a dhèanamh comasach, ann an dòigh a bhios a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan seo. Sgrìobh Rùnaire a' Chaibineit airson Cùisean Dùthchail agus nan Eilean gu Kevin Foster BP, Ministear airson Imrich Sàbhailte is Laghail aig Riaghaltas na RA, san Fhaoilleach 2022, a' comharrachadh rùn Riaghaltas na h-Alba a dhol air adhart leis a' ghealltanais seo. Thathar a' stèidheachadh buidheann-obrach gheàrr-ùine, anns a bheil farsaingeachd de luchd-ùidh ionadail, roinneil agus nàiseanta, gus beachdan co-obrachail a chur a-steach dhan obair gus molaidhean pileat a chruthachadh, agus tha Riaghaltas na h-Alba an dùil na molaidhean sin a chur a-steach gu Riaghaltas na RA agus Comataidh Comhairleachaidh Imrich rè Samhradh 2022.



**Dh'aontaich sinn obrachadh le eileanaich òga gus gnìomhan a chomharrachadh a dh'fhaodadh am brosnachadh gus cumail orra fuireach anns na h-eileanan no tilleadh do na h-eileanan.**

**Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.**

Tha obair air pròiseact Glèidheadh nan Oileanach a' leantainn. Tha Glèidheadh Oileanaich ag amas air oileanaich a bhrosnachadh gus fuireach ann an Alba (agus àiteachan dùthchail/gluasad gu eileanan no dhan Ghàidhealtachd) às dèidh dhaibh crìoch a chur air an cuid ionnsachaidh – tha seo a' buntainn ri oileanaich sam bith à Alba no an còrr den RA. Chuidicheadh obrachadh le eileanaich òga sinn le bhith a' faighinn tuigse nas fheàrr air na bheireadh orra fuireach no tilleadh às dèidh colaiste/oilthigh. Dh'fhaodadh sgaoileadh luchd-obrach cuideachd leigeil le obraichean a bhith air an dèanamh an àite sam bith agus mar sin bhiodh nas lugha de dh'fheum air daoine òga falbh airson seòrsaichean sònraichte de dh'obair a dhèanamh.

A' togail air pròiseact pileat Lìonra nan Eileanach Òga a chaidh a chur air bhog san Fhaoilleach 2021, tha Òigridh na h-Alba a' cumail taic ri libhrigeadh [Lìonra nan Eileanach Òga](#), maoinichte le Riaghaltas na h-Alba, a bhios air a cho-chruthachadh agus air a stiùireadh le ar n-eileanaich òga, a' dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh gu faiceallach air ùidhean agus prìomhachasan na buidhne seo fhad 's a thathar a' cruthachadh an fhòraim ùir seo.

**Dh'aontaich sinn làn bheachdachadh a dhèanamh air leasachaidhean poileasaidh, mar eisimpleir, toraidhean rannsachadh Planadh Dùthchail gu 2050 a choimisein Riaghaltas na h-Alba, nuair a thathar a' dèanamh cinnteach gun tèid feart a thoirt air feumalachdan eileanan na h-Alba le Buidheann-gnìomh a' Mhinistear air Àireamh-sluaigh.**

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnaile Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean ag amas air luchd-labhairt na Gàidhlig a ghlèidheadh ann an coimhearsnachd Ghàidhlig eileanach no an tàladh ann.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha poileasaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a' feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil cothroman obrach a' cleachdadh Gàidhlig suidhichte ann an coimhearsnachdan eileanach agus gu bheil ùghdarrasan agus buidhnean poblach a' fastadh luchd-labhairt Gàidhlig far a bheil sin comasach. Tha maoinicheadh sònraichte aig Riaghaltas na h-Alba airson na Gàidhlig a' cur ris a' ghealltanais seo, ach thathar a' toirt fa-near gu bheil comas ann do luchd-fastaidh mòra obraichean agus taigheadas a stèidheachadh ann an coimhearsnachdan eileanach agus beachdachadh air sgilean Gàidhlig, rud a tha Riaghaltas na h-Alba a' brosnachadh.

Tha taic airson leasachaidhean tràth-bhliadhnaichean ùra agus goireasan foghlaim a' toirt taic dhan Ghàidhlig anns na coimhearsnachdan sin. Tha planaichean Gàidhlig an gnìomh aig na h-ùghdarrasan ionadail Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. Tha na h-eisimpleirean a' gabhail a-steach MG ALBA, Ceòlas, Fèisean nan Gàidheal, Stòrlann, Sabhal Mòr Ostaig agus Bòrd na Gàidhlig.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le co-obraichean poileasaidh gus Plana Leasachaidh Nàiseanta a dheasachadh airson croitearachd a bhios a' suidheachadh stiùireadh ro-innleachdail fad-ùine airson croitearachd - a' soilleireachadh nam prìomh eileamaidean a tha riatanach gus dèanamh cinnteach gum bi croitearachd fhathast aig cridhe nan coimhearsnachdan dùthchail agus iomallach againn san àm ri teachd.**

**Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.**

Chaidh am Plana fhoillseachadh air 18 Màrt 2021. Gheibhear seo aig:

[Croitearachd: Plana leasachaidh nàiseanta- gov.scot \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot)

**Dh'aontaich sinn obrachadh le Coimisean na Croitearachd gus feuchainn ri dèanamh cinnteach gum biodh gabhaltasan croite a nochdadh gu tric gus cothroman a chruthachadh do dhaoine ùra a dhol an sàs ann an croitearachd.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha Coimisean na Croitearachd a' coimhead air dòighean ùra gus dèanamh cinnteach gu bheil inntrigeadh do chroitearachd nas ruigsinniche, agus gun lean an t-àrdachadh ann an luchd-inntrigidh ùr mar a chunnaic sinn ann an 2019 agus 2020, le còrr is 830 luchd-inntrigidh ùra a' tighinn a-steach do chroitearachd - 44% dhiubh nam boireannaich..

Tha Coimisean na Croitearachd air dà Oifigear Leasachaidh Croitearachd fhasadh, a tha stèidhichte ann an Steòrnabhagh agus Baile a' Mhanaich. Bidh na h-oifigearan ùra a' conaltradh le coimhearsnachdan croitearachd gus brosnachadh gum bi daoine a' fuireach air croitean, ag obair le measadairean, uachdarain agus bailtean-fearainn gus cothroman a bhrosnachadh do luchd-inntrigidh ùr. Tha an Coimisean cuideachd air an sgioba Còmhnaidh agus Cleachdadh Fearainn aca a leudachadh gus cur ris an obair aige gus aghaidh a chur air neo-làthaireachd agus air croitean a thoirt a chur gu feum gnìomhach a-rithist.

**Dh'aontaich sinn cumail oirnn a' toirt taic do chroitearan eileanach gus leasachaidhean a dhèanamh air na croitean aca agus cuideachadh gus na gnìomhachasan aca a chumail suas. Bidh seo a' gabhail a-steach: Sgeama Grantaichean nan Taighean-croite, Sgeama Leasachaidh an Sprèidh agus modhan taic croitearachd eile.**

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air adhart a' toirt taic do chroitearan eileanach gus cuideachadh le bhith a' cumail suas an cuid gnìomhachasan croite agus a' dèanamh leasachaidhean air na croitean aca, agus a' toirt seachad taic a thaobh togail taigh-croite ùr no leasachaidhean air taigh-croite a th' ann mar-thà.

Bho chaidh sgeama Thabhartasan nan Taighean Croite a chur air bhog ann an 2007, chaidh còrr is £23 millean a thoirt do 1,067 teaghlaichean agus daoine fa leth ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach. Chaidh mun dàrna leth de sin a thoirt do chroitearan eileanach.

Bhon Mhàrt 2020 tha sinn air còrr is £2 millean a thoirt seachad ann am maoineachadh tabhartais gus cuideachadh le bhith a' togail agus a' leasachadh thaighean do 73 croitearan agus an teaghlaichean.

Anns a' bhliadhna ionmhais 2021/22, thug Riaghaltas na h-Alba seachad àrdachadh de 75% air buidseat Sgeama Thabhartasan Àiteachais na Croitearachd, gu £3.6 millean.

# Leasachadh eaconamach seasmhach

## Amas Ro-innleachdail 2 – Gus leasachadh eaconamach seasmhach a leasachadh agus a bhrosnachadh

**Dh'aontaich sinn prìomh ghnìomhan a chomharrachadh gus fàs eaconamach in-ghabhaltach agus seasmhach a chur air adhart sna h-eileanan, leithid gnìomhachasan air an ruith leis a' choimhearsnachd, e-mhalairt agus gnìomhachasan stèidhichte air eilean le comasan didseatach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha teicneòlasan didseatach ro-chudromach airson gnìomhachasan agus eaconamaidh nan eilean agus tha iad a' toirt cruth-atharrachadh air an dòigh sam bith sinn a' dèanamh gnìomhachas thar gach roinn is sgìre. Gheall sinn £100 millean thar beatha na Pàrlamaid seo, gus comas didseatach nan gnìomhachasan againn a leudachadh air feadh na h-Alba. Tha seo a' gabhail a-steach a' phrògram DigitalBoost againn, am prògram conaltraidh didseatach nàiseanta do gnìomhachas againn a tha a' tabhann taic dhidseatach do dh'iomairtean beaga is meadhanach a' gabhail a-steach bùithtean-obrach, comhairle 1-2-1, sgrùdaidhean slàinte, treòrachadh air-loidhne agus clasaichean.

Ann an 2020/21, thaisg lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean £2.5 ann an 206 pròiseact a thaobh comas didseatach. Bha còrr is 89 de na gnìomhachasan, iomairtean sòisealta agus buidhnean saor-thoileach a fhuair taic ann an coimhearsnachdan eileanach, far an do rinn sinn tasgadh de £925k. Tha sgrùdaidhean cùise feumail rim faighinn air an làraich-lìn againn – airson Ortak (Arcaibh) agus An Lanntair (Leòdhas).

A bharrachd air sin, is urrainn lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean comhairle dhidseatach shònraichte (suas ri 3-latha), tachartasan agus tabhartasan a thoirt do bhuidhnean air feadh na sgìre tro na sgiobaidhean sgìreil againn. Cho-obrach HIE cuideachd le Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba agus lomairt na h-Alba gus còrr air £2 millean a thasgadh ann an co-ionadan aig Ionad Nàiseanta an Ùr-ghnàthachaidh (The Data Lab, CENSIS, Ionad Ùr-ghnàthachaidh Construction Scotland agus IBioIC) a bheir seachad taic ùr-ghnàthachaidh didseatach, greisean gnìomhachais do dh'oileanach MSc agus PhD agus maoinachadh do bhuidhnean air feadh na sgìre.

**Dh'aontaich sinn sgrùdadh a dhèanamh air an dòigh as fheàrr gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh feumalachdan nan eileanan taobh a-staigh com-pàirteachasan eaconamach roinneil a tha a' tighinn am bàrr a' gabhail a-steach Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (CoHI).**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Chaidh Com-pàirteachas Eaconamach Roinneil na Gàidhealtachd is nan Eilean a stèidheachadh, a' coinneachadh airson a' chiad uair san Dùbhlachd 2021. Am measg nam ball tha na sia ùghdarrasan ionadail aig a bheil coimhearsnachdan eileanach, a bharrachd air Comhairle Mhoireibh, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan, agus buidhnean poblach eile. Bidh riochdachadh gnìomhachais agus na treas roinn ann bho thìr-mòr agus bho na h-eileanan. Bheir an Com-pàirteachas Eaconamach Roinneil guth roinneil seachad agus bidh cho-obrachadh thar prìomh dhùbhlain agus chothroman roinneil comasach mar thoradh air, leithid ath-bheothachadh agus cruth-atharrachadh eaconamach, cothromachadh-carboin, àrdachadh-sluaigh, bun-structar agus còmh-dhail. Tha lèirsinnean eileanach sònraichte air gach cuspair seo. Bidh obair a' Chom-pàirteachais Eaconomaich Roinneil a' co-thaobhadh ri agus a' biathadh a-steach do dh'obair Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (CoHI).

Bidh COHI a' coinneachadh dà thuras sa bhliadhna, as t-earrach agus as t-fhoghar, agus tha e a' toirt còmhla Ùghdarrasan Ionadail na Gàidhealtachd is nan Eilean, buidhnean poblach agus institiudan le uallach airson, no le ùidh ann an, leasachadh eaconamach is sòisealta na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha CoHI ag amas air co-thaobhadh a neartachadh eadar Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean a tha nam buill gus fàs eaconamach seasmhach a chur am meud agus tha na pròiseasan aca daonnan fo sgrùdadh is leasachadh leantainneach. Mar as trice bidh Co-chruinneachaidhean a' gluasad eadar àiteachan air tìr-mòr is eileanan ach ann an 2021, thug an Leas-phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson Ath-bheothachadh Covid aigheachd do na coinneamhan air-loidhne agus bha na cuspairean deasbaid a' gabhail a-steach: Feachd-obrach is Sgilean, Àireamhan Sluaigh, Taigheadas, Gàidhlig agus Croitearachd.

A bharrachd air seo, tha obair a' leantainn air a' phrògram Trusadh is Glèidheadh Tàlaint gus taic a thoirt do ghnìomhachas gus daoine a thàladh leis na sgilean a tha a dhìth; prògram Glèidhidh nan Oileanach gus taic a thoirt do dh'oileanaich a bhith a' fuireach agus ag obair ann an Alba às dèidh ceumnachadh; agus pròiseact Aithneachadh Sgilean na h-Alba gus luchd-imrich a tha a' fuireach ann an Alba mar-thà a chuideachadh gus an ìre cosnaidh cheart fhaighinn le bhith a' toirt cunntas air na sgilean a fhuair iad taobh a-muigh na RA agus a' togail cheanglaichean dhaibh ri fastaichean le dreuchdan bàna. Tha seo ga dhèanamh ann an co-obrachadh leis an Aonad-sluaigh agus Imrich agus grunn sgiobaidhean eile aig Riaghaltas na h-Alba, le Leasachadh Sgilean na h-Alba agus buidhnean iomairt.

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil taic gnìomhachais agus taic coimhearsnachd sònraichte ann airson coimhearsnachdan eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil bathar agus seirbheisean freagarrach, ruigsinneach agus èifeachdach. Bidh seo a' gabhail a-steach modailean ùra agus tionnsgalach agus a bhith ag obair le solaraidhean nàiseanta gus beachdachadh air mar as urrainn do phrògraman aghaidh a chur air feumalachdan choimhearsnachdan agus gnìomhachasan ann an dòigh nas fheàrr.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Chaidh an tasgadh de £2,586,000 a rinn sinn tro Mhaoin Choimhearsnachdan nan Eilean (Island Communities Fund - ICF) a libhrigeadh mar aon shruth de Phrògram nan Eilean 2021/22, a' toirt tasgadh calpa do phròiseactan air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd a tha a' co-thaobhadh ri dòighean togail beairteas coimhearsnachd agus a' toirt taic do chosnadh, fulangas coimhearsnachd agus a' cur ri foghlam na h-Alba, eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin, agus beatha ath-leumach a thaobh na gnàth-shìde sna h-eileanan.

A' cumail taic ri gnìomhachasan eileanach agus buidhnean coimhearsnachd, thog an ICF air soirbheachas agus air na dh'ionnsaich sinn bho Phrògram Ath-bheothachaidh Uaine nan Eilean (2020/21), agus thug iad tabhartasan suas ri £150,000 do phròiseactan a bha ag amas air gnìomhachd eaconamach seasmhach a chruthachadh sna h-eileanan. Bha seo cuideachd a' cumail taic ri libhrigeadh [Plana Nàiseanta nan Eilean](#).

A bharrachd air sin, tha Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean a' libhrigeadh leasachadh eaconamach is coimhearsnachd airson na sgìre tro ochd sgiobaidhean stèidhichte air sgìrean a leigeas leinn freagairt air feumalachdan agus cothroman ionadail, a' cleachdadh eòlas ionadail farsaing, com-pàirteachasan agus dòigh-obrach a tha a' toirt fòcas air luchd-cleachdaidh. Bidh ìrean eadar-theachd agus slatan-tomhais ion-roghnachd airson prògraman gu tric air an atharrachadh gus taic a bharrachd a thoirt do na h-eileanan. Is e aon eisimpleir far a bheilear ag amas gu sònraichte air eileanach Prògram Greis-gnìomhachais nan Ceumnaichean, a tha ag aithneachadh feumalachdan sònraichte ann an eileanan sònraichte agus a tha mar phàirt den fhreagairt againn do dhùbhlain a thaobh dùbhlain-sluaigh.

**Dh'aontaich sinn obrachadh ann an com-pàirteachas gus taic a chumail ri leasachadh eaconamach seasmhach anns na h-eileanan, m.e. Àrainn Rannsachadh agus Tionnsgalachd Arcaibh agus leasachaidhean port Steòrnabhaigh.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha trì prìomh chuspairean ann an Cùmhnant Fàs nan Eilean: mapa slighe gu cothromachadh-carboin san àm ri teachd; a' toirt taic do dh'fhàs agus do ghnìomhachasan san àm ri teachd; agus a' togail choimhearsnachdan seasmhachd soirbheachail. Tha ochd pròiseactan deug ann an Cinn teirmean Cùmhnant Fàs nan Eilean agus nam measg tha Ionad nan Eilean airson Cothromachadh-carboin, Port Uisge Domhainn Dales Voe agus Co-ionad Cumhachd Innse Gall, a tha uile cho ceangailte ri lùghdachadh carboin, ged a bhios an cuspair seo a' ruith tro phròiseactan uile Cùmhnant nan Eilean gu ìre.

**Dh'aontaich sinn na cothroman a tha ag èirigh bhon aithisg Sgrùdadh air Saidheans agus Tionnsgalachd Maximising Opportunities for the Marine Economy in the Highlands and Islands bho 2019 a thoirt air adhart cho math ri bhith a' cur ris an fheadhainn a tha a' tighinn a-mach às na h-aontaidhean fàis.**

**Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanas seo.**

San [Ro-innleachd Riaghladh Iasgaich](#) againn, tha sinn a' gealltainn a bhith a' leantainn rianachd iasgaich mara cunntachail agus seasmhach agus tha plana gnìomh 12 puing mar bhunait air seo a thèid a libhrigeadh thar nan deich bliadhna ri teachd. Am measg nam prìomh ghniomhan tha a bhith ag àrdachadh an dleastanais air iasgairean a bhith a' cur iasg air tìr ann an Alba, le buannachdan co-cheangailte ri giullachd agus seirbheisean taice air tìr; agus a' cur ri ath-leumachd gnìomhachas an iasgaich, ag obair le luchd-ùidh gus ceanglaichean gu margaidhean ionadail agus cruinneil a neartachadh, agus gus taic a chumail ri iol-ghnèitheachaidh (diversification).

Tha an Ro-innleachd a' cur cuideam làidir air riaghladh iasgaich gu h-ionadail, le tasgadh nar lìonra de Bhuidhnean Iasgach ri Chladach Ionadail. Tha pàirt dheth seo tro iomairt Pileatan Iasgach a' Chladaich far a bheil Buidhnean Iasgach a' Chladaich, ag obair còmhla ri Cùisean Mara na h-Alba, air dà phròiseact a chruthachadh – dòigh-obrach iomlan airson uidheamachd iasgaich a chleachdadh ann an dòigh nas fheàrr anns na h-Eileanan an Iar, agus ann am Muile thathar a' dèanamh deuchainn a' dealachadh uidheamachd gluasadach is staitigeach. Tha beachd fàbharach air a bhith aig luchd-ùidh mun dà phròiseact seo agus tha deagh bhuidh air a bhith ann a rèir fianais aithriseach. Tha sinn a' cleachdadh na ionnsaich sinn bho na pileatan seo gus cuideachadh gus roghainnean stiùiridh iasgaich ri cladaich fhiosrachadh gu nàiseanta, agus gus coimhead air cothroman gus toraidhean a neartachadh thar nan coimhearsnachdan cladaich uile againn.

Tha an dòigh-obrach againn a bhith a' faighinn cothroman iasgaich tro cho-rèiteachadh eadar-nàiseanta ag amas air na buannachdan as motha fhaighinn bho iasgach do na coimhearsnachdan ionadail againn. Tha seo a' gabhail a-steach mòran de na coimhearsnachdan iasgaich againn a tha stèidhichte air a' Ghàidhealtachd agus na h-eileanan, le buannachdan mòra a' dol gu (mar eisimpleir) Sealtainn mar thoradh air sin. Tha an cuota a gheibhear aig ìre eadar-nàiseanta a' cuideachadh le bhith a' cumail suas agus a' toirt fàs air gnìomhachasan ionadail, a' toirt seachad cothroman cosnadh aig muir agus air tìr mar thoradh air seo.

Tha sinn cuideachd air grunn phròiseactan a thòiseachadh gus taic a thoirt do luchd-inntrigidh ùr dhan roinn iasgaich agus gu ruige seo tha sinn air £1,740,470 bho Mhaoin Mara na h-Alba a thoirt seachad do luchd-inntrigidh ùr gus an cuideachadh gus an soitheach aca fhèin a cheannach. A-mach às na 23 iasgairean òga a fhuair tabhartas, bha ceathrar à sgìre na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Chaidh tabhartas a thoirt dhaibh de £239,115.00 uile gu lèir.

Tha grunn phròiseactan gan toirt air adhart cuideachd mar phàirt an dà chuid de Chùmhnant Fàs nan Eilean agus de Chùmhnant Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid aig a bheil fòcas làidir air Eaconamaidh na Mara. Nam measg tha Scapa Flow Future Fuels Hub, Biadh is Deoch Innse Gall agus pròiseactan Port Uisge Fìor Dhomhainn Dales Voe ann an Cùmhnant nan Eilean, agus Ionad Trèanaidh Gnìomhachas Mara Colaiste Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan/Earra-Ghàidheal, Campas Ùr-ghnàthachaidh MERL Mhachaire Shanais, Ionad Eadar-nàiseanta Feamainn is Maorach agus pròiseactan Turasachd Mara ann an Cùmhnant Earra-Ghàidheal is Bhòid. Tha an dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA ag obair gu dlùth le com-pàirtichean anns an dà Chùmhnant gus na pròiseactan sin a thoirt air adhart airson leas nan coimhearsnachdan cladaich.

**Dh'aontaich sinn ceannas a thoirt seachad san roinn phoblaich, a' dearbhadh gun urrainn obair agus cùrsa-beatha soirbheachail a bhith aig daoine sna h-eileanan;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Thathar a' beachdachadh air planaichean gus buidheann-obrach Sgaoileadh Luchd-obrach a stèidheachadh, a' coimhead an toiseach air feachd-obrach Riaghaltas na h-Alba agus mar a ghabhas obraichean a dhèanamh bho air feadh na h-Alba. Chaidh taic a chumail ris an obair seo tro cho-obrachadh le Buidheann-obrach Àireamhan-sluagh CoHI, a chomharraich còig prìomh amasan cuspaireil aig cridhe an dùbhlain a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil àireamhan-sluaigh seasmhach aig coimhearsnachdan. Bha seo a' gabhail a-steach cothrom air agus freagarrachd taigheadais, na tha ri fhaighinn de dh'obraichean air feadh na sgìre (a' gabhail a-steach san roinn phoblaich), bun-structar deatamach (a' gabhail a-steach còmhdhail agus bann-leathann), faotainneachd agus ruigsinneachd sheirbheisean poblach, agus tàladh is glèidheadh dhaoine òga dhan sgìre.

Aig CoHI san Dàmhair 2021, thug a' bhuidheann-obrach seachad pàipear a' mìneachadh ceistean poileasaidh agus a' moladh iomairtean sluaigh air an stiùireadh gu h-ionadail airson deasbad, agus gus na h-ath cheumannan a dhearbhadh a thaobh a bhith a' leasachadh bun-bheachd Sònaichean Àrdachadh-sluaigh. Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air a' conaltradh riutha agus a' meòrachadh air an obair seo a tha a' tighinn am bàrr.

**Dh'aontaich sinn àrainneachd gnìomhachais bheothail a thoirt seachad a tha a' toirt cothrom do dhaoine farsaingeachd de chothroman eaconomach a leantainn anns na h-eileanan;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**



Tha Cùmhnant Fàs nan Eilean a' cur air adhart grunn mholaidhean co-obrachail agus sònraichte airson nan Eilean, air an dealbhadh gus dèiligeadh ri dùbhlain deamografach nan eilean, a bharrachd air a bhith a' cumail taic ri ùr-ghnàthachadh gnìomhachais, agus an t-eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin.

Tha na 18 pròiseactan taobh a-staigh Cùmhnant Fàs nan Eilean a' cuimseachadh air bun-structair a churthachadh gus taic a chumail ri roinn a' chumhachd ath-nuadhachail a tha a' sìor fhàs san sgìre, air prògraman ùr-ghnàthachaidh gus an luach as fheàrr fhaighinn bho phrìomh ghniomhachasan a tha fàs agus bho ghniomhachasan a tha a' tighinn am bàrr, agus air a bhith a' togail turasachd seasmhach agus nithean cultarail, le taic bho phrògram gus luchd-obrach nan Eilean uidheamachadh leis na sgilean gus iarrtas a choileanadh san latha an-diugh agus san àm ri teachd. Tha na pròiseactan a' gabhail a-steach grunn raointean, mar eisimpleir, iomairtean beag-charboin, taigheadas, sgilean, turasachd sheasmhach, gnìomhachasan cruthachail, fànas, biadh is deoch agus ùr-ghnàthachadh gnìomhachais.

Tha pròiseactan Cùmhnant Fàs Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-steach turasachd sheasmhach, stuthan didseatach, ùr-ghnàthachadh gnìomhachais, taigheadas, sgilean, tuathanachas-uisge, carbon ìosal agus ath-nuadhachadh. Ann an co-theacs èiginn na gnàth-shìde agus an fheum gus aghaidh a chur air na dùbhlain eaconamach a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach agus dùthchail ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, bidh an Cùmhnant ag amas air feum a dhèanamh de chothroman bho stòrasan ath-nuadhachail mara pailt na sgìre.

Tro lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean thathar a' tasgadh maoiniachadh susbainteach gus taic a thoirt dhan eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin, gu ùr-ghnàthachadh agus bun-structar coimhearsnachd le gnìomhachasan cruthachail, turasachd agus roinnean bìdh is dighe gu sònraichte a' faighinn taic. Tha mòran de na tasgaidhean sin gan lìbhrigeadh tro chom-pàirteachasan cudromach thar na roinn poblaich, na roinn prìobhaidich agus na treas roinn.

A thaobh innleachdas agus tionnsgalachd, tha na prògraman a leanas fosgailte do na coimhearsnachdan eileanach againn:

- Tha HIE Innovate a' toirt taic do ghniomhachasan 's iad a' feuchainn ri am bathar, pròiseasan agus modalan gnìomhachais ullachadh.
- Bidh Interface Knowledge Connection a' ceangal ghnothachasan ris an t-saoghal acadaimigeach gus fuasglaidhean fhaighinn air duilgheadasan gnìomhachais. Rinn gnìomhachasan eileanach deagh fheum den t-seirbheis seo.
- Bidh Your Business a' tabhann taic le ùr-ghnàthachas do le sgrùdaidhean cùise - m.e. [Turasachd Innse Gall](#)
- Tha [Co-Innovate](#) a' toirt cothrom air taic agus comhairle mu ùr-ghnàthachadh ann an Earra-Ghàidheal agus taobh an iar na Gàidhealtachd is nan Eilean agus tha e air taic a thoirt do chòrr is 200 gnìomhachas gu ruige seo.

Tha Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean a' ruith [prògram de thaic a bharrachd](#) gus luchd-tionnsgalachd a chuideachadh gus na beachdan aca a chumadh agus a leasachadh a tha a' freagairt air adhbhar sòisealta. Chaidh am prògram a chruthachadh le Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean le co-obrachaidhean air feadh na Roinn Eòrpa agus tha e air a mhaoinachadh tro Interreg. Bha seo ag amas air sgìrean dùthchail fo ana-cothrom no iomallach, ach tha e a-nis na phrògram air feadh na roinne. Bidh am prògram a' ruith chun an Ògmhios 2022 agus tha còrr is 30 gnìomhachas air tòiseachadh le taic bhon phrògram bho thòisich e sa Mhàrt 2018, le 60 eile fhathast gan cruthachadh. Chaidh ceithir co-ionadan fiosaigeach a stèidheachadh an toiseach ann an Cataibh, Taobh Siar Rois, Taobh Sear Rois agus Uibhist a Deas. Rinneadh goireas air-loidhne bhiortail do luchd-tionnsgalachd sòisealta den taic seo a bhios ri fhaighinn às dèidh deireadh a' phrògram.

### **Dh'aontaich sinn ri cothroman obrach agus phreantasachdan a bhrosnachadh airson eileanaich òga.**

#### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' deasachadh aithisg airson Riaghaltas na h-Alba tràth ann an 2022 gus Preantasachdan Bun-ìre a mheasadh. Comharraichidh seo na tha ag obair gu math, comharraichidh e cnap-starra sam bith a thaobh buileachadh, agus nì e molaidhean a thaobh leasachaidh. Nuair a bhios am pròiseas seo deiseil togaidh e air a' bhunait fianais air mar as urrainn do phreantasachdan taic a chumail ri shlighean gu deagh chinn-uidhe sna coimhearsnachdan eileanach againn.

Anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha libhrigeadh Nua-phreantasachdan air feadh nan Eilean ann an Alba air a bhith aig mun aon ìre le 872 a' tòiseachadh ann an 2018/19 agus 904 ann an 2019/20. Mar a thachair leis a' mhòr-chuid de sgìrean air feadh na h-Alba, bha buaidh aig galair lèir-sgaoilte COVID-19 air tòiseachadh Nua-phreantasachdan anns na h-eileanan leis gun do rinn fastaichean ath-sgrùdadh air planaichean fastaidh, is gun do chuir iad dàil agus stad air planaichean, agus mar thoradh air sin thòisich nas lugha de nua-phreantasan ann an 2020/21 (643 a' tòiseachadh). Air fhoillseachadh air 15 Gearran 2022, tha staitistig Cairteal 3, airson Giblean-Dùbhlachd 2021, a' nochdadh deagh àrdachadh ann an àireamhan a' tòiseachadh Nua-phreantasachdan (514 aig deireadh Cairteil 3 2021/22) an coimeas ris an aon àm an-uiridh.

Thathar cuideachd a' libhrigeadh Preantasachdan Bun-ìre is Ceumnaiche air feadh nan Eilean, le àireamhan a' dol am feabhas. Mar eisimpleir tha na h-àireamhan de bhun-phreantasachdan a tha na h-Eileanan Siar a' libhrigeadh air àrdachadh bho 18 luchd-tòiseachaidh ann an 2018 gu 54 ann an 2020. Tha an aon seòrsa fàs air a bhith ann a thaobh nan Eileanan airson Preantasachdan Ceumnaiche le gach cuid Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Sealtainn a' libhrigeadh ochd cothroman den t-seòrsa seo ann an 2020/21 agus Arcaibh a' tabhann 12 san aon bhliadhna.

Tha obair air pròiseact Glèidheadh nan Oileanach a' leantainn. Tha Glèidheadh Oileanaich ag amas air oileanaich a bhrosnachadh gus fuireach ann an Alba (agus àiteachan dùthchail/gluasad gu eileanan no dhan Ghàidhealtachd) às dèidh dhaibh crìoch a chur air an cuid ionnsachaidh - tha seo a' buntainn ri oileanaich sam bith à Alba no an còrr den RA. Dh'fhaodadh sgaoileadh luchd-obrach leigeil le obraichean a bhith air an dèanamh an àite sam bith agus mar sin bhiodh nas lugha de dh'fheum air daoine òga falbh airson seòrsaichean sònraichte de dh'obair a dhèanamh.

## **Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil solar sgilean sùbailte agus freagairteach a thaobh iarrtas san àm ri teachd agus gu bheil e a' toirt comas do dhaoine cothroman a ghabhail.**

### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha Plana Gnìomh Sgilean san Àm ri Teachd 2019 (Future Skills Action Plan - FSAP) a' cur an cèill ar miann gum bu chòir cothrom a bhith aig daoine air feadh na h-Alba air taic aig àrd-ìre a thaobh sgilean fad am beatha-obrach. Bho chaidh am Plana a chur air bhog, tha an suidheachadh sòisio-eaconamach air atharrachadh gu mòr agus ged a chaidh dàil a chur air cuid de na gluasadan agus na gnìomhan a tha air am mìneachadh ann an FSAP, chaidh cuid eile a chur air adhart nas luaithe. Tha sinn a-nis air gluasad air adhart dhan dàrna ìre den phlana, a' toirt cothrom dhuinn feart a ghabhail air atharrachaidhean sa mhargaidh obrach agus dùbhlain eaconamach a tha a' tighinn am bàrr, agus a bhith a' co-thaobhadh gu dlùth ris an Ro-innleachd Nàiseanta airson Atharrachadh Eaconamach.

B' e phrìomhachas aig FSAP Plana Gnìomh Sgilean Èiginn Gnàth-shìde (Climate Emergency Skills Action Plan - CESAP) fhoillseachadh. Tha CESAP, a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2020, a' mìneachadh nan gnìomhan a dh'fheumas sinn a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhan fheachd-obrach taic a chumail dhan ghluasad gu cothromachadh-carboin. Bho chaidh fhoillseachadh, chaidh Plana Gnìomh Sgilean Èiginn na Gnàth-shìde a thoirt air adhart le Buidheann Stiùiridh Buileachaidh air a bheil e mar dhleastanas Plana Buileachaidh a chruthachadh gus mapa-slighe a dhèanamh airson a bhith a' toirt seachad sgilean uaine. Mar phrìomh ghnìomh aig CESAP, chaidh Acadamaidh Feachd-obrach nan Obraichean Uaine - air a rianachd le Leasachadh Sgilean na h-Alba - a chur air bhog san Lùnastal 2021. Tron Acadamaidh tha e nas fhasa do dhaoine le gach seòrsa eachdraidh aig ìre sam bith den chùrsa-obrach aca beachdachadh air mar a ghabhas togail air na sgilean agus an t-eòlas aca gus dreuchd uaine a bhith aca agus gus cothrom fhaighinn air cùrsaichean àrdachadh-sgilean no ath-thrèanadh.

Anns an Lùnastal 2021, stèidhich sinn Coimisean gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air ionnsachadh airson roinnean stèidhichte air fearann agus tuathanasan-uisge na h-Alba. Bidh an t-ath-sgrùdadh a' beachdachadh air ionnsachadh bho thràth-bhliadhnaichean gu inbheachd, gus cothroman agus teisteanasan a thoirt seachad tron sgoil, colaiste, oilthigh agus tro ionnsachadh stèidhichte air obair a' gabhail a-steach preantasachdan, airson barrachd dhaoine, agus gu sònraichte do bharrachd bhoireannaich, a bhith ag obair leis agus air an fhearann, gu sònraichte ann an sgilean uaine. Bheir an Coimisean comhairle agus molaidhean neo-eisimeileach, stèidhichte air fianais, do Mhinistearan na h-Alba. Choinnich an Coimisean dà uair ann an 2021.

Chaidh a' Mhaoin Trèanadh Eadar-ghluasaid Nàiseanta (NTTF) a thoirt a-steach ann an 2020 mar fhreagairt shònraichte do bhuidh eaconamach COVID-19. Ann am Bliadhna 2 tha an NTTF a' leantainn air adhart a' toirt taic do dhaoine agus do roinnean air a bheil COVID-19 a' toirt buaidh ann an Alba, ach cuideachd gus dèiligeadh ri buaidhean Brexit agus gus taic a chumail ri feumalachdan a thaobh sgilean san àm ri teachd a' gabhail a-steach an t-eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin.

Tha am prògram Cunntas Trèanadh Pearsanta (Individual Training Account - ITA) na dhòigh stèidhichte agus cudromach gus freagairt a thoirt air beàrnan sgilean na h-Alba an dà chuid do dhaoine aig a bheil obair no a tha gun obair. Tha am prògram a' toirt taic do dhaoine a tha gun obair no a' cosnadh £22,000 no nas lugha gus cothrom fhaighinn air trèanadh ann an grunn raointean den churraicealam gus cothroman nas fheàrr fhaighinn air obair no air adhartachadh ann an cosnadh.

Tha Maoin Leasachaidh Feachd-obrach Sùbailte (Flexible Workforce Development Fund - FWDF) a' toirt seachad £15k de thrèanadh do luchd-pàighidh Cìsean-preantasachd na h-Alba gus sgilean an luchd-obrach a th' aca àrdachadh agus/no gus an ath-sgileadh agus £5k de thrèanadh do dhaoine nach eil a' pàigheadh na cise (SMEn). Tha an trèanadh air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le colaistean ionadail, an t-Oilthigh Fhosgailte ann an Alba (OUIs) no solaraidhean trèanadh neo-eisimeileach, far nach urrainnear feumalachdan trèanadh sònraichte a thoirt seachad tro cholaiste ionadail.

**Dh'aontaich sinn togail air Plana Mara Nàiseanta na h-Alba gus dèanamh cinnteach gun toir iasgach agus gnìomhan eaconomach eile co-cheangailte ris a' mhuir cothroman a bharrachd do choimhearsnachdan eileanach, ach aig an aon àm, gun tèid seo a dhèanamh ann an dòigh sheasmhach;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Ann an 2021, choilean sinn an riatanas reachdail gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air Plana Mara Nàiseanta na h-Alba (a chaidh aontachadh ann an 2015). Ged a fhuaradh a-mach gun robh am plana èifeachdach, thug an lèirmheas fa-near gu bheil leasachaidhean bho chionn ghoirid, leithid an RA a' fàgail an AE, galar lèir-sgaoilte COVID-19, agus èiginn na gnàth-shìde, a bharrachd air oidhirpean ùra leithid an Ro-innleachd Riaghladh Iasgaich Airson an Àm ri Teachd, a' toirt buaidh air mar a tha sinn a' stiùireadh gnìomhan mara agus tha seo a' sealltainn gu bheil am plana feumach air ùrachadh. Tha Ministearan na h-Alba air beachdachadh air toraidhean an Lèirmheis, agus thèid co-dhùnaidhean air na toraidhean sin ainmeachadh as t-Earrach 2022.

Stèidhich Ro-innleachd Riaghladh Iasgaich na h-Alba, a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2020, plana gnìomh 12 puing a libhrigeas farsaingeachd de phoileasaidhean gus taic a chumail ri riaghladh iasgach seasmhach agus ciallach ann an Alba. Tha na poileasaidhean sin a' gabhail a-steach a bhith ag obair le luchd-ùidh ionadail gus dòighean riaghlaidh sònraichte a libhrigeadh, agus a' dèanamh cinnteach gun toir buannachdan an iasgaich deagh bhuidh air coimhearsnachdan ionadail, mar eisimpleir, le bhith a' meudachadh na th' ann de dh'iasg a thèid a thoirt air tìr ann an Alba.

Gus taic a chumail ri tuathanachas-uisge, anns a' chiad 100 latha aige dh'fhastaich Riaghaltas na h-Alba an t-Ollamh Russel Griggs gus ath-sgrùdadh neo-eisimeileach a dhèanamh air pròiseasan riaghlaidh tuathanachas-uisge gus dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh nas ciallaiche, nas soilleire agus nas èifeachdaiche. Bidh leasachadh seasmhach air roinnean tuathanachas èisg, maorach agus feamainn na h-Alba a' faighinn taic bho bhith a' cruthachadh Lèirsinn airson tuathanachas-uisge seasmhach.

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh fearainn seasmhach a' gabhail a-steach àiteachas agus coilltearachd fhathast a' toirt seachad obraichean agus cothroman do choimhearsnachdan eileanach;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha sinn a' gluasad air adhart le bhith a' stèidheachadh poileasaidh ùr a thèid a chur an àite Poileasaidh Coitcheann an Àiteachais a bhios a' stiùireadh tuathanachas, dèanamh biadh agus cleachdadh fearainn anns na bliadhnaichean ri teachd. Tha an dòigh-obrach againn a' cumail taic ri tuathanaich is croitearan gus dèanamh cinnteach gum bi iad seasmhach gu h-eaconamach agus sinn a' dèiligeadh ri dà èiginn chruinneil - atharrachadh na gnàth-shìde agus bith-iomadachd, agus aig an aon àm a bhith a' dèanamh biadh àrd-inbhe fhathast. Bidh an dòigh-obrach ùr cothromach mar a tha air a mhìneachadh ann an Eadar-ghluasad Cothromach a nì cinnteach gum bi roinn àiteachais ath-leasaichte seasmhach san àm ri teachd. Gabhaidh sinn ri dòigh-obrach ùr a thaobh phoileasaidhean airson àiteachas agus dèanamh biadh agus cuiridh sinn am miann coitcheann an gnìomh gun dèanar cinnteach gu bheil frèaman-obrach poileasaidh, riaghlaidh agus maoineachaidh na h-Alba a' cur an comas tasgadh ann an gnìomhachasan agus coimhearsnachdan dùthchail is eileanach. Am measg rudan eile, bidh seo na bhunait airson cruthachadh agus cumail suas obraichean uaine san roinn air feadh nan eileanan againn.

Tha Coilltearachd agus Fearann Alba a' ruith Sgeama Gluasad Stòrasan dhan Choimhearsnachd (Community Asset Transfer Scheme - CATS) gus taic a thoirt do choimhearsnachdan gus fearann a cheannach no fhaighinn air màl gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan ionadail agus taic a chumail ri amasan ionadail. Tha seo a' leantainn air adhart a' toirt seachad chothroman airson sealbh coimhearsnachd air coilltean agus fearann a ghabhas cleachdadh gus obraichean ùra a chruthachadh agus teachd a-steach a chruthachadh sna na h-eileanan. Tha an t-iarrtas eadar-ghluasad stòras as ùire, a tha an-dràsta fo mheasadh CATS, a' tighinn bho Chlub Rothaireachd Beinne Àrd-sgoil Arainn gus slighe sgilean ùra a chruthachadh faisg air Eilean MoLaise, leis an amas cothrom a thoirt do sgoilearan na sgilean aca a leasachadh agus teisteanasan MTB fhaighinn, a bharrachd air goireas sònraichte airson luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail aig a bheil ùidh ann an rothaireachd beinne ann an Arainn. Ann am Muile, tha iarrtasan leasachaidh eile a' gabhail a-steach gàrradh eachdraidheil agus lìos-àraich do chraobhan dùthchasach.

Tha roinn coilltearachd na h-Alba a' cumail oirre a' fastadh dhaoine air feadh na h-Alba agus mar phàirt den Ath-bheothachadh Uaine tha Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air adhart a' cumail taic ri leudachadh sgioba-obrach na coilltearachd gus dèiligeadh ris an àrdachadh ann an cruthachadh choilltean agus dèanamh fiodha seasmhach, a' gabhail a-steach sna h-eileanan.

Tha Coilltearachd is Fearann Alba (FLS) a' leantainn air le bhith a' stiùireadh Coilltean agus Fearann Nàiseanta a tha fo sheilbh Ministearan na h-Alba gu seasmhach, mar eisimpleir, Arainn, Muile agus an t-Eilean Sgitheanach. Tha riaghladh nan raointean sin a' cumail air a' toirt taic do dh'eaconamaidhean ionadail (tro ghnìomhachd stiùireadh coille dìreach, tro chur-seachadan a-muigh agus turasachd fiadh-bheatha co-cheangailte riutha), a' meudachadh bith-iomadachd ionadail agus a' toirt chothroman do dhaoine a bhith a' faighinn cothrom air agus a' cleachdadh choilltean ionadail ann an eileanan.

Fhuair Coimisean na Croitearachd maoinachadh a bharrachd a thug cothrom dhaibh ceathrar luchd-obrach maireannach fhadth anns na h-Eileanan Siar. Tha an Coimisean an dùil ath-sgrùdadh a dhèanamh air seo san àm ri teachd, le sùil a bhith a' beachdachadh air dreuchdan a stèidheachadh ann an sgìrean croitearachd eileanach eile. Bidh na h-oifigearan a' conaltradh le coimhearsnachdan croitearachd gus brosnachadh gum bi daoine a' fuireach air croitean, ag obair le measadairean, uachdarain agus bailtean-fearainn gus cothroman a bhrosnachadh do luchd-inntrigidh ùr, agus gus cleachdadh gnìomhach nan croitean a bhrosnachadh agus gus riaghladh fearann ionaltraidh a bhrosnachadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba agus Lantra air co-obrachadh le Leasachadh Sgìlean na h-Alba gus seata-innealan do luchd-fastaidh dùthchail a thoirt gu buil [Seata-innealan fastaichean dùthchail le lantra.scotland - Issuu](#). Gus dèiligeadh ri cnapan-starra ro bhoireannaich agus ri ìre cleachdaidh trèanadh practaigeach le boireannaich, mar a chaidh a chomharrachadh le buidheann gnìomh Boireannaich ann an Àiteachas, Maoin Trèanaidh Boireannaich ann an Àiteachas ([Maoin Trèanaidh Phractaigeach Boireannaich ann an Àiteachas | Lantra-Alba](#)) agus Maoin Trèanaidh Boireannaich ann an Eaconamaidhean [Maoin Trèanaidh Boireannaich ann an Eaconamaidhean Dùthchail | Lantra - Alba](#)) a chruthachadh agus bha deagh ìre de dh'iarrtasan bho na h-eileanan againn. Tha Lantra cuideachd air a bhith ag obair le CivTech 5.0 gus SkillSeeder a chomharrachadh, app a bheir taic do dhaoine, gu sònraichte sna coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach againn gus cothroman ùra a lorg gus sgìlean ionnsachadh agus a cho-roinn (<https://www.skillseeder.com/>).

**Dh'aontaich sinn obrachadh còmhla ri luchd-obrach agus luchd-ùidh gus turasachd a dhèanamh nas seasmaiche agus gus am bi i ann tron bhliadhna air fad, agus gus gnothaichean turasachd a bhiodh a' ruith fad na bliadhna a chur air dòigh thairis air barrachd eileanan, agus a bhiodh a' toirt seachad bhuannachdan eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

### Buidheann Gnìomha Ath-bheothachadh Turasachd na h-Alba

Gus taic a thoirt do dh'ath-bheothachadh gnìomhachas na turasachd is aogheachd na h-Alba san fhad-ùine, stèidhich Riaghaltas na h-Alba Buidheann Gnìomha Ath-bheothachadh Turasachd na h-Alba san Ògmhios 2020. Bha an t-seann Rùnaire Turasachd Fearghas Ewing, BPA agus Ministear a' Ghnìomhachais Jamie Hepburn, BPA nan co-chathraichean air agus bha e air a dhèanamh suas de chòrr is 30 riochdaire le gnàth-eòlas bho air feadh a' ghnìomhachais.

Choimhead a' Bhuidheann Gnìomha air na prìomh cheumannan a dh'fhaodadh Riaghaltas na h-Alba agus na RA a ghabhail gus taic a chumail ri ath-shlànachadh. Tha ceumannan ath-bheothachaidh Ìre 1 gan toirt air adhart an-dràsta le Buidheann Freagairt Èiginn Turasachd na h-Alba (Scottish Tourism Emergency Response Group - STERG). Am measg nam ball tha VisitScotland, Buidhnean Iomairt, Leasachadh Sgìlean na h-Alba, COSLA agus Caidreachas Turasachd na h-Alba.

Airson barrachd fiosrachaidh, faic [Tourism recovery programme - News | VisitScotland.org](#) (<https://www.visitscotland.org/news/2021/tourism-recovery-programme>). A bharrachd air buileachadh Ìre 1 tha sinn air a bhith ag obair gus planaichean a dhèanamh còmhla airson Ìre 2 de dh'ath-shlànachadh.

## Prògram Ath-bheothachadh turasachd

Thòisich Ìre 1 de Phrògram Ath-bheothachaidh na Turasachd ann an 2021 agus tha a' dol air adhart gu math. Tha na prìomhachasan tòiseachail airson ath-bheothachadh stèidhichte air molaidhean Buidheann Gnìomha Ath-bheothachadh Turasachd na h-Alba agus tha iad a' gabhail a-steach raointean obrach ùra a bharrachd air an obair a tha VisitScotland, na Buidhnean Iomairt agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba a' dèanamh mar-thà. Tha iad air an dealbhadh gus taic a chumail ris na ceithir builean a chaidh an comharrachadh ann an [Scotland Outlook 2030](#):

- Buil 1: Bidh sinn a' tàladh, a' leasachadh agus a' cumail luchd-obrach sgìleil, dealasach is eadar-mheasgte anns a bheil luach ga chur.
- Buil 2: Cruthaichidh agus leasaichidh sinn ceann-uidhe seasmhach còmhla.
- Buil 3: Bheir sinn seachad na tursan as fheàrr, as fhiach a chumail air chuimhne agus a bheir seachad fìor eòlas mun àite
- Buil 4: Cuiridh sinn ri ath-leumachd, seasmhachd agus prothaid ghnìomhachasan

Is iad na 10 ceumannan, le taic bho £25 millean bho Riaghaltas na h-Alba:

- Togail Iarrrtas Eadar-nàiseanta
- Maoin Margaidheachd Ceann-uidhe agus Roinne
- Sgeama eàrlasan saor-làithean - Turasachd Shòisealta
- Sgeama Brosnachaidh airson Làithean a-muigh
- Planaichean Bun-structair Ro-innleachdail
- Prògram Leasachaidh Tàlant Turasachd is Aoigheachd Ìre 2
- Leasachadh ceannardais gus piseach a thoirt air ùr-ghnàthachadh bathair
- Slighe gu Cothromachadh-carboin airson Gnìomhachas Turasachd na h-Alba
- Amhraclann Turasachd na h-Alba (Scottish Tourism Observatory)
- Modalan tasgaidh gus taic a chumail ri ath-bheothachadh Turasachd na h-Alba

Tha deagh bhuidh aig na 10 pròiseactan sin air feadh na sèine solair turasachd gu lèir.

A bharrachd air buileachadh Ìre 1 tha oifigearan air a bhith ag obair le STERG gus planaichean a dhèanamh còmhla airson Ìre 2 de dh'ath-shlànachadh (2022/23 and 2023/24). Fhuair Riaghaltas na h-Alba molaidhean bho STERG, às leth Buidheann Gnìomha Ath-bheothachaidh Turasachd na h-Alba, air 27 Lùnastal airson Ìre 2 de Phrògram Ath-bheothachaidh na Turasachd, a' cur air adhart gnìomhan ath-bheothachaidh airson an ath dhà bhliadhna, a' gabhail a-steach 13 Pròiseactan Ath-bheothachaidh (cuid ùr, cuid a' leantainn). Tha sinn a-nis a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr gus taic a chumail ri obair ath-bheothachaidh Ìre 2.

Tha prògram ath-bheothachaidh ìre 2:

- a' moladh seata de 13 pròiseactan ath-bheothachaidh,
- a' cur taic ri ath-thogail eaconamachd luchd-tadhail ann an dòigh chùramach, gus dèanamh cinnteach gum bi turasachd a' soirbheachadh; agus
- a' dol a chur gnìomhachas turasachd agus aoigheachd na h-Alba air ais air an t-slighe gu bhith a' libhrigeadh àrd-amasan Scotland Outlook 2030.

Tha sinn a-nis a' beachdachadh air na dòighean as fheàrr airson taic a thoirt do dh'obair ath-bheothachaidh ìre 2, a chuireas fòcas air an dà bhliadhna às dèidh sin.

### **Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun lean croitearachd mar dhòigh gus obair a chruthachadh agus gus cothroman a thoirt do choimhearsnachdan eileanach.**

#### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail air a' toirt seachad taic gus gnothachasan croite a chumail seasmhach. Tha oifigich fhathast a' beachdachadh air atharrachaidhean a dh'fhaodar a dhèanamh air Sgeama Thabhartasan Àiteachais na Croitearachd, a' gabhail a-steach leudachadh air an raon gnìomhachd a gheibh taic bho thabhartasan.

Fhuair Coimisean na Croitearachd maoinachadh a bharrachd a thug cothrom dhaibh ceathrar luchd-obrach maireannach fhadastad anns na h-Eileanan Siar. Tha an Coimisean an dùil ath-sgrùdadh a dhèanamh air seo san àm ri teachd, agus, ma bhios e soirbheachail, is urrainn dha beachdachadh air dreuchdan eile a stèidheachadh ann an sgìrean croitearachd eileanach.

### **Dh'aontaich sinn Iomairt Cead-siubhail nan Eilean a libhrigeadh, a bhrosnaicheas an cothrom tadhal air barrachd eileanan air a bheil slugh, a' brosnachadh luchd-tadhail tro gach ràith agus le còmhla phoblach, agus mar sin a' libhrigeadh chothroman eaconamach do choimhearsnachdan eileanach.**

#### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Bha gealltanas ann am Prògram Riaghlaidh 2018-19 gun rachadh prògram cead-siubhail nan Eilean a chruthachadh mar iomairt margaidheachd gus daoine a bhrosnachadh gus tadhal air barrachd de dh'eileanan na h-Alba. Thogadh seo mothachadh air na rudan air leth a tha gach eilean againn a' tabhann, an dà chuid san dùthaich seo agus thall thairis. Tha obair air libhrigeadh a' mholaidh air a stiùireadh le com-pàirtiche libhrigidh Riaghaltas na h-Alba, HITRANS, còmhla ri conaltradh nas fharsainge le luchd-ùidh. Tha am moladh stèidhichte air a bhith ag ionnsachadh bho iomairtean margaidheachd coltach ri seo a tha air a bhith soirbheachail ann an àiteachan eile, a' gabhail a-steach cead-siubhail eileanan na Danmhairg.

Cuiridh Cead-siubhail nan Eilean ri libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean le bhith a' cumail taic ri leasachadh eaconamach agus turasachd seasmhach. Bidh an cead-siubhail ri fhaighinn an dà chuid ann an cruth didseatach agus pàipeir, leis a' chead-siubhail didseatach ri fhaighinn an toiseach: Scottish Islands Passport (<https://islands.scot/>).



Tha ceithir prìomh raointean libhrigidh anns a' phròiseact:

- aplacaid do dh'fhònaichean làimh a bhios a' toirt seachad fiosrachadh mu na h-eileanan agus dòighean gus daoine a bhrosnachadh gus tadhal air barrachd eileanan, a bhith a' faicinn tòrr de na h-eileanan agus a' caitheamh barrachd airgid an uair 's gu bheil iad ann;
- 'cead-siubhail' pàipear mar chuimhneachan agus stampaichean mu gach eilean a' toirt seachad spòrs neo-dhidseatach agus a' cruthachadh chothroman gus bathar a reic;
- làrach-lìn gus am faigh luchd-tadhail cothrom air an aplacaid agus cead-siubhail agus gus buidhnean is tobraichean fiosrachaidh eileanach a chomharrachadh; agus
- iomairt margaidheachd gus taic a chumail ri mothachadh farsaing agus ri cleachdadh.

Tha sinn air leantainn air adhart a' maoineachadh a' phròiseict seo ann an 2021/22, le taic iomlan dhan phròiseact a-nis aig £200,000. Thèid am pròiseact a chur air bhog gu h-oifigeil ann an 2022.

**Dh'aontaich sinn obrachadh còmhla ri gnìomhachas a' bhìdh is na dighe gus an comas eaconomach aige a chleachdadh agus gus coimhead air mar a ghabhas cuid de na buannachdan aige a cho-roinn le coimhearsnachdan eileanach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Còmhla, b' iad galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus Brexit an dà chunnart agus dùbhlann as motha do roinn a' bhìdh is na dighe fad ginealaich agus sin as adhbhar gu bheil Riaghaltas na h-Alba air obrachadh le Gnìomhachas gus taic a chumail ri [Phlana Ath-bheothachaidh Roinn Bìdh is Deoch](#), air a stiùireadh le Biadh is Deoch na h-Alba le taic bho NFUS, QMS, SSPO agus buidhnean eile san roinn.

Chaidh am plana trì bliadhna a chur air bhog san t-Samhain 2020 agus gu ruige seo tha e air £10 millean fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba, le gnìomhachas cuideachd air aontachadh £3m a thogail ann am maoineachadh bhon roinn phrìobhaidich gus taic a thoirt dhan phrògram suas gu 2023. Chan eil am plana a' toirt taic ionmhais dhìreach do ghnìomhachasan, ach tha e a' tabhann taic iomlanach a chomharraich an gnìomhachas fhèin. Tha 50 gnìomh ann gus taic a thoirt do gach roinn de ghnìomhachas bìdh is dìbhe na h-Alba, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach, gus faighinn seachad air COVID-19 agus gus buaidh Brexit a lasachadh. Anns an àm ri teachd bìdh sinn ag obair leis a' ghnìomhachas ann a bhith ag ùrachadh Ambition 2030 aig àm nuair a tha an roinn ag atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh chaochlaidich às dèidh a' ghalair-lèir sgaoilte agus Brexit. Bìdh an obair seo, mar am Plana Ath-bheothachaidh a bha ann roimhe, na bhunait airson seasmhachd na roinne agus nan obraichean a chruthaicheas i, gu sònraichte ann an coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach.

Tha iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean air a bhith ag obair gus buidhnean bìdh ionadail a chruthachadh, a bheir riochdairean còmhla gus na gnìomhachasan aca a leasachadh. Dh'fhaodadh gum bi am fòcas air a bhith a' reic taobh a-muigh an eilein (m.e. Taste of Arran) no a' ceangal ghnòthachasan ri luchd-tadhail (m.e. Eat Drink Hebrides).

## **Dh'aontaich sinn feuchainn ri cur ris an fharsaingeachd de bhuannachdan eaconomach, sòisealta agus àrainneachdail a bhios coimhearsnachdan eileanach a' faighinn bho choilltearachd.**

### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha pròiseactan cruthachadh choilltean agus gnothaichean colltearachd eile mar eisimpleir, stiùireadh coille agus a' buain fiodh, fhathast a' cur gu mòr ri bhith a' libhrigeadh targaid cruthachaidh coille Riaghaltas na h-Alba gach bliadhna gus cuideachadh le bhith a' lùghdachadh atharrachadh na gnàth-shìde, a' leasachadh bith-iomadachd agus a' cumail taic ri gnìomhachasan ionadail.

Tha Coilltearachd na h-Alba a' leantainn air adhart ag obair gu dlùth le coimhearsnachdan Eileanach aig a bheil sealbh air coilltean, leithid Urras Dualchais Eilean Eige, gus taic a thoirt do riaghladh seasmhach agus leudachadh choilltean ionadail a libhrigeadh buannachdan sòisealta, eaconomach agus àrainneachdail. Ann an Eige tha seo a' gabhail a-steach cruthachadh trì obraichean coilltearachd pàirt-ùine agus manaidsair nursaraidh chraobhan cha mhòr làn-ùine.

Bidh Coilltearachd na h-Alba cuideachd a' toirt taic do choimhearsnachdan tro mhaoineachadh bho Chomann nan Coilltean Coimhearsnachd (CWA). Tha CWA a' toirt seachad comhairle agus taic neo-eisimeileach gus leigeil le coimhearsnachdan air feadh na h-Alba agus nan eileanan aice coilltean ionadail fhaighinn, a leudachadh, a riaghladh agus a chleachdadh gu seasmhach gus amasan ionadail a choileanadh. Ann an 2021, bha seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair le Urras Dualchais Eilean Eige air leasachadh connadh fiodha.

Tha Sgeama Còmhdhail Fiodha Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba (STTS) fhathast a' toirt taic do phròiseactan a bhios a' comasachadh còmhdhail fiodha seasmhach ann an sgìrean dùthchail na h-Alba, a' gabhail a-steach nan eileanan a bheir buannachdan do choimhearsnachdan ionadail agus dhan àrainneachd. Mar eisimpleir, na leasachaidhean a tha san amharc air Rathad an Rois ann an Eilean Arainn.

Thèid co-obrachadh a thaobh coilltearachd a dhèanamh tro Bhuidheann Sgìlean Buidheann Ceannardas Gnìomhachas SFTT agus buidhnean leithid Coilltearachd na h-Alba gus gnìomhan eileanach aontachadh a bhios ag amas air deagh bhuidhean a thoirt air coimhearsnachdan eileanach.

Bidh gnìomhachd sgìlean ann an roinn na Coilltearachd a' ceangal ri chèile tron bhuidhinn Scottish Forest Trees and Timber ILG Skills, agus ag aithris do ILG SFTT. Tha na buidhnean air an co-òrdanachadh le Confor. Tha raon de dh'obair air sgìlean air a bhith ann gus taic a thoirt do leasachadh sgìlean. Tha seo air a bhith a' gabhail a-steach obair gus pasgan Inntrigidh Coilltearachd a chruthachadh – air a chruthachadh le Coilltearachd na h-Alba – <https://www.scotland.lantra.co.uk/forestry-induction-pack-wood-and-trees>.

Chaidh maoinachadh Trèanaidh Nàiseanta airson eadar-ghluasad a thoirt do Choilltearachd na h-Alba gus taic a thoirt do chom-pàirteachadh agus a bhith a' tàladh luchd-inntrigidh dhan ghnìomhachas agus bha fòcas aig seo air dà raon ro-chudromach: Bathar-tharraing sa choille agus trèanadh do dhaoine a bhios a' cleachdadh uidheamachd coille.

Bha Sgeama Tosgair na Coilltearachd mar phàirt de Sgeama Tosgair STEM. <https://www.scotland.lantra.co.uk/stem-ambassadors> gus slighean a bhrosnachadh a-steach dhan Roinn agus tha làrach-lìn Skillseeder cuideachd na h-àrd-ùrlar airson sgilean a cho-roinn, agus gus pàirt a ghabhail ann an lìonrachadh <https://www.skillseeder.com/about>

**Dh'aontaich sinn ath-sgrùdadh a dhèanamh air an Fhrèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil sùbailteachd gu leòr ann airson feumalachdan nan eilean, a' gabhail a-steach nan dòighean as fheàrr gus feumalachdan taigheadais a choileanadh.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Chaidh an dreachd de <https://www.transformingplanning.scot/national-planning-framework/> Fhrèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta 4 (NPF4) a chur mu choinneamh Pàrlamaid na h-Alba agus chaidh fhoillseachadh airson co-chomhairle phoblach san t-Samhain 2021. Tha dreachd NPF4 a' gabhail a-steach poileasaidhean dealbhadh cleachdadh-fearainn air prìomh chùisean a tha a' cumail taic ri beatha choimhearsnachdan eileanach agus cladaich leithid: com-pàirteachadh, beatha ionadail, taigheadas, àiteachan, poileasaidhean dùthchail is cladaich, slàinte is sunnd agus ceangailteachd.

Rinneadh [Measadh Buaidh Choimhearsnachdan Eileanach](#) air dreachd NPF4. Bhon fhianais a tha e air toirt dhuinn gu ruige seo, tha na dùbhlain a dh'fhaodadh a bhith ann do choimhearsnachdan eileanach a' gabhail a-steach gainnead de dhiofar seòrsaichean, meudan agus gabhaltasan taigheadais gus feumalachdan dhaoine a choileanadh, cho math ri gainnead thaighean air prìs reusanta. Cho-dhùin am measadh gun toir an eileamaid eileanach den ro-innleachd spàsail, còmhla ris a' chomas airson poileasaidhean bunaiteach a bhith a rèir an t-suidheachaidh ionadail, deagh bhuaidh air diofar choimhearsnachdan eileanach. Thèid barrachd co-chomhairleachaidh a dhèanamh le coimhearsnachdan eileanach gus na buannachdan sin a mheudachadh agus thèid measadh deireannach air buaidh nam poileasaidhean sin fhoillseachadh còmhla ris an NPF4 aontaichte.

Tha costa a tuath agus an iar na h-Alba agus na h-eileanan air an comharrachadh mar àiteachan aig fìor thoiseach nan oidhirpean againn gus targaid Riaghaltas na h-Alba gus cothromachadh-carboin a ruighinn a thaobh eimiseanan ro 2045. Tha dreachd ro-innleachd spàsail NPF4 ag aithneachadh iomadachd na sgìre seo gu soilleir, bho Shealtainn agus Arcaibh aig tuath gu na h-Eileanan A-muigh agus a-Staigh agus sgìrean cladaich Earra-Ghàidheal is Bhòid agus na Gàidhealtachd. Tha dreachd NPF4 ag amas air sùbailteachd a thoirt seachad aig ìre a' phlana leasachaidh ionadail gus suidheachaidhean ionadail agus suidheachaidhean eileanach sònraichte a bhith air an aithneachadh, a' brosnachadh ùghdarrasan eileanach a bhith a' cur air adhart dòighean-obrach sònraichte a thaobh taigheadais a tha a rèir suidheachadh margaidh modhan libhrigidh sònraichte ionadail.

Tha an dreach NPF4 a' co-thaobhadh ris na rùintean a tha air am mìneachadh ann an Taigheadas gu 2040, a' chiad ro-innleachd taigheadais fad-ùine ann an Alba, a chaidh fhoillseachadh sa Mhàrt 2021. Chuidich fios air ais a fhuaras bho dhaoine a tha a' fuireach ann agus ag obair còmhla ri coimhearsnachdan eileanach, a bharrachd air toraidhean co-chomhairle Plana Nàiseanta nan Eilean, gus an lèirsinn agus ro-innleachd airson Taigheadas gu 2040 fhiosrachadh.

Nì Pàrlamaid na h-Alba sgrùdadh air an dreachd seo de NPF4 thar ùine suas ri 120 latha. Bidh a' cho-chomhairle phoblach a' ruith gu deireadh a' Mhàirt 2022, agus tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic ri seo le sreath de chothroman conaltraidh agus tha e a' brosnachadh a h-uile duine gus am beachdan a thoirt seachad air mar a bu chòir leasachadh na h-Alba san àm ri teachd a phlanadh mar fhreagairt dhan cho-chomhairle seo.

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd bho: [www.transformingplanning.scot](http://www.transformingplanning.scot)

### **Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun tèid feart a thoirt air Plana Nàiseanta nan Eilean agus seallaidhean roinneil iomchaidh anns an Ath-sgrùdadh air an Fhrèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta agus ann a bhith ag ullachadh Frèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta 4.**

#### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha buaidh Plana Nàiseanta nan Eilean ri fhaicinn ann an dreachd Frèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta 4 (NPF4) a chaidh a chur mu choinneamh Pàrlamaid na h-Alba agus a chaidh fhoillseachadh airson co-chomhairle phoblach san t-Samhain 2021 (gheibhear barrachd mion-fhiosrachaidh sa ghealltanas roimhe seo).

Chruthaich na trì ùghdarrasan Eileanach – Arcaibh, na h-Eilean Siar agus Sealtainn – na Ro-innleachdan Spàsail Roinneil taisbeanach aca agus chuir iad a-steach iad gus cuideachadh gus roghainnean airson na ro-innleachd spàsail nàiseanta fhiosrachadh san dreachd NPF4. Tha an dreachd NPF4 a' moladh sreath de raointean gnìomh le prìomhachas ro-innleachdail a tha a' gabhail a-steach sgìre 'Ùr-ghnàthachaidh costa a Tuath agus an Iar' anns a bheil na trì ùghdarrasan Eileanach.

## Rathad Chearrara

Thug Riaghaltas na h-Alba seachad taic-airgid luach £550,000 do dh'Urras Leasachaidh Eilean Chearrara gus taic a chumail ri lìbhrigeadh frith-rathad gus ceann a tuath agus deas an eilein a cheangal. Bha seo air a bhith na phrìomhachas dhan eilean bho chionn fhada.

Bha am pròiseact a' gabhail a-steach co-obrachadh dlùth eadar an t-urras leasachaidh, ùghdarras ionadail agus Riaghaltas na h-Alba, le obair a' tòiseachadh san Lùnastal 2021. San t-Samhain 2021, chuir Cuaraidh Barrachander (Taigh an Uillt) crìoch air an t-slighe aig ìre coilltearachd bhon aiseag ann am meadhan an eilein, suas gu Tuathanas Àird an t-Snàimh aig tuath. Ged nach tug e ach trì mìosan an rathad a chladhach agus a thogail, tha bliadhnaichean de dh'obair chruaidh air a bhith a dhìth air cùl chùisean bho Urras Leasachaidh Eilean Chearrara.

Tha am pròiseact seo a-nis a' ciallachadh gum bi cothrom co-ionann aig luchd-còmhnaidh ann an ceann a tuath an eilein air an t-seirbheis aiseig loidhne-teasairginn, a' toirt dhaibh barrachd ath-leumachd agus barrachd cothroman. Bheir e cuideachd cothrom dhan chòrr den eilean do ghoireasan marina aig a' cheann a tuath, rud a bhios gu math feumail a thaobh a bhith a' dol gu rudan air tìr-mòr taobh a-muigh uairean an aiseig.

Le co-ionad coimhearsnachd ùr san t-Seann Sgoil ga thoirt air adhart ann an 2021 cuideachd, tha an rathad ùr seo a' toirt cothrom dhan eilean air fad air àite coinneachaidh, ionnsachaidh agus conaltradh ann an àite air a bheil feum nach beag.

Tha a' choimhearsnachd a-nis a' planadh a bhith a' conaltradh le luchd-stiùiridh NHS ionadail gus plana èiginn a chur an gnìomh airson an eilein, a chionn 's gun ruigear a' mhòr-chuid de dhaoine tron rathad. Tha a' choimhearsnachd a' faicinn seo mar adhartas mòr airson ath-leumachd an eilein aca.

## **Rè obair ullachaidh air Plana Tasgaidh Bun-structar 2020, dh'aontaich sinn beachdachadh air a' bhuidh aig Plana Nàiseanta nan Eilean air feumalachdan bun-structair san àm ri teachd.**

### **Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.**

Tha Prògram nan Eilean a' tasgadh £30 de mhaoineachadh calpa bho Phlana Tasgaidh a' Bhun-structair thar nan còig bliadhna a tha romhainn, le bhith a' toirt taic do dh'fharsaingeachd de raointean, a' gabhail a-steach turasachd, bun-structar, ùr-ghnàthachadh, eadar-ghluasad lùths agus sgilean - stèidhichte air ar n-ionnsachadh air mar a tha coimhearsnachdan eileanach air freagairt agus atharrachadh ri linn COVID-19.

Anns a' bhliadhna ionmhais 2021/22, bha trì eileamaidean ann am Prògram nan Eilean:

### Maoin Bun-structar nan Eilean

Tha Maoin Bun-structair nan Eilean (IIF) a' toirt seachad tasgadh calpa de £6.2 millean ann an 2021/22. Stèidhichte air beachdan na coimhearsnachd agus ann an co-obrachadh le Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus na com-pàirtichean ùghdarrasan ionadail againn ann an Sealtainn agus Earra-Ghàidheal is Bòd, chaidh dà phrìomh phròiseact luach £1.2 millean airson na bliadhna ionmhais seo fo shruth IIF de Phrògram nan Eilean, aontachadh mar-thà. 'S iad sin ùrachadh Rathad Chearrara, agus ath-thogail Ionad Eòin Fair Isle. Chaidh an £5 millean a bha air fhàgail a thoirt gu dìreach do na sia ùghdarrasan ionadail eileanach gus pròiseactan bun-structair cruth-atharrachail agus fìor chudromach a chumail a' dol, a leasachadh agus a chruthachadh stèidhichte air prìomhachasan ionadail agus aig an aon àm a' cumail taic ri lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

### Maoin nan Coimhearsnachdan Eileanach

Chaidh an tasgadh de £2 millean a rinn sinn tro Mhaoin Choimhearsnachdan nan Eilean (ICF) a lìbhrigeadh mar aon shruth de Phrògram nan Eilean 2021/22, a' toirt tasgadh calpa do phròiseactan air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd a bha a' co-thaobhadh ri dòighean togail beairteas coimhearsnachd agus a' toirt taic do chosnadh, fulangas coimhearsnachd agus a' cur ri foghlam na h-Alba, eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin, agus beatha ath-leumach a thaobh na gnàth-shìde sna h-eileanan. Tha an ICF air aontachadh gun toir iad seachad tabhartas de £2,586,000 tro 35 buidhnean coimhearsnachd agus gnìomhachasan eileanach a bheir taic dhìreach seachad ann an 55 eileanan, a fhuair tabhartasan suas ri £150,000 an urra.

### Maoin Eileanan Fallain

Bha Maoin nan Eilean Fallain luach £1.3 millean a' cuimseachadh air a bhith a' togail comas ionadail gus sunnd àrdachadh, ceanglaichean a bhrosnachadh agus eileanaich agus coimhearsnachdan fallain is ath-leumach a bhrosnachadh. Tha tagraichean soirbheachail sgapte air feadh 35 eileanan eadar-dhealaichte agus nuair a thathar a' toirt aire do phròiseact rannsachaidh Com-pàirteachas Slàinte Dùthchail na h-Alba/Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, (a tha a' moladh ath-sgrùdadh a dhèanamh air fianais air slàinte-inntinn is sunnd eileanach thar nan trì ùghdarrasan eileanach gu lèir), leudaichidh seo ruigsinneachd an HIF gu 60 eilean.

**Ag aithneachadh nan seirbheisean a bhios taighean-spadaidh eileanach a' toirt seachad do na coimhearsnachdan anns a bheil iad, dh'aontaich sinn obrachadh le com-pàirtichean iomchaidh gus na seirbheisean seo a lìbhrigeadh gu seasmhach ann an dòigh a bhios ion-obrachail gu h-eaconamach.**

**Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.**

Ged a tha ìre math gu leòr de thaighean-spadaidh ann airson a h-uile sgìre ann an Alba, tha sinn ag aithneachadh gum bi amannan ann far nach tèid feumalachdan ionadail a choileanadh. Tha grunn adhbharan ann airson seo, stèidhichte air àireamh nam beathaichean a tha a' dol tromhpa, cosgaisean, an cumhachd aig luchd-giullachd nas motha agus, uaireannan, dìth ùidh ionadail. Tha e deatamach gum bi a h-uile taigh-spadaidh freagarrach airson na h-obrach aige agus gum bi iad seasmhach san àm ri teachd, agus gus seo a choileanadh, feumaidh an taigh-spadaidh a bhith a' ruith aig ìre faisg air a' chomas-libhrigidh aige airson meud an ionaid gus dèanamh cinnteach gum bi e seasmhach san fhad-ùine. Gu mì-fhortanach, is dòcha nach gabh seo a dhèanamh far a bheil àireamh ìosal de bheathaichean a' dol tron taigh-spadaidh a' fàgail nach bi cùisean ion-obrachadh san fhad-ùine.

Bharantaich Riaghaltas na h-Alba sgrùdadh comais gus faighinn a-mach am biodh taighean-spadaidh gluasadach na roghainn iomchaidh ann an Alba. Tha an sgrùdadh, a chaidh fhoillseachadh tràth ann an 2020, a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air na bhiodh a dhìth gus taighean-spadaidh gluasadach a ruith ann an Alba; a' gabhail a-steach an fhrèam riaghlaidh agus mion-sgrùdadh cosgais-buannachd air modalan obrachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann.

Feumaidh taighean-spadaidh gluasadach na riaghailtean gu lèir a th' aig taigh-spadaidh stèidhichte a leantainn agus a bhith fo smachd riaghailtean oifigeil a tha air an cur an gnìomh le Inbhean Bìdh na h-Alba (FSS). Dh'fheumadh taigh-spadaidh gluasadach àite seasamh, a dh'fheumadh cead dealbhaidh agus a bhith air aontachadh le Inbhean Bìdh na h-Alba, agus e a' coileanadh nan aon sònrachaidhean ri taigh-spadaidh àbhaisteach. Bhiodh na h-aon riatanasan an sàs airson gach àite anns am biodh an taigh-spadaidh gluasadach ag obair mus b' urrainn dhan taigh-spadaidh gluasadach obrachadh ann. Cha bhiodh feum air reachdas a bharrachd ach - dìreach na tha san lagh mar-thà airson a bhith a' ruith taigh-spadaidh. A bharrachd air sin, dh'fheumadh Bheat Oifigeil agus luchd-sgrùdaidh Feòil aig Inbhean Bìdh na h-Alba a bhith aig a h-uile taigh-spadaidh, agus bhiodh seo a' fàgail gum biodh cosgais àrd co-rèireach airson taigh-spadaidh gluasadach agus coltas ann gum biodh an àireamh de bheathaichean a tha a' dol troimhe gu math ìosal.

Bhiodh na h-ath cheuman an urra ri luchd-ruith coimeirsealta. Bhiodh Riaghaltas na h-Alba, ann an co-bhonn ri Inbhean Bìdh na h-Alba, tuilleadh is deònach bruidhinn ann am barrachd mionaideach ri buidheann sam bith a tha a' beachdachadh air a bhith a' ruith taighean-spadaidh ùra no taighean-spadaidh gluasadach ann an Alba.

Le ùmhlachd do riaghailtean ion-roghnachd sònraichte, faodaidh taighean-spadaidh tagradh a dhèanamh airson maoineachadh, airson pròiseactan calpa agus neo-calpa tro sgeama tabhartais Giullachd Bìdh, Margaidheachd is Co-obrachaidh (Food Processing, Marketing and Cooperation - FPMC) agus tha mòran air buannachd fhaighinn à seo thar nam bliadhnaichean. Tha sgeama FPMC a' dol tro phròiseas atharrachaidh, mar a tha a' tachairt leis a h-uile sgeama a chaidh a mhaoineachadh roimhe seo tro Phrògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba, ach tha iad fhathast a' toirt seachad greisean far an urrainn do thaighean-spadaidh agus gnìomhachasan iomairt bìdh ùra cur a-steach airson tabhartasan.

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil reachdas agus poileasaidh a thaobh cùram-chloinne a rèir feumalachdan nan eilean.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Bidh sinn ag obair ann an dlùth chom-pàirteachas le COSLA gus am prògram leudachaidh air tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a libhrigeadh, agus nas fharsainge gus taic a thoirt do libhrigeadh sheirbheisean Tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne de chàileachd àrd air feadh na h-Alba, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh feumalachdan sgìrean iomallach is eileanan.

Tha Riaghaltas na h-Alba air £476 millean de mhaoineachadh calpa a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail thar nan ceithir bliadhna a dh'fhalbh gus suidheachaidhean sgoil-àraich a th' ann mar-thà ùrachadh, ath-adhbharachadh agus a leudachadh, a bharrachd air a bhith a' toirt seachad còrr is 120 goireas ùr air feadh na h-Alba. Bha e an urra ris na h-ùghdarrasan ionadail fa-leth co-dhùnadh ciamar a thèid am maoineachadh seo a chleachdadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil na prògraman calpa aca iomchaidh agus a rèir feumalachdan ionadail.

Tha na buidhnean riochdachaidh ann an roinn a' chùraim-chloinne, a' gabhail a-steach Caidreachas Cùraim is Ionnsachaidh, ro-cudromach ann an conaltradh air agus chur an gnìomh Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne, agus tro bhith a' cur ri cruthachadh poileasaidh Maoineachadh a' Leantainn a' Phàiste, gu sònraichte tron Bhuidhinn-obrach Cùram-chloinne. Tha pàirt ro-chudromach aca sna freagairtean againn do na dùbhlain ron roinn cùram-chloinne mar thoradh air ghalair lèir-sgaoilte cruinneil COVID tro obair Buidheann Ath-bheothachaidh na Roinne. Tha buaidh agus ceistean air a bhith an lùib seo an dà chuid do choimhearsnachdan dùthchail agus eileanach.

Rinneadh measaidhean buaidh tron phrògram gus leudachadh a thoirt air solar Tràth-bhliadhnaichean is Cùram-chloinne maoinichte gu 1140 uair sa bhliadhna airson clann aois trì agus ceithir agus clann aois dà bhliadhna a tha ion-roghnach, a' gabhail a-steach measadh buaidh eileanach a gheibhear air-loidhne. Chaidh am fear as ùire dhiubh sin a dhèanamh nuair a chaidh an reachdas a chur air beulaibh na Pàrlamaid gus an dleastanas reachdail a thoirt a-steach – faic [Òrdugh Achd Cloinne is Dhaoine Òga \(Alba\) 2014 \(Atharrachadh\) 2021 \(legislation.gov.uk\)](https://legislation.gov.uk). Tha e na phrionnsabal aontaichte a thaobh maoineachadh Tràth-bhliadhnaichean is Cùram-chloinne a bhith ag aithneachadh eadar-dhealachaidhean roinneil agus feuchainn ri taic a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail gus co-dhùnaidhean a dhèanamh a bhios a rèir feumalachdan dearbhte sna coimhearsnachdan aca fhèin.

**Gheall sinn dèanamh cinnteach gu bheil a' beachdachadh air cothroman gus cor na Gàidhlig a leasachadh agus àireamh an luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh àrdachadh mar phàirt de leasachadh eaconamach seasmach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Chaidh taic a bharrachd a thoirt dhan phròiseact coimhearsnachd is foghlaim Cnoc Soilleir. Tha grunn iomairtean agus buidhnean Gàidhlig leithid Fèisean nan Gàidheal agus Stòrlann stèidhichte ann an eileanan le deagh thoraidhean eaconamach. Tha taic cuideachd ri fhaighinn airson urrasan coimhearsnachd a tha a' ceangal leasachadh eaconamach ri taic dhan Ghàidhlig.

Tha grunn phròiseactan agus iomairtean Gàidhlig ann leithid MG ALBA a tha a' cur ri leasachadh eaconamach agus tha an cuideam seo air a bhith aig cridhe iomairtean Adhartais nas Luaithe agus Com-pàirteachadh Coimhearsnachd aig an Leas Phrìomh Mhinistear.



**Dh'aontaich sinn taic a thoirt do bhoireannaich ann an àiteachas ann eileanan na h-Alba gus soirbheachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh com-pàirteachadh sa phrògram leasachaidh ceannardais, a' dèiligeadh ri leth-bhreith gun fhiosta le buidhnean agus gnìomhachasan agus ri bhith a' briseadh sìos chnapan-starra cultarach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha Riaghaltas na h-Alba air £300,000 a ghealltainn gus taic a thoirt do bhoireannaich ann an àiteachas suas gu 2024/25 a' gabhail a-steach sgaoileadh nas fharsainge den phrògram leasachaidh pearsanta 'Be Your Best Self' agus cruthachadh Skillseeder - aplacaid gus sgilean a cho-roinn a tha na goireas "ionad uile freastail" a tha furasta a chleachdadh. gus cothroman trèanaidh is leasachadh sgilean a lorg air feadh na dùthcha, gu sònraichte dhaibhsan ann an sgìrean dùthchail agus eileanach.

Chaidh Prògram Leasachaidh Boireannaich ann an Àiteachas a chruthachadh do bhoireannaich air feadh na h-Alba air fad agus mar phàirt de seo, tha Maoin Trèanaidh Practaigeach Boireannaich ann an Àiteachas air £12,423 a thoirt seachad mar thaic airson trèanadh practaigeach do bhoireannaich à coimhearsnachdan eileanach. Às na 460 tagraidhean soirbheachail dhan mhaoin, bha 4% bho bhoireannaich anns na h-eileanan. Am-bliadhna cuideachd bha eileamaid de mhaoineachadh chuingealaichte ann gu sònraichte airson tagraichean a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach.

Tòisichidh sreath ùr de chùrsaichean san Dàmhair le solar air-loidhne agus pearsanta gus a dhèanamh cho in-ghabhalach 's a ghabhas. Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh nan cùrsaichean seo do bhoireannaich ann an eileanan na h-Alba.

Cuideachd, tha sinn a' maoinachadh pròiseact le Urras Coimhearsnachd Mhuile is Ì, gus modalan cùram cloinne ùr-ghnàthach, sùbailte agus seasmach fheuchainn, a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh ann an eileanan eile agus ann an sgìrean dùthchail is iomallach eile. Chaidh cùram-chloinne a chomharrachadh mar phrìomh bhacadh air làn chom-pàirt nam ban ann an àiteachas.

**Dh'aontaich sinn a bhith ag obair le ùghdarrasan ionadail buntainneach gus planaichean gnìomh ullachadh airson roinn a' bhìdh is na dighe gus taic a chumail ri fàs na roinne sin ann an eileanan, a' gabhail a-steach fòcas air roinn ro-chudromach an Uisge-beatha.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Rinn Riaghaltas na h-Alba ceanglaichean ri stiùirichean gnìomhachais aig bòrd-cruinn a thaobh gainnead luchd-obrach/sgilean le Ministearan. Mar thoradh air an obair seo, chaidh Plana Gnìomh Obrachadh le Gnothachas a chruthachadh gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh ceuman a ghabhadh a dhèanamh gus cuideachadh le bhith a' lughdachadh buaidh gainnead luchd-obrach air gnìomhachasan agus gus ath-bheothachadh eaconamach a bhrosnachadh. Leanaidh sinn oirnn a' conaltradh le stiùirichean roinne air feadh Riaghaltas na h-Alba agus leis an luchd-ùidh aca ann an ghnìomhachas agus leanaidh sinn oirnn a' biathadh an fhiosrachaidh seo gus an tèid beachdachadh air mar phàirt den leasachadh leantainneach air a' phrògram Tàladh is Glèidheadh Tàlant.

**Dh'aontaich sinn a bhith ag obair le ùghdarrasan ionadail buntainneach gus am brosnachadh gus barantas Food for Life fhaighinn gus cuideachadh le bhith a' brosnachadh solar ionadail anns an roinn phoblaich.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do libhrigeadh Prògram Biadh airson Beatha le fòcas air biadh-sgoile agus tha Comann na h-Ùir ag amas air ùghdarrasan ionadail na h-Alba uile a bhrosnachadh gus cur a-steach airson barantas tron sgeama. Tro phròiseas foghlaim, agus togail dhàimhean, tha libhrigeadh a' phrògram a' dol air adhart mean air mhean, agus tha 18 comhairlean ann aig a bheil creideas FFL a-nis, a' gabhail a-steach Arcaibh is Sealtainn a fhuair creideas ìre umha ann an 2020/21 agus 2021/22. Tha sinn cuideachd a' bruidhinn ri Comann na h-Ùir mu bhith, is dòcha, a leudachadh na taic againn dhan phrògram gu suidheachaidhean eile san roinn phoblaich.

# Còmhdhail

## Amas Ro-innleachdail 3 – Gus seirbheisean còmhdhail a leasachadh

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun tèid làn dìon-eileanach a dhèanamh air gach poileasaidh, ro-innleachd agus seirbheis còmhdhail aig an àm seo agus san àm ri teachd gus am bi iad a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Ann an Dàmhair 2021, dh'fhoillsich sinn [Plana Libhrigidh NTS2 – Aithisg Sgrìonaidh Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach \(ICIA\)](#).

Gus cruthachadh na Ro-innleachd Seirbheisean Adhair againn fhiosrachadh, rinn sinn co-chomhairle phoblach air-loidhne eadar 18 Dàmhair 2021 agus 21 Faoilleach 2022, a' toirt cothrom do dhaoine, coimhearsnachdan eileanach nam measg, am beachdan a thoirt seachad. Thadhail oifigich bho Chòmhdhail Alba air puirt-adhair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan gus aire a thogail mun cho-chomhairle am measg luchd-còmhnaidh ionadail, agus gus com-pàirt a bhrosnachadh. Ghabh ùghdarrasan ionadail na Gàidhealtachd agus nan Eileanan pàirt cuideachd ann am bùthan-obrach luchd-ùidh, a chùim sinn gus ar ro-innleachd a chur ri chèile.

Bha sreath de cheistean mionaideach anns [a' phàipear co-chomhairleachaidh](#) air ro-innleachd nan seirbheisean adhair cuideachd air seirbheisean adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean, agus ciamar a b' urrainn dhaibh feumalachdan luchd-còmhnaidh agus luchd-turais a choileanadh nas fheàrr. Mu dheireadh, nì sinn Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach airson gnìomh iomchaidh sam bith air a bheil sinn a' beachdachadh air cur san ro-innleachd, agus nì sinn barrachd co-chomhairle le luchd-ùidh na Gàidhealtachd is nan Eilean air cuspairean sònraichte nuair a bhios feum air seo.

**Dh'aontaich sinn a bhith a' dèanamh conaltradh ri ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan eileanach agus luchd-obrachaidh còmhdhail ann a bhith ag ullachadh riaghailtean agus stiùireadh airson riaghailtean airson seirbheisean bus fo Achd na Còmhdhail (Alba) 2019, a tha ag amas air comas a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail freagairt nas fheàrr a thoirt air feumalachdan ionadail.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus an RA a' fàgail an Aonadh Eòrpaich agus cuingeadan ghoireasan co-cheangailte aig ùghdarrasan ionadail, air buaidh a thoirt air a bhith a' cruthachadh stiùireadh agus riaghailtean agus na pròiseasan co-chomhairleachaidh co-cheangailte riutha agus mar sin tha seo air dàil a chur air buileachadh na h-Achd.

Chaidh bùth-obrach bhiortail a chumail air 17 Màrt 2021 gus luchd-ùidh a thoirt a-steach ann a bhith a' cruthachadh stuthan airson co-chomhairle mu bhith a' buileachadh ullachaidhean Bus na h-Achd. Chaidh a' cho-chomhairle a chur air bhog san Iuchar agus dhùin i air 6 Dàmhair 2021. Às dèidh seo, thathar a' cruthachadh riaghailtean agus stiùireadh co-cheangailte gus na h-ullachaidhean a cur an gnìomh, a tha a' gabhail a-steach comas a bhith aig ùghdarrasan ionadail na seirbheisean aca fhèin a ruith, modal com-pàirteachais ùr a thaobh busaichean, siostam ceadachd agus ullachaidhean airson fiosrachadh co-cheangailte ri seirbheisean. Faodaidh gach ùghdarras ionadail co-dhùnadh dè na h-innealan sin (no measgachadh dhiubh) a chuidicheas le bhith a' toirt piseach air seirbheisean bus ionadail. <https://consult.gov.scot/transport-scotland/part-3-bus-services-transport-scotland-act-2019/>

**Dh'aontaich sinn plana fad-ùine agus prògram tasgaidh a chruthachadh airson aiseagan ùra agus leasachadh air puirt gus seasmhachd, earbsachd, agus comas a leudachadh agus gus eimiseanan a lughdachadh gus misneachd a thoirt do choimhearsnachdan eileanach mun dealas leantainneach againn.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Ann an 2019, thòisich Còmhdhail Alba an dàrna Lèirmheas air Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail (STPR2) gus cuideachadh gus tasgadh còmhdhail fhiosrachadh ann an Alba airson an ath 20 bliadhna. Cuidichidh STPR2 le bhith a' libhrigeadh na lèirsinn, na prìomhachasan agus na builean airson còmhdhail anns an Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta (NTS2) agus bidh seo a' co-thaobhadh ri planaichean nàiseanta eile leithid am Frèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta (NPF4) agus Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde.

Mar thoradh air a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19, tha dòigh-obrach le dà ìre aig STPR2, le ìre 1 a' leantainn a' chlàir-ama tùsail den Gheamhradh 2020/21. Chaidh aithisg [ùrachadh agus Molaidhean Ìre 1](#) fhoillseachadh sa Ghearran 2021. San aithisg seo, tha [ceum 19](#) mu thasgadh ann an aiseagan agus puirt.

Tha am pasgan a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh agus a' cumail suas plana agus prògram tasgaidh fad-ùine airson aiseagan ùra agus leasachadh air puirt. Chuidicheadh am plana fad-ùine le bhith a' cur aghaidh air agus a' toirt piseach air seasmhachd, earbsachd, comas-làimsheachaidh, ruigsinneachd, a' cur ri cunbhalachd, agus a' lughdachadh eimiseanan air feadh lionra seirbheis aiseig Chluaidh is Innse Gall agus seirbheis aiseig nan Eilean a Tuath, gus feumalachdan nan coimhearsnachdan eilean a choileanadh. Chaidh an ceum seo a chomharrachadh anns an dreachd Plana Tasgadh Bun-structair (Infrastructure Investment Plan - IIP) airson Alba airson 2021/22 gu 2025/26 agus thèid taic a chumail ris bho thasgadh de co-dhiù £580 millean thairis air an ath chòig bliadhna.

Dhaingnich [Plana Tasgadh Bun-structair Riaghaltas na h-Alba](#) (an Gearran 2021) gealltanas Plana Nàiseanta nan Eilean a thaobh "plana fad-ùine agus prògram tasgaidh" a thèid a thoirt air adhart ann an 2022 leis an amas gun tèid fhoillseachadh ro dheireadh na bliadhna.

Chaidh plana a bharrachd mu shoithichean ùra agus cleachdadh shoithichean ullachadh ann an 2020 airson lionra Chluaidh agus Innse Gall agus chaidh beachdachadh air le prìomh luchd-ùidh. Chaidh geàrr-chunntas den aithisg sin a chorroinn leis na prìomh luchd-ùidh tro Bhuidhnean Luchd-ùidh Aiseig CHFS san Ògmhios 2021.

Ann an 2021, thug Riaghaltas na h-Alba cead do CMAL an soitheach dara-làimh ùr-nodha an MV Utne a cheannach airson seirbheis air an t-slighe eadar Creag an Iubhair ann am Muile agus an t-Òban agus gus barrachd ath-leumachd a thoirt do chabhlach ChalMac gu h-iomlan. Dh'aontaich ministearan gun tòisicheadh obair solarachaidh air dà shoitheach ùr airson Ìle, le dùil gun tèid cùmhnantan gus na soitheichean a thogail a thoirt seachad timcheall air a' Mhàrt 2022.

**Dh'aontaich sinn Plana Aiseagan ùra a chruthachadh gus cur ri lìbhrigeadh nan amasan aig ro-innleachdan nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba mar a tha air an cur an cèill ann an Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail agus Plana Nàiseanta nan Eilean.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha [Plana Lìbhrigidh NTS2](#) a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2020 ag ràdh: “Deasaichidh sinn Plana Ceangailteachd nan Eilean (Islands Connectivity Plan - ICP) a bhios a' dol an àite Plana nan Aiseagan 2013-22. Deasaichidh sinn amasan stèidhichte air taic ri lìbhrigeadh NTS2 agus Plana Nàiseanta nan Eilean, agus nì sinn molaidhean gus na h-amasan sin a choileanadh a tha a' toirt seachad luach an airgid. Bidh an ICP ceangailte gu dlùth ri builean an STPR2, gus coimhead air ceanglaichean eileanach ann an dòigh nas fharsainge le aire do phlèanaichean, aiseagan agus ceanglaichean stèidhichte, agus ri seirbheisean siubhail a tha a' ceangal ri seirbheisean siubhail eile agus ri siubhal air adhart.”

Tha dàil a bharrachd air a bhith air an obair air Plana Ceangailteachd nan Eilean a chionn 's gun robh againn ri prìomhachas a thoirt dhan fhreagairt againn do ChCOVID-19 agus thèid a' mhòr-chuid den obair a dhèanamh ann an 2022 agus nas fhaide air adhart. Ach chaidh againn air beagan obair tòiseachail a dhèanamh air cuspairean a' gabhail a-steach faraidhean, eimiseanan agus planadh tasgaidh. Tha e na amas dhuinn fhathast dreachd Plana fhoillseachadh airson co-chomhairle, leis na sgrìobhainnean taic aige, san Dùbhlachd 2022.

**Dh'aontaich sinn ath-sgrùdadh a dhèanamh air buaidh Cosgais Co-ionann ri Rathad (RET) mar phàirt den ath Phlana Aiseagan, agus beachdaichear air na roghainnean poileasaidh a thaobh faraidhean aiseig san àm ri teachd a bhios a' coileanadh feumalachdan nan eileanach agus a chumas taic ri eaconamaidhean eileanach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, thèid a' mhòr-chuid den obair air Plana Ceangailteachd nan Eilean a dhèanamh ann an 2022 le amas an dreachd Plana fhoillseachadh airson co-chomhairleachadh san Dùbhlachd 2022.

**Mar phàirt de Phlana nan Aiseagan cuideachd, dh'aontaich sinn a bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh agus a bhith a' cur air adhart amalachadh eadar aiseagan agus modhan còmhdhail eile air tìr-mòr agus eileanan, le sùil cleachdadh còmhdhail ghnìomhach, phoblach no cho-roinnte a dhèanamh nas fheàrr airson turasan slàn, no pàirtean de thursan gu no bho eileanan ann an dòigh ruigsinneach agus air prìs reusanta.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Bidh seo mar phàirt den obair a thèid a dhèanamh mar phàirt de Phlana Ceangailteachd nan Eilean agus de Lèirmheas nam Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail.

Mar phàirt de dhòigh-obrach dà ìre STPR2, chaidh aithisg [Ùrachadh agus Molaidhean Ìre 1](#) fhoillseachadh sa Ghearran 2021. Taobh a-staigh na h-aithisge seo, tha [Ceum 11](#) a' buntainn ri bhith a' cumail taic ri tursan amalaichte aig ionadan-aiseig. Bhiodh an ceum seo a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh mionaideach air prìomh ionadan-aiseig gus beachdachadh air amalachadh fiosaigeach, clàr-ama, soidhnichean, tiogaidean agus goireasan eile a dh'fheumar gus seirbheis a libhrigeadh gun chnap-starra sam bith.

**Dh'aontaich sinn gun cruthaicheamaid agus gun toireamaid a-steach siostam clàraidh agus siostam thiocaidean ùr airson aiseagan Chluaidh agus Innse Gall, le comas Tiocaidean Tapaidh a chleachdadh, an àite an sgeama a th' ann aig an àm seo.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Chaidh pròiseact a thòiseachadh gus siostam clàraidh is tiocaidean ùra a cheannach is a chur an gnìomh airson Seirbheisean Aiseag Chluaidh is Innse Gall. Chaidh an ìre solair a chrìochnachadh agus chaidh cùmhnant a thoirt seachad ann an 2021. Tha Aiseagan CalMac Eta ag obair leis an t-solaraidhe a-nis air gnìomhachadh.

Bidh am pròiseact Ar Turas a tha air a ruith le Aiseagan Calmac Earranta (air a mhaoineachadh le Còmhdhail Alba), a' toirt a-steach siostam tiogaidean is clàradh ùr-nodha, ris a bheil dùil airson 2022, gus an bi e nas fhasa do luchd-cleachdaidh clàraidh is siubhail, a' meudachadh a' dèanamh an fheum as fheàrr de dheicichean chàraichean agus ag a' toirt piseach air conaltradh le luchd-ceannach.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig : [Ar Turas | Latest News | CalMac Ferries](#)

**Dh'aontaich sinn na beachdan a fhuaras anns a' cho-chomhairle air Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhalach a chleachdadh ann an ullachadh Plana Lìbhridh Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhalach a bhios a' feuchainn ri aghaidh a chur air na diofar dhùbhlain còmhdhail a tha a' toirt buaidh air sgìrean agus roinnean diofraichte na h-Alba, a' gabhail a-steach eileanan;**

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhna Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Dh'aontaich sinn tasgaidhean còmhdhail ro-innleachdail a dhearbhadh bho na coimhearsnachdan eileanach againn tro STPR2 - a dh'fhiosraicheas cuideachd an dàrna Plana Aiseagan aig Còmhdhail Alba;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Air 3 Gearran 2021 [chaidh molaidhean Ìre 1 agus aithisgean adhartais measadh buaidh co-cheangailte](#) fhoillseachadh. Is iad seo na ciad molaidhean STPR2 airson tasgadh còmhdhalach, le fòcas air molaidhean airson pròiseactan còmhdhalach no eadar-theachdan a tha a' cur gu mòr ri amasan STPR2, a tha a' co-thaobhadh gu math ri prìomhachasan NTS2, agus a ghabhas adhartachadh no a libhrigeadh taobh a-staigh na h-ùine caitheamh làithreach agus a chuidicheas le bhith a' toirt taic dhan ath-bheothachadh uaine bho ghalar lèir-sgaoilte COVID-19.

Rinneadh sreath de mheasaidhean buaidh air STPR2, a' gabhail a-steach [Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach \(ICIA\)](#). Chaidh bùth-obrach sònraichte mun ICIA a chumail le riochdairean bho choimhearsnachdan eileanach, buidhnean agus ùghdarrasan ionadail air 26 Màrt 2021. Chaidh bùth-obrach sònraichte mun ICIA a chumail cuideachd le riochdairean bho Chomhairle Arcaibh air 27 Giblean 2021 às dèidh iarrtas bhon Chomhairle.

**Dh'aontaich sinn obrachadh ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan airson a bhith a' leasachadh bun-structar coiseachd is baidhsagal, dealbhadh àite agus ruigsinneachd air baidhsagalan, goireasan, adhartachadh agus foghlam gus coiseachd is baidhsagal a dhèanamh mar an roghainn as mòr-chòrdte airson turasan làitheil goirid a' gabhail a-steach tursan mar phàirt de thursan ioma-mhodh.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Bidh Còmhdhail Alba toirt maoinachadh de chòrr is £50 millean do Sustrans Alba gach bliadhna gus am prògram bun-structair siubhal gnìomhach Places for Everyone a libhrigeadh. Is urrainn ùghdarrasan ionadail tagradh a dhèanamh dhan mhaoin seo gus raon de sgeamaichean bun-structair siubhal gnìomhach a chruthachadh anns na sgìrean aca. Ged a thathar ag iarraidh co-mhaoineachadh airson nan sgeamaichean sin, tha ùghdarrasan ionadail cuideachd a' faighinn maoinachadh dìreach bhon tabhartas Rothaireachd, Coiseachd, Slighean nas Sàbhailte gus iomairtean bun-structair ionadail a chruthachadh gus siubhal gnìomhach a bhrosnachadh.

Tha cumail oirnn le leasachadh agus a' leudachadh air na prògraman atharrachadh giùlain againn, leithid a bhith ag cur ris na h-àireamhan a' gabhail pàirt ann an trèanadh baidhsagal do chloinn is do dh'inbheach, agus trèanadh mothachaidh dhràibhearair airson dràibhearair HGV agus bus.

Aig deireadh 2021 chuir sinn pròiseactan pìleat air bhog mar phàirt den ghealltanais againn gus baidhsagalan an-asgaidh a thoirt do chlann aois sgoile nach eil comasach air pàigheadh air an seo. Tha am pìleat coimhearsnachdan eileanach againn air a ruith le Comhairle Shealtainn a tha air com-pàirteachadh le Pròiseact Rothairean Shealtainn air a stiùireadh gu saor-thoileach, Com-pàirteachas Còmhdhail Shealtainn ZetTrans, agus Ability Shealtainn. Tha am pìleat ag amas air 50 duine òg eadar 5-17 a chuideachadh air feadh coimhearsnachdan eileanach Shealtainn. Is e am pìleat air a' chiad 25 baidhsagalan a cheannach.

Tha sinn cuideachd a' toirt maoinachadh luach £656k do Cycling UK gus am prògram Ceanglaichean Dùthchail a ruith a tha a' toirt còmhla daoine ann an Sealtainn, Arcaibh, Earra-Ghàidheal is Bòd agus sgìrean dùthchail eile air tìr-mòr gus coiseachd, rothaireachd agus cuibhleachadh airson turasan làitheil, cur-seachadan agus dàna-thursan.

Tha am prògram a' tabhann raon farsaing de ghnìomhachd rothaireachd is coiseachd airson gach comais.

Bidh Còmhdhail Alba cuideachd a' maoineachadh a' phrògram bhliadhnail Smarter Choices, Smarter Places, a tha air a stiùireadh le Paths for All, agus chaidh £9 millean de thabhartasan uile gu lèir a thoirt do phròiseactan atharrachadh giùlan a thaobh siubhail seasmhach air feadh na h-Alba. Tha seo a' gabhail a-steach Maoin Ùghdarras Ionadail luach £5 millean pro-rata agus a' Mhaoin Fhosgailte luach £2 mhillean a tha fosgailte do gach buidheann san treas roinn agus do bhuidhnean coimhearsnachd.

Tro Mhaoin Choimhearsnachdan nan Eilean, chaidh £80,920 a thoirt seachad gus taic a thoirt do SCIO Slighe Coimhearsnachd Costa an Rubha agus Shanndabhaig gus an ceathramh pàirt de shlighe an cois na cladaich a' ceangal bailtean croitearachd Sulaisiadeir agus na Fleisirean le slighe ruigsinneach a chuireas ri ruigsinneachd san rubha.

Tro Mhaoin Choimhearsnachdan nan Eilean, chaidh £80,920 a thoirt seachad gus taic a thoirt do SCIO Slighe Coimhearsnachd Costa an Rubha agus Shanndabhaig gus an ceathramh pàirt de shlighe an cois na cladaich a' ceangal bailtean croitearachd Sulaisiadeir agus na Fleisirean le slighe ruigsinneach a chuireas ri ruigsinneachd san rubha.

**Chùm sinn oirnn coimhead air dòighean gus am feum air siubhal a lùghdachadh le bhith a' cleachdadh an t-siostam dealbhadh gus àiteachan a bhrosnachadh a tha a' toirt dhaoine is sheirbheisean còmhla.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Chaidh [Dreach Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta 4](#) (NPF4) a chur mu choinneamh Pàrlamaid na h-Alba agus chaidh fhoillseachadh airson co-chomhairle phoblach san t-Samhain 2021.

Tha e a' gabhail a-steach poileasaidh ùr air beatha ionadail, far am bi feum air planaichean agus molaidhean gus taic a chumail ris a' phrionnsapal de nàbachdan 20 mionaid. Tha fòcas aig nàbachd 20 mionaid stèidhichte air a bhith a' cruthachadh àiteachan far a bheil astaran airson coiseachd, cuibhleachadh no rothaireachd goirid, a tha am fàgail gun urrainn do dhaoine a bhith ceangailte ri raon de ghoireasan agus sheirbheisean faisg air an dachaigh.

Feumaidh feartan gach Coimhearsnachd 20 Mionaid a bhith a rèir suidheachadh, cothroman agus miannan nan àiteachan fa-leth. Chan e teamplaid a th' ann an nàbachdan 20 mionaid, ach is e dòigh-obrach shùbailte a th' annta, a ghabhas atharrachadh air feadh na dùthcha agus thairis air diofar sheòrsaichean bhailtean a rèir a' cho-theacs. Mar phàirt de seo, cuidichidh cruthachadh co-ionadan ionadail a tha a rèir feumalachdan coimhearsnachd ionadail agus aig a bheil deagh ruigsinneachd gus am feum a bhith siubhal astaran nas fhaide a lùghdachadh agus cruthaichidh e cothroman cosnadh ionadail do choimhearsnachdan dùthchail agus eileanach.

Tha dreachd NPF4 ag ràdh gu bheil ceanglaichean didseatach nas fheàrr na phrìomhachas gus gnìomhachasan làithreach a chumail agus gus coimhearsnachdan 'tapaidh' a chruthachadh, a' cuideachadh le bhith a' fuasgladh cothroman do ghnìomhachasan dùthchail agus do dh'obair air astar, agus gus dèanamh cinnteach gum bi fàs coimhearsnachd nas so-dhèanta san àm ri teachd.



Tha poileasaidh ùraichte air còmhhdail sheasmhach agus siubhal gnìomhach anns an dreachd NPF4 cuideachd. Tha seo ag amas air am feum air siubhal ann an dòigh neo-sheasmhach a lùghdachadh cho math ri bhith a' brosnachadh solar còmhhdail seasmhach.

Tha an dòigh-obrach againn ag amas air a bhith soilleir ach cuideachd sùbailte gu leòr gus am bi e freagarrach airson nan diofar phrìomhachasan agus dùbhlain airson cruthachadh àite air feadh na h-Alba. Bidh planaichean leasachaidh ionadail, air an ullachadh le ùghdarrasan dealbhaidh, cuideachd ag obair taobh a-staigh an fhrèam-obrach seo gus fuasglaidhean stèidhichte air àite a thoirt air adhart.

**Le ùmhlachd do riatanasan mar a tha air am mìneachadh ann an cùmhnantan Seirbheis Aiseig Chluaidh is Innse Gall agus cùmhnantan Seirbheis Aiseag nan Eileanan a Tuath, feuchaidh sinn an-còmhnaidh ri cùisean co-cheangailte ri bathar a leasachadh agus thèid sinn an sàs gu for-ghnìomhach le companaidhean aiseig, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh mar a bhios iomchaidh.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Ann an 2021, thug Riaghaltas na h-Alba maoineachadh do ChalMac airson dà chùmhnant geàrr-ùine den t-soitheach bathair MV Arrow gus taic a chumail ri seirbheisean bathair air slighe Steòrnabhagh-Ullapul (an t-slighe as fhèillmhoire airson bathar air lìonra Chluaidh is Innse Gall).

Tha na companaidhean aiseagan againn cuideachd a' leantainn orra ag obair gu dlùth le roinn a' bhathair gus iarrtas a riaghladh agus comas-libhrigidh a chleachdadh ann an dòigh cho èifeachdach 's a ghabhas.

# Taigheadas

## Amas Ro-innleachdail 4 – Gus taigheadas a leasachadh

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gum bi Taigheadas gu 2040 a rèir feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach.**

### Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Chaidh [Taigheadas gu 2040](#), ro-innleachd fad-ùine na h-Alba airson taigheadas, fhoillseachadh sa Mhàrt 2021. Tha seo a' tighinn às dèidh conaltradh farsaing le roinn an taigheadais, luchd-ùidh san fharsaingeachd agus leis a' phoball gus lèirsinn a chruthachadh còmhla air na an coltas a tha sinn ag iarraidh a bhith air dachaighean is coimhearsnachdan na h-Alba ro dheireadh 2040. Chuidich fios air ais a fhuaras bho dhaoine a tha a' fuireach ann agus ag obair còmhla ri coimhearsnachdan eileanach, a bharrachd air toraidhean co-chomhairle Plana Nàiseanta nan Eilean, gus an lèirsinn agus ro-innleachd fhiosrachadh.

Tha feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach rim faicinn tro na poileasaidhean agus gealltanais ann an Taigheadas gu 2040 agus tha gearr-chunntas ann am pàirt 1E den ro-innleachd. Bho chaidh Taigheadas gu 2040 fhoillseachadh, tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn plana gnìomh Taigheadais lomallach, Dùthchail is Eileanach a chruthachadh gus feumalachdan taigheadais nan coimhearsnachdan sin a choileanadh, agus gus daoine a ghlèidheadh sna coimhearsnachdan sin agus gus daoine a tharraing ann.

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil molaidhean airson riaghailtean air an cur an sàs airson àiteachan còmhnaidh air mhàl airson ùine ghoirid, gus gabhail ri suidheachadh air leth nan coimhearsnachdan eileanach agus gus ullachaidhean sònraichte a chur air dòigh dhaibh far a bheil seo a dhìth.**

### Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Chuir Riaghaltas na h-Alba reachdas mu choinneamh Pàrlamaid na h-Alba gus sgeama ceadachd ùr a stèidheachadh san t-Samhain 2021, an dèidh beachdachadh gu faiceallach air freagairtean dhan cho-chomhairle againn air an dreachd reachdas ceadachd. Chaidh an t-Òrdugh Ceadachaidh aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba san Fhaoilleach 2022.

'S e am prìomh phàirt den sgeama ceadachaidh againn seata de dh'ìnbhean sàbhailteachd èigneachail a shuidheachadh bhios an sàs airson a h-uile àite còmhnaidh air mhàl airson gearr-ùine air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach. Feumaidh sgeama ceadachd a bhith aig ùghdarrasan ceadachd a tha fosgailte gus tagraidhean fhaighinn ro 1 Dàmhair 2022, agus feumaidh luchd-aogheachd agus gnìomhachasan a tha ann mar-thà cur a-steach airson cead ro 1 Giblean 2023 gus cumail a' dol. Is e an ceann-latha deireannach airson cead a bhith aig a h-uile neach-aogheachd agus gnìomhachasan 1 Iuchar 2024.

A bharrachd air seo, thàinig reachdas a leigeas le comhairlean raointean smachd air àiteachan-còmhnaidh air mhàl airson gearr-ùine a stèidheachadh: [Riaghailtean Dealbhadh Baile is Dùthcha \(Sgìrean Smachd Gabhail Gearr-ùine\) \(Alba\) 2021](#), aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba agus a chaidh a chur an gnìomh sa Ghiblean 2021.

**Dh'aontaich sinn rannsachadh a dhèanamh air mar a ghabhadh maoin taigheadais nan sgìrean dùthchail agus eileanach atharrachadh san àm ri teachd gus cur ris an fharsaingeachd de roghainnean a th' ann gus taic a chumail ri leasachadh taigheadais ann an sgìrean dùthchail agus iomallach;**

**Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.**

Chaidh sìneadh a thoirt dhan Mhaoin Taigheadais Dhùthchail is Eileanach (Rural and Island Housing Fund - RHIF) nas fhaide na Màrt 2021 is chaidh suas ri £30 millean de mhaoineachadh ainmeachadh san t-Samhain 2020. Thug beachd làidir bhon t-suirbhidh de luchd-ùidh gum bu chòir dhan mhaoin cumail a' dol, agus chaidh ainmeachadh gun tachradh seo mar-thà. Ged nach robh moladh sam bith ann bhon luchd-fhreagairt gus an raon de roghainnean taigheadais a tha an RIHF a' toirt seachad an-dràsta a leudachadh air nach deach beachdachadh roimhe, bha an t-ath-sgrùdadh air RIHF cuideachail ann a bhith a' fiosrachadh earrainnean iomchaidh de ro-innleachd Taigheadais gu 2040 agus raointean poileasaidh a bheir buaidh air coimhearsnachdan dùthchail is eileanach a thèid a thoirt air adhart às dèidh fhoillseachadh Taigheadais gu 2040.

**Dh'aontaich sinn cumail oirnn a bhith a' toirt seachad ghrantaichean do chroitèaran gus taighean croite a thogail agus a leasachadh**

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

Bho chaidh sgeama Thabhartasan nan Taighean Croite a chur air bhog ann an 2007, chaidh còrr is £23 millean a thoirt do 1,067 teaghlaichean agus daoine fa leth ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach. Chaidh mun dàrna leth de sin air a thoirt do chroitèaran eileanach.

Bhon Mhàrt 2020 tha sinn air còrr is £2 millean a thoirt seachad ann am maoineachadh tabhartais gus cuideachadh le bhith a' togail agus a' leasachadh thaighean do 73 chroitèaran agus an teaghlaichean.

**Dh'aontaich sinn am feum as fheàrr a dhèanamh air an stoc taigheadais uile, a' gabhail a-steach toglaichean trèigte agus roghainnean airson ceannachd èigneachail.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Mar an t-ùghdarras taigheadais reachdail tha e an urra ri ùghdarrasan ionadail measadh a dhèanamh air feumalachdan taigheadais sna sgìrean aca agus a bhith a' cur air adhart an tasgadh taigheadais agus riatanasan libhrigeadh seirbheis anns an Ro-innleachd Taigheadais Ionadail aca. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh an fheum as fheàrr den stoc taigheadais a th' ann mar-thà (i.e. a' cur dachaighean falamh air ais gu feum èifeachdach no a' cothromachadh nan droch bhuidhean aig dàrna dachaighean) a bharrachd air a' bhith a' libhrigeadh thaighean ùra.

Tha dèiligeadh ri taighean falamha fhathast na phrìomhachas do Riaghaltas na h-Alba agus tha sinn a' cumail oirnn a' maoineachadh [Com-pàirteachas Dachaighean Falamh na h-Alba](#) gus obrachadh le ùghdarrasan ionadail, agus sealbhadairean, gus am bi na taighean nan dachaighean a-rithist. Tha obair a' Chom-pàirteachais air cuideachadh gus còrr is 6,000 dachaigh a bhith air an cleachdadh a-rithist bho 2010 agus tha sinn airson gum bi am figear seo a' sìor fhàs. Tha oifigearan dachaighean falamh sònraichte bunaiteach dhan dòigh-obrach seo agus tha sinn airson gum faic sinn oifigearan dachaigh falamh ag obair thar gach coimhearsnachd eileanach.

**Dh'aontaich sinn gum biodh ruigsinneachd nas fheàrr ann do dhachaighean do dhaoine a tha ag iarraidh a dhol a dh'fhuireach ann an coimhearsnachdan eileanach, no a bhith a' tilleadh do choimhearsnachdan eileanach. Beachdaichidh sinn air na dòighean as fheàrr gus cothrom nas fheàrr a thoirt do dhaoine air dachaighean airson daoine a tha ag iarraidh fuireach no tilleadh gu coimhearsnachdan eileanach, ag obrachadh le ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh iomchaidh; nì sinn sgrùdadh air na roghainnean seo uile gus seo a dhèanamh, a' dèanamh deagh fheum air na dachaighean a th' ann mar-thà agus air dachannan ùra.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tro [Thaigheadas gu 2040](#) tha sinn air gealltainn ceuman a ghabhail gus am bi cothrom aig coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach air thaigheadas àrd-inbhe, air prìs reusanta agus air a' mhargaidh a chaidh a dhealbhadh an cois a' bhun-structair eaconamaich is fhiosaigich agus a chuidicheas daoine gus a bhith a' fuireach, ag obair agus a' soirbheachadh – agus cuidichidh sinn le bhith a' cur stad air crìonadh sluaigh dùthchail.

Bheir mòran de na gnìomhan air a' mhapa buannachdan do choimhearsnachdan dùthchail is eileanach a bharrachd air coimhearsnachdan bailteil. Mar eisimpleir, na planaichean againn gus:

- dòighean togail ùr-nodha a chleachdadh barrachd;
- gus cothroman a leudachadh airson taighean fèin-solaraichte;
- àiteachan-còmhnaidh air mhàl fad ùine-ghoirid a riaghladh;
- gus cumhachd a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail gus na h-àireamhan de dàrna dachaighean san sgìre aca a riaghladh ma tha iad a' faicinn seo mar dhuilgheadas san sgìre aca; agus
- maoin ùr a stèidheachadh dhan urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail tagraidhean a dhèanamh gus taighean falamh agus taighean a dh'fhaodadh a bhith falamh a thoirt air ais mar àiteachan-còmhnaidh

Mar an t-ùghdarras thaigheadais reachdail tha e an urra ri ùghdarrasan ionadail measadh a dhèanamh air feumalachdan thaigheadais sna sgìrean aca agus a bhith a' cur air adhart an tasgadh thaigheadais agus riatanasan libhrigeadh seirbheis anns an Ro-innleachd Thaigheadais Ionadail aca. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh an fheum as fheàrr den stoc thaigheadais a th' ann mar-thà (i.e. a' cur dachaighean falamh air ais gu feum èifeachdach no a' cothromachadh nan droch bhuidhean aig dàrna dachaighean) a bharrachd air a' bhith a' libhrigeadh thaighean ùra. Chaidh stiùireadh ùraichte air Ro-innleachd Thaigheadais Ionadail fhoillseachadh ann an 2019.

Bho chaidh Taigheadas gu 2040 fhoillseachadh, tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn plana gnìomh Taigheadais Iomallach, Dùthchail is Eileanach a chruthachadh gus feumalachdan taigheadais nan coimhearsnachdan sin a choileanadh, agus gus daoine a ghlèidheadh sna coimhearsnachdan sin agus gus daoine a tharraing ann.

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air a' bhuidh air coimhearsnachdan Gàidhlig nuair a thathar a' cruthachadh poileasaidhean taigheadais.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Thathar an dùil gum bi Ro-innleachdan Taigheadais Ionadail a' toirt seachad fianais air mar a thug conaltradh agus co-chomhairle coimhearsnachd buaidh air bhuilean, gus prìomhachasan, planaichean agus targaidean nàiseanta a libhrigeadh, agus mar a tha Prionnsapal an Àite ga chleachdadh gus atharrachadh a libhrigeadh taobh a-staigh choimhearsnachdan agus gus na builean a thathar ag iarraidh a choileanadh.

Tha Prionnsapal an Àite ag amas air tuigse choitcheann air àite a bhrosnachadh, cho math ri tuigse gum feumar dòigh-obrach nas aonaichte, co-obrachail a chleachdadh a thaobh seirbheisean agus stòrasan ann an àite gus am bi builean nas fheàrr aig daoine agus na coimhearsnachdan sa bheil iad a' fuireach. Tha Prionnsapal an Àite sùbailte - tha e a' brosnachadh agus a' cur an comas sùbailteachd ionadail ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean agus suidheachaidhean ann an diofar àiteachan.

# Bochdainn Connaidh

## Amas Ro-innleachdail 5 – Gus ìrean de bhochdainn connaidh a lùghdachadh

**Dh'aontaich ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar as urrainn sgeamaichean libhrigidh obrachadh nas fheàrr aig an ìre ionadail agus air maoinachadh do choimhearsnachdan eileanach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha sinn a' cumail oirnn ag amas air sgìrean agus coimhearsnachdan le ìrean nas àirde de bhochdainn-connaidh tro na Sgeamaichean Stèidhichte air Sgìre againn. Tha sgeamaichean ionadail air an dealbhadh agus air an libhrigeadh le comhairlean, ann an co-bhonn ri companaidhean ghoireasan agus com-pàirtichean libhrigidh ionadail, ag amas air sgìrean a tha a' fulang bho bhochdainn-connaidh gus ceumannan èifeachdas lùths a thoirt do dh'àireamh mhòr de dhachaighean Albannach agus gus cuideachadh le lùghdachadh bochdainn connaidh. Tha maoinachadh ABS a' toirt comas do chom-pàirtichean libhrigidh ionadail ceumannan èifeachdas lùths a thabhann gun chosgais - no cosgais nas ìsle - a bhith air sealbhadairean-còmhnaidh agus air uachdarain prìobhaideach aig a bheil nas lugha na ceithir àiteachan-còmhnaidh.

Tha maoinachadh Riaghaltas na h-Alba airson Sgeamaichean Stèidhichte air Sgìre a rèir ìrean nas àirde de bhochdainn-connaidh ann an cuid de choimhearsnachdan. Tha riarachadh do chomhairlean stèidhichte air modal maoinachaidh stèidhichte air feumalachdan a chaidh aontachadh le COSLA. Ann an 2020 rinn sinn ath-sgrùdadh agus ùrachadh air a' mhodail gus am biodh e a rèir a' mhìneachaidh ùr air bochdainn-connaidh ann an Alba. Dh'aontaich sinn cuideachd le comhairlean gum bu chòir ìrean fìor bhochdainn connaidh a bhith air an gabhail a-steach mar fhactar cuideamachaidh ùr ann a bhith a' co-dhùnadh maoinachadh Sgeamaichean Stèidhichte air Sgìre.

Tha ùrachadh cunbhalach air modal maoinachaidh ABS air ar cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil am maoinachadh againn air a bhith air a chuimseachadh gu h-èifeachdach gach bliadhna bho 2013. Chaidh barrachd maoinachaidh a thabhann do gach comhairle ann an Alba ann an 2021/22 na chaidh ann an 2020/21 agus chaidh am maoinachadh cuibheasach airson gach dachaigh le bochdainn-connaidh suas air feadh na h-Alba. Mar eisimpleir ann an 2021/22, chaidh cha mhòr £12.2 millean a thoirt do na sia 'ùghdarrasan ionadail le eilean' ann am maoinachadh ABS. Tha seo an coimeas ri £11 millean ann an 2020/21; £9.6 millean ann an 2019/20; agus £9.5 millean ann an 2018/19.

Tha sinn fhathast ag aithneachadh gu bheil na cosgaisean gus ceumannan èifeachdas lùths a libhrigeadh nas àirde ann an sgìrean dùthchail is eileanach iomallach. Is urrainn comhairlean a tha a' frithealadh choimhearsnachdan dùthchail/eileanach iomallach tabhartas-cuideachaidh luach suas ri £14,000 a sholarachadh dhaibhsan a tha ann am fìor bhochdainn-connaidh. Ann an 2021/22 leudaich sinn sgòp nam pròiseactan ABS gus a bhith a' gabhail a-steach maoinachadh airson ceumannan teasachaidh beag-charboin/gun charbon. Tha seo a' gabhail a-steach àrdachadh de £2,000 gus gabhail a-steach nan cosgaisean libhrigidh nas àirde ann an sgìrean dùthchail iomallach agus coimhearsnachdan eileanach.

Tha sinn a' cumail oirnn ag amas air teaghlaichean air feadh na h-Alba as buailtiche a bhith ann am bochdainn connaidh sgeama Dachaighean nas Blàithe Alba againn. Tha an sgeama air a dhealbh gus cuideachadh a thoirt dhaibhsan a tha ann am, no ann an cunnart bho, bochdainn-connaidh tro bhith a' cur teas-ghlèidheadh agus teasachadh ann an dachaighean fa-leth. Tha an sgeama a' moladh ceumannan beag-charboin an toiseach, cho math ri pasgan de cheumannan structarail, gus èifeachdas lùths an togalaich àrdachadh agus eimiseanan carboin a lùghdachadh. Tha iad seo a' gabhail a-steach Siostaman Teasachaidh a tha a' Glèidhidh Àrd Ìre de Theas (High Heat Retention Heating Systems), Pumpaichean Teas Adhair (Air Source Heat Pumps), Pumpaichean Teas-thalmhainn (Ground Source Heat Pumps), agus cumhachd an uisge agus na gaoithe aig meanbh-ìre. Dh'fhaodadh cuid de na ceumannan sin a bhith gu sònraichte feumail do dhachaighean a tha ann an sgìrean dùthchail agus eileanach nach eil a' faighinn seirbheis bhon lionra gas.

Tha an sgeama ga libhrigeadh air stèidh roinneil le Warmworks (a' gabhail a-steach roinn fa-leth do na h-eileanan) gus dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile dachaigh ann an Alba an aon ìre de sheirbheis. Chaidh ìrean tabhartais taobh a-staigh an sgeama àrdachadh gus pumpaichean teas adhair agus glèidheadh-teas balla a-muigh a bhrosnachadh còmhla airson cosgaisean àrda nan ceumannan seo. Tha siostam phrìsean nàiseanta aig Dachaighean nas Blàithe Alba, a' ciallachadh nach eil buaidh neo-chothromach air dachaighean dùthchail agus eileanach.

Tha an sgeama a thig às dèidh sgeama Dachaighean nas Blàithe Alba ga solarachadh an-dràsta, agus tha e gu bhith a' dol beò ann an 2023. Mar phàirt de dhealbadh an sgeama, chaidh buidheann-obrach ion-roghnachd a stèidheachadh a tha ag ath-sgrùdadh dhòighean anns an gabhadh ìrean ion-roghnachd agus pròiseasan atharrachadh gus taic a chuimseachadh nas fheàrr air dachaighean a tha a' fulang bho bhochdainn connaidh. Bheir seo aire do na cùisean sònraichte a tha a' toirt buaidh air teaghlaichean ann an coimhearsnachdan iomallach agus eileanach.

**Dh'aontaich sinn gun cruthaicheamaid àrdachadh air Slat-tomhais airson na Teachd a-steach as Ìsle airson sgìrean dùthchail iomallach, bailtean beaga iomallach agus airson eileanan, leis an àrdachadh gu bhith air a dhearbhadh air leth bhuaithe.**

**Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.**

Tha Riaghaltas na h-Alba air [aithisg](#) fhoillseachadh bho Oilthigh Loughborough air a' bhuaidh aig iomallachd nuair a thathar a' tomhas bochdainn connaidh. Tha an aithisg a' stèidheachadh na h-àrdachaidhean dhan Inbhe Teachd-a-steach as Ìsle san RA a bhios an sàs airson teaghlaichean ann am bailtean beaga dùthchail, iomallach agus sgìrean eileanach nuair a thathar a' tomhas bochdainn connaidh.

**Dh'aontaich sinn Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eilean a dhèanamh air an dreachd deireannach de Ro-innleachd na Bochdainn Connaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil riochdairean bho ùghdarrasan ionadail nan eilean an sàs gu mòr anns an obair deasachaidh**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Chaidh an dreachd Ro-innleachd Bochdainn-connaidh a chur mu choinneamh na Pàrlamaid air 9 Samhain 2021. Chaidh an [Ro-innleachd na Bochdainn Connaidh](#) fhoillseachadh san Dùbhlachd 2021. Tha sinn air Measadh Buaidh Choimhearsnachdan Eileanach eile a dhèanamh gu sònraichte air an Ro-innleachd agus thèid seo fhoillseachadh an ceann ùine.

**Gheall sinn rannsachadh agus mion-sgrùdadh a dhèanamh a rèir riatanasan Achd Bochdainn Connaidh (Targaidean, Mìneachadh agus Ro-innleachd) (Alba) 2019 a chuireas ri ar tuigse mu chosgaisean bith-beò a tha mu choinneimh teaghlaichean a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach.**

**Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.**

Tha Riaghaltas na h-Alba air [aithisg](#) fhoillseachadh bho Oilthigh Loughborough air a' bhuidhe aig iomallachd nuair a thathar a' tomhas bochdainn connaidh. Tha an aithisg a' stèidheachadh na h-àrdachaidhean dhan Inbhe Teachd-a-steach as ìsle san RA a bhios an sàs airson teaghlaichean ann am bailtean beaga dùthchail, iomallach agus sgìrean eileanach nuair a thathar a' tomhas bochdainn connaidh.

Chan eil an rannsachadh foillsichte a' gabhail a-steach taigheadas (màl, cìs comhairle agus cìsean uisge), cùram-chloinne agus cosgaisean connaidh leis nach eil iad seo a dhìth gus bochdainn connaidh a thomhas agus mar sin chan gabh coimeas dìreach a dhèanamh ri Inbhe Teachd a-steach nas ìsle na RA.

Tha an aithisg dheireannach a' co-dhùnadh gu bheil na co-dhùnaidhean a' dearbhadh an fheadhainn ann an rannsachadh Ìre Teachd-a-steach as ìsle 2013 airson Alba dhùthchail iomallach (air a bheil na h-àrdachaidhean làithreach stèidhichte), a' sealltainn gu bheil na cosgaisean a bharrachd anns na sgìrean sin timcheall air an aon mheud ris na bha an sgioba rannsachaidh an dùil an toiseach, ged a tha beagan eadar-dhealachaidh ann a rèir seòrsa dachaighean do na h-àrdachaidhean a tha sinn a' cur an sàs an-dràsta ann an sgrùdadh bochdainn connaidh.



# Ceangailteachd Dhidseatach

## Amas Ro-innleachdail 6 – Gus Ceangailteachd Dhidseatach a leasachadh

**Dh'aontaich sinn cruth atharrachadh a thoirt air càileachd nan seirbheisean bann-leathann a tha rim faighinn air feadh nan eilean.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Mar a chaidh aithris ann an aithisg na bliadhna an-uiridh, bha aig BT ris a' phlana gnìomhachaidh aca ùrachadh airson cùmhnant R100 a Tuath luach £384 millean gus feart a thoirt ann am planaichean togail coimeirsealta. Chaidh na planaichean ath-sgrùdaichte sin a crìochnachadh as t-Samhradh 2020 leis an dearbhair seòlaidhean air-loidhne air ùrachadh leis a' plana togail ùr.

Fhuaras £8 millean a bharrachd de mhaoineachadh bho Riaghaltas na RA a chaidh a chleachdadh gus am faigheadh timcheall air 3,600 togalach ceangal fibre dhan togalach (fibre to the premises - FTTP) an àite ceangal fibre dhan chaibineat (fibre to the cabinet - FTTC). Tha seo a' ciallachadh gum bi an obair uile bho chùmhnannt R100 a Tuath a-nis a' cleachdadh FTTP, comasach air astaran suas ri gigabit a libhrigeadh - còrr air 30 uair nas luaithe na an gealltanais fìor-luath.

Tha obair sgrùdaidh airson 16 càballan fon mhuir a libhrigeadh deiseil agus thathar an dùil gun tèid an togail ann an 2022 (a rèir na sìde).

**Dh'aontaich sinn ceangailteachd ùghdarrachadh le comas gitabit gu àiteachan eileanach air an sònrachadh tro phrògram R100, le barrachd choimhearsnachdan eileanach gu bhith a' faighinn buannachd às nuair a bhios cùmhnantan air an crìochnachadh.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tro chùmhnannt R100 a Tuath, chaidh libhrigeadh bun-structair le comas gigabit òrdachadh ann am Muile a Deas, Ùig /Timsgearraidh, Sanday, Stronsay, Yell agus Unst. Ach, tha mòran a bharrachd eileanan a' faighinn buannachd bho thogail tro chùmhnanntan R100 cuideachd.

**Dh'aontaich sinn iarraidh air Riaghaltas na RA prìomhachas tràth a chur air tasgadh ann an eileanan na h-Alba mar phàirt de na planaichean aca gus bann-leathann fibre a sgaoileadh a-mach ro 2025.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha Riaghaltas na RA air a ràdh gum bi £1.2 billean ri fhaighinn air feadh na RA gus na h-amasan airson comas-ceangail gigabit 85% a libhrigeadh ro 2025 tro 'Phroject Gigabit'. Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth Riaghaltas na RA gus dèanamh cinnteach gum faigh Alba cuibhreann cothromach de mhaoineachadh pròiseact gigabit agus gus dèanamh cinnteach gum bi tasgadh tràth ann an eileanan na h-Alba

**Dh'aontaich sinn iarraidh air Ofcom aghaidh a chur air na duilgheadasan a tha ro na coimhearsnachdan eileanach nuair a thathar a' dealbhadh riaghladh agus poileasaidhean a thaobh tele-chonaltraidh. Dh'aontaich sinn cuideachd coinneamh a ghairm le Ofcom agus riochdairean eileanach gus coimhead air mar a ghabhadh uidheaman-smachd riaghlaidh (m.e. rùpan speactraim) a chleachdadh gus cur ri còmhachadh fhòn-làimhe agus bann-leathann) agus gus dèanamh cinnteach gun tèid feumalachdan nan eileanan a thoirt fa-near do Roinn Didseatach, Cultair, Meadhanan agus Spòrs (DCMS) ann an leasachadh poileasaidh aig ìre na RA.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Bidh Riaghaltas na h-Alba ag obair gu dlùth le riochdairean OFCOM gus dèanamh cinnteach gu bheil leas na h-Alba air a riochdachadh agus gu bheil cùisean beantainneach sam bith air a thogail. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' freagairt co-chomhairlean OFCOM agus bho chionn ghoirid thug iad seachad freagairt do cho-chomhairle DCMS air ceanglaichean airson 'Toglaichean Fìor Dhoirbh a Ruigsinn' mar phàirt den phlanadh aca airson Pròiseact Gigabit. Tha sinn an dùil gum bi àireamh neo-chothromach de thoglaichean ann an Alba air am meas 'Fìor Dhoirbh a Ruigsinn' a thaobh Pròiseact Gigabit agus tha sinn a' feitheamh ri foillseachadh co-dhùnaidhean Riaghaltas na RA le ùidh.

**Tro Ionad 5G na h-Alba, a' togail air na deuchainnean 5G RuralFirst a tha a' dol air adhart ann an Arcaibh an-dràsta, agus ag obair le com-pàirtichean a' gabhail a-steach Ofcom, dh'aontaich sinn argamaidean a chur air adhart airson 5G dùthchail gus aghaidh a chur air an sgaradh eadar sgìrean dùthchail is bailteil a' cleachdadh teicneòlas 5G.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Air a stiùireadh le Oilthigh Shrath Chluaidh, tha am pròiseact [Deuchainnlann Dhidseatach Dùthchail](#) a' lìbhrigeadh deuchainnlann 5G ann an dà àite (Arcaibh agus Loch Laomainn), agus tha seo a' faighinn taic bho mhaoineachadh £1.9 millean bho Ionad 5G na h-Alba.

Anns a' chiad chairteal de 2021, chaidh backhaul fibre a chur a-steach ann am Westray gus taic a chumail ris an deuchainnlann phan-eileanaich airson lìonra 5G agus de phrìomh chùisean cleachdaidh co-cheangailte ris de 5G stèidhichte gun uèir, IoT (eadar-lìon nan nithean) agus lùths, agus ruigsinneachd fòn-làimhe/ghluasadach

**Dh'aontaich sinn obrachadh còmhla ri com-pàirteachasan ath-leumachd ionadail agus solaraichean tele-chonaltraidh gus am brosnachadh a bhith a' cuimseachadh air ath-leumachd cheanglaichean dàta gu agus bho na h-eileanan; agus**

**Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanas seo fhathast.**

Bidh Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba a' dol an sàs le com-pàirteachasan ath-leumachd iomchaidh ann an 2022 gus am bi tuigse aca air dùbhlain a thaobh seasmhachd nan ceanglaichean dàta gu/bho na h-eileanan, agus gus dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh orra sin.

**Dh'aontaich sinn prògram sgilean didseatach a chruthachadh, a bhiodh air a dhealbhadh le coimhearsnachdan eileanach gus na feumalachdan aca a choileanadh.**

**Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.**

**Dh'aontaich sinn cur ri faotainneachd clubaichean còdachaidh agus prògraman in-ghabhalach coimhearsnachd a sgaoileadh air feadh nan eilean.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Rinneadh conaltradh ann an 2021 gus tuigse fhaighinn air modailean airson a bhith a' libhrigeadh chlubaichean còdachaidh agus prògraman in-ghabhail didseatach ann an coimhearsnachdan eileanach, a' gabhail a-steach eisimpleirean leithid [Silicon Croft](#) ann an Sealtainn. Thèid obair a dhèanamh ann an 2022 gus sgrùdadh a dhèanamh air mar a ghabhadh ionnsachadh bho bhith a' cur na leithid de mhodailean an gnìomh air feadh nan eilean.

# Slàinte, Cùram Sòisealta agus Sunnd

## Amas Ro-innleachdail 7 – Gus slàinte, cùram sòisealta agus sunnd a leasachadh agus a bhrosnachadh

**Dh'aontaich sinn obrachadh le Bùird Seirbheis na Slàinte, Ùghdarrasan Ionadail agus Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean slàinte agus cùram sòisealta ann dhaibhsan sna h-eileanan.**

### Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha na h-eileanan uile ceangailte ri Ùghdarrasan Amalachaidh a tha a' frithealadh feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach sin. Cumaidh Co-bhùird Amalachaidh orra ag obair gu dlùth le Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta gus dèanamh cinnteach gun tèid an suidheachadh sònraichte aig gach eilean aithneachadh.

Tha £250 millean a bharrachd ga thasgadh thar beatha na Pàrlamaid seo gus an àireamh de bhàsan co-cheangailte ri drogaichean ann an Alba a lùghdachadh agus gus piseach a thoirt air beatha dhaoine. Chaidh deagh chuid den mhaoineachadh seo gu dìreach gu sgìrean ionadail tro Chom-pàirteachasan Deoch-làidir is Drugaichean ionadail. Fhuair Bùird Eileanach timcheall air £686,000 den tasgadh seo agus tha iad cuideachd a' faighinn buannachd bho mhaoineachadh a bharrachd gus Inbhean Làimhseachaidh le Taic Cungaidh-leigheis (Medication-Assisted Treatment - MAT) a bhuileachadh tro Sgioba Buileachaidh Inbhean MAT (MAT Standards Implementation Scheme - MIST). Tha MIST air a bhith ann an conaltradh ris a h-uile Com-pàirteachas Deoch-làidir is Drugaichean, a' gabhail a-steach Com-pàirteachasan Deoch-làidir is Drugaichean nan Eilean, gus taic shònraichte a thabhann a rèir am feumalachdan. Is urrainn buidhnean ionadail cur a-steach gu sgeamaichean maoineachaidh thabhartasan air an ruith le Bunait Corra cuideachd. Tha am maoineachadh seo gus leudachadh agus leasachadh a thoirt air a h-uile seòrsa de leigheas airson drogaichean, a' gabhail a-steach ath-shlànachadh còmhnaidh.

Tha Riaghaltas na h-Alba air pileatan deuchainn airson atharrachaidhean air bùithtean-chungaidhean coimhearsnachd a mhaoineachadh ann an trì bùird NHS (NHS Shrath Fhoirthe, NHS na Gàidhealtachd agus NHS Taobh Tatha) gus cur ri lorg agus eadar-theachd tràth ann an diagnosachd tinneas an t-siùcair seòrsa 2. Tha dà de na bùird (NHS Taobh Tatha agus NHS na Gàidhealtachd) air innealan deuchainnean fala 'so-ghluasadach' fhaighinn a as urrainn gluasad eadar làraichean, a' cumail taic ri libhrigeadh cùram slàinte iomallach agus dùthchail. Tha an sgrùdaire so-ghluasadach aig NHS na Gàidhealtachd ann an Tiriodh an-dràsta agus gluaisidh e air adhart gu eileanan eile ann an sgìre a' bhùird-shlàinte gus deuchainnean a thoirt seachad san àite-cùraim.

**Dh'aontaich sinn deagh chleachdadh a chomharrachadh agus a thoirt am follais, gu sònraichte a thaobh leasachadh sheirbheisean ann an eileanan agus sgìrean iomallach eile.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha Ùghdarrasan Amalachaidh Eileanan air an riochdachadh air Buidheann Oifigearan Planadh Ro-innleachdail agus Coileanaidh (Strategic Planning and Performance Officers Group - SPPOG), Lìonra nam Prìomh Oifigearan airson a bhith a' co-roinn deagh chleachdadh. Bidh ùrachaidhean cunbhalach ann cuideachd le Riaghaltas na h-Alba, Rùnaire a' Chaibineit airson Slàinte is Cùram Sòisealta agus coinneamhan mìosail leis Ministear airson Sunnd Inntinn agus Cùram Sòisealta.

Fhuair Com-pàirteachasan Deoch-làidir is Drugaichean £3 millean bho Bhuidheann Gnìomha Bàs Dhrugaichean gus leasachaidhean a chur an gnìomh a rèir sia ro-innleachdan stèidhichte air fianais na Buidhne Gnìomha. Tha fiosrachadh air dè a' chuibhreann den airgead seo a chaidh gu gach sgìre agus far an deach a chosg ri fhaighinn aig <https://drugdeathstaskforce.scot/about-the-taskforce/funding-and-key-projects/>. Tha an duilleag seo cuideachd a' gabhail a-steach nam pròiseactan a tha air am maoinneachadh tron mhaoin ùr-ghnàthachaidh.

Thathar a' brosnachadh Com-pàirteachasan Deoch-làidir is Drugaichean gus ionnsachadh a cho-roinn agus nì a h-uile pròiseact measadh a dh'fhiosraicheas molaidhean na Buidhne Gnìomha san àm ri teachd. Tha a' Bhuidheann Gnìomha a' cruthachadh measadh cuspaireil a bhios a' fiosrachadh na h-aithisg mu dheireadh aca san Dùbhlachd 2022.

Tha obair a' leantainn gus molaidhean na h-aithisg [Shaping the Future Together: Buidheann-obrach Cleachdadh Coitcheann Iomallach is Dùthchail](#), a chur an gnìomh a' gabhail a-steach obair sgòpaidh airson Ionad Sàr-mhathais airson slàinte is cùram sòisealta iomallach agus dùthchail.

**Dh'aontaich sinn taic a chumail ri leudachadh NHS Near Me/Attend Anywhere, agus iomairtean slàinte didseatach eile, gus siubhal nach eil a dhìth a lùghdachadh, agus gus an tèid barrachd cùraim a thoirt seachad air na h-eileanan.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Thathar air NHS Near Me a chur an gnìomh agus tha e ga chleachdadh thar gach Bòrd Slàinte ann an Alba le suas ri 1.3 millean coinneamhan air an cumail air an àrd-ùrlair bho thràth ann an 2020. Tha a' toirt seachad barrachd sùbailteachd, agus cuideachd a' toirt taic do dh'obair air astar, a' lùghdachadh an fheum air siubhal agus a' brosnachadh barrachd ruigsinneachd air seirbheisean sònraichte. Tha sinn cuideachd a' cumail oirnn a' toirt taic do dhaoine gus an suidheachadh-slàinte aca fhèin a riaghladh bhon dachaigh le àrd-ùrlaran didseatach ùra air an stèidheachadh airson rudan leithid bruthadh-fala agus sgrùdadh COVID-19 ga sgaoileadh air feadh na dùthcha.

Thathas a' beachdachadh air fuasgladh didseatach 'Once for Scotland' fhaighinn airson foghlam agus riaghladh tinneas an t-siùcair seòrsa 2. Cuiridh seo ri cothromachd ruigsinneachd air seirbheisean tinneas an t-siùcair seòrsa 2 ann an sgìrean iomallach agus dùthchail, a' dèanamh cinnteach gu bheil foghlam tinneas an t-siùcair seòrsa 2 cunbhalach air feadh Alba agus a' brosnachadh fèin-riaghladh an t-suidheachaidh slàinte, leis gum bi cothrom didseatach cunbhalach aig euslaintich air an t-susbaint a tha ri fhaighinn. Tha NHS na Gàidhealtachd a' cleachdadh nam prògraman didseatach 'Second Nature' airson làimhseachadh cuideam, 'MyDesmond' airson tinneas an t-siùcair seòrsa 2 agus Momentum bho Beat airson taic a thoirt dhaibhsan air a bheil mì-rian ithe rag. Tha am fios air ais bho euslaintich sàr-mhath leis gu bheil seo a' lùghdachadh siubhal, a' toirt seachad cùram àrd-inbhe sa bhad agus a' seachnadh dùbhlain sònraichte co-cheangailte ri beatha iomallach is dùthchail a tha gu tric a' ciallachadh gu bheil e duilich dìomhaireachd a bhith ann air sgàth choimhearsnachdan beaga agus cho eòlach 's a tha daoine buailteach a bhith air a chèile. Tha fèin-riaghladh didseatach gu tur dìomhair seach nach eil e stèidhichte air buidhnean.

Nì Seirbheis Cruth-atharrachadh Didseatach Riaghaltas na h-Alba pròiseact rannsachaidh agus dealbhadh seirbheis air tinneas an t-siùcair seòrsa 2 agus seirbheisean gus cuideam a stiùireadh. Comharraichidh seo feumalachdan nan euslainteach, na beàrnan anns na seirbheisean a th' ann an-dràsta agus mar a ghabhas dèiligeadh riutha sin. Bidh am fòcas gu sònraichte air daoine le cus cuideim no ro-reamhrachd (a' gabhail a-steach an fheadhainn le tinneas an t-siùcair seòrsa 2) ann an sgìrean bochdainn nas àirde (SIMD1 agus SIMD2) gus fòcas a chur air mar a sheachnas sinn a bhith a' cur ris an neo-ionannachd slàinte a th' ann mar-thà. Bheireadh am pròiseact seo fianais seachad air na tha a dhìth air daoine fad an t-slighe cùraim aca gus dòighean-obrach ùra a cho-chruthachadh. Chuidicheadh seo sinn le bhith ag aithneachadh an atharrachaidh a tha a dhìth ann an dòigh a nì cinnteach gum bi co-ionannachd ruigsinneachd ann le bhith a' cur an euslaintich aig cridhe na slighe co-riochdachaidh agus dealbhaidh seirbheis. A bharrachd air sin, bheireadh e dhuinn eòlas agus tuigse dheamach air an t-suidheachadh làithreach agus bheireadh e molaidhean dhuinn airson nan ath cheumannan gus slighean cùraim atharrachadh gus feumalachdan dhaoine fa-leth a choileanadh gu h-èifeachdach, a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an sgìrean iomallach agus dùthchail. 'S e a th' anns a' phròiseact seo ach a' chiad cheum ann a bhith a' tuigsinn mar a chruthaicheas sinn na seirbheisean againn fhèin as urrainnear a dhealbhaidh gus feumalachdan muinntir na h-Alba a choileanadh.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le luchd-ùidh gus molaidhean a chur ri chèile gus ionad nàiseanta a stèidheachadh airson sàr-mhathas ann an àiteachan dùthchail agus iomallach ann an slàinte agus cùram sòisealta.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' togail air obair [Shaping the Future Together::Remote and Rural General Practice Working Group report](#) gus moladh foirmeil a thoirt air adhart airson Ionad Nàiseanta airson Cùram-slàinte Iomallach, Dùthchail agus Eileanach ann an Alba a tha a' gabhail a-steach feumalachdan, cothroman agus modalan de shàr-mhathais bhon luchd-obrach slàinte is cùraim iomallach is dùthchail air fad. Tha Roinn a' Bhun-chùraim taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba a' cur ri chèile moladh aig an àm seo air dè an cruth a bu chòir a bhith air an ionad sàr-mhathais, agus bidh iad a' conaltradh le luchd-ùidh a dh'aithghearr.

A bharrachd air seo, anns a' Phrògram Riaghlaidh tha sinn air gealltainn 'gun dèan sinn cinnteach cuideachd nach bi na h-eileanan agus na sgìrean dùthchail againn air dheireadh air càch agus tha sinn ag obair gus seirbheisean slàinte a leasachadh le bhith a' cruthachadh ionad sàr-mhathais airson seirbheisean slàinte agus cùram sòisealta ann an sgìrean dùthchail agus iomallach, le obair sgòpaidh a' tòiseachadh am-bliadhna'. Cumaidh sinn oirnn a' sgòpadh agus a' conaltradh le luchd-ùidh airson a' Phrògram Riaghlaidh seo am-bliadhna agus às a dhèidh.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gun ullaich sinn plana gus taic iomchaidh a thoirt dhan t-sluagh a tha a' fàs nas sine ann an coimhearsnachdan eileanach, gus am bi iad fhathast sprogaile, ceangailte, a' gabhail pàirt ann an cùisean, agus gum bi deagh chothroman aca;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Bidh Ùghdarrasan Amalachaidh a' leantainn orra ag obair gu dlùth leis na coimhearsnachdan aca gus planaichean ro-innleachdail ullachadh airson nan seirbheisean slàinte is cùram-sòisealta as freagarraiche do dh'fheumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan a libhrigeadh.

A bharrachd air an sin, tha maoineachadh a gheibhear tro Fhrèam Bacadh Tinneas an t-Siùcair Seòrsa 2 a' cur ri goireasan ann an ionadan cur-seachad ionadail le fòcas air riaghladh suidheachadh slàinte fad-ùine a bhios gu tric a' toirt buaidh air daoine nas sine.

**Dh'aontaich sinn taic a chumail ri ùghdarrasan ionadail buntainneach gus goireasan spòrs a dhealbhadh agus a leasachadh anns na h-eileanan a tha a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Cumaidh sinn oirnn ag obair le co-obrachaidhean ann an **spòrs** Alba a tha a' conaltradh gu ro-innleachdail le ùghdarrasan ionadail (tro na pròiseasan planaidh calpa aca) agus le coimhearsnachdan nan Eilean a thaobh cothroman gus solar ghoireasan ionadail nas fheàrr a libhrigeadh airson spòrs is gnìomhachd chorporra.

Anns a' Ghiblean 2021, thug **Spòrs** Alba tabhartas de £30,000 do Chlub Goilf Shealtainn gus taic a chumail ri cruthachadh goireas cleachdaidh a-staigh a bheir seachad goireas trèanaidh de dheagh càileachd a leigeas leis an t-sluagh ionadail ionnsachadh mu ghoilf, agus a bhith a leasachadh an sgilean agus pàirt a ghabhail ann an goilf fad na bliadhna. Gu sònraichte, bheir an goireas taic do, agus nì e leasachadh air, foghlam choidsean agus cuiridh e ri cothroman trèanaidh anns na h-eileanan, tro mhìosan a' gheamhraidh agus nuair a bhios droch shìde ann.

San Dùbhlachd 2021, thug **Spòrs** Alba tabhartas de £20,000 do Chlub Togail Chuideaman Neo-phroifeiseanta Arcaibh gus taic a chumail ri bhith a' cruthachadh goireas trèanaidh togail chuideaman de dheagh chàileachd. Bheir leasachadh a' ghoireis piseach mòr air na tha an Club a' tabhann do bhuill, an dà chuid a thaobh ùine agus uidheamachd a tha rim faighinn airson trèanadh agus leasachadh. Leigidh e leis a' Chlub obrachadh le buidhnean air a bheil iad ag amas a' gabhail a-steach daoine òga, boireannaich is nigheanan, a bharrachd air daoine air a bheil ciorram. A bharrachd air sin, bheir an goireas seo cothrom nas fheàrr air goireas lùth-chleas ann an sgìre dhùthchail far a bheil e doirbh cothrom fhaighinn air goireasan mar seo.

Tha **spòrs** alba an-dràsta an sàs ann an còmhraidhean mu phròiseactan goireasan rothaireachd anns na h-Eileanan an Iar, Arcaibh, Earra-Ghàidheal is Bòd agus Siorrachd Àir a Tuath mar phàirt den Mhaoin Goireasan Rothaireachd nàiseanta. Dh'fhaodte gun tèid iarrtasan airson tasgadh ann an coimhearsnachdan Eileanach a chur a-steach dhan mhaoin.

### **Dh'aontaich sinn com-pàirteachadh a bhrosnachadh ann an spòrs agus gnìomhachd chorporra le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil prògraman nàiseanta leithid Sgoiltean Gnìomhach agus Co-ionadan Spòrs Coimhearsnachd a' frithealadh choimhearsnachdan eileanach, agus a' leantainn Sgeama Duais Siubhail Lùth-chleasaichean nan Eilean.**

Chaidh an gealltanas seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

A bharrachd air sin, tha **Spòrs** Alba air obrachadh le com-pàirtichean ionadail gus taic a chumail ri spòrs gus ath-thòiseachadh gu sàbhailte às dèidh do chuingealachaidhean COVID-19 a bhith air an togail. Le cuingleachaidhean gam fuasgladh nas luaithe ann an eileanan na h-Alba, bha e comasach cuid de ghnìomhachd spòrs ath-thòiseachadh na bu thràithe ann an coimhearsnachdan eileanach na bha e air tìr-mòr. Thòisich a' mhòr-chuid de ghnìomhachd Sgoiltean Gnìomhach a-rithist ann an teirm a h-aon de bhliadhna acadaimigeach 2021/22, ach bha astar an ath-thòiseachaidh a rèir feumalachdan ionadail a' gabhail a-steach riatanasan foghlaim nas fharsaingean ann an suidheachaidhean sgoile.

A bharrachd air seo, chuir **Spòrs** Alba £70,184 an seilbh anns na trì ùghdarrasan eileanach gus cothroman spòrs is gnìomhachd chorporra a libhrigeadh do chloinn is daoine òga as t-samhradh 2021 mar phàirt de phrògram Get into Summer aig Riaghaltas na h-Alba. Fhuair eileanan ann an sgìrean ùghdarrasan ionadail eile buannachd cuideachd tron phrògram seo, ach a chionn 's gun deach an t-airgead a sgaoileadh tro na h-ùghdarrasan ionadail chan eil e comasach innse dè dìreach an t-airgead a chaidh a chosg sna h-eileanan sin.



Thòisich Sgeama Duais Siubhail nan Lùth-chleasaichean cuideachd às dèidh do chuingealachaidhean siubhail a bhith air an togail, le suas ri 32 lùth-chleasaiche bho cheithir ùghdarrasan ionadail air a' Ghàidhealtachd agus sna Eileanan a' faighinn buannachd bho thaic ann an 2021/22.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le Comhairle Arcaibh agus com-pàirtichean eile gus na Geamaichean Eileanach ann an Arcaibh ann an 2023 a chleachdadh gus leasachadh spòrs adhartachadh anns an eilean.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha **spòrs** alba ag obair còmhla ri Comhairle Arcaibh agus Comataidh Eagrachaidh Gheamannan Arcaibh gus feuchainn ri àrd-choinneamh planaidh dà latha leis a chur air dòigh leis na 13 Buidhnean Riaghlaidh Spòrs a bhios an sàs ann an Geamannan Arcaibh 2025. Tòisichidh an àrd-choinneamh seo am pròiseas gus dèanamh cinnteach gu bheil am bun-structar ceart aig Arcaibh, gu bheil daoine air an deagh thrèanadh agus gu bheil na saor-thoilich, coidsichean agus lùth-chleasaichean a bhios ann chan ann a-mhàin a' toirt aoigheachd do agus a' cur ri Geamannan soirbheachail ach gu bheil iad cuideachd a' brosnachadh agus a' toirt seachad bun-structar seasmhach do mhuintir Arcaibh gus soirbheachadh agus beatha ghnìomhach a bhith aca.

A bharrachd air seo, chuir Comhairle Arcaibh agus **spòrs** alba dòigh-obrach adhart còmhla airson a bhith a' neartachadh àite spòrs is gnìomhachd chorpóra a thaobh a bhith a' ruighinn a-mach do dhaoine nach eil ri gnìomhachd chorpóra agus ri iomairtean slàinte chorpóra is inntinn ann an Arcaibh agus a' cumail taic do dh'fho-bhuidheann Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd Living Well. Fhuair seo fàilte bho bhuill thaghte, Stiùiriche Slàinte a' Phobaill aig an NHS agus prìomh luchd-ùidh eile agus tha e air cothroman fhosgladh airson barrachd conaltraidh. Tha **spòrs** alba cuideachd air còmhraidhean ro-innleachdail a chumail le com-pàirtichean ionadail gus prògram calpa a chruthachadh a libhrigeas solar ghoireasan ionadail nas fheàrr do spòrs.

Tha **spòrs** alba cuideachd a' leantainn air adhart a' toirt taic do chruthachadh Ro-innleachd Gnìomhachd Corpóra agus Sunnd airson Arcaibh a tha a rèir prìomhachasan ionadail agus coimhearsnachd. Tha com-pàirteachadh làidir air a bhith ann le luchd-ùidh agus fhuaras beachdan bho phrìomh chom-pàirtichean a' gabhail a-steach Comhairle Arcaibh, NHS Arcaibh, Urras Pickaquooy, **spòrs** alba agus buidhnean san treas roinn. Chaidh dreachd a sgrìobhaidh agus tha an sgrìobhainn mu dheireadh a' dol air adhart airson aonta deireannach le com-pàirtichean a' Chom-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd tràth ann an 2022.

**Dh'aontaich sinn a bhith ag obair leis na com-pàirtichean againn gus cur às do leth-bhreith, sàrachadh agus fòirneart mì-laghail agus gus ceumannan a ghabhail gus cuideachadh le bhith a' brosnachadh co-ionannachd agus a' coileanadh nan diofar fheumalachdan aig daoine.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Bidh sinn fhathast a' tasgadh ann an eadar-theachdan a bheir seachad fianais gun urrainn dhuinn beachdan eucoirich atharrachadh. Leudaichidh sinn na tha ri fhaotainn den t-Siostam Cailleannach, agus àrdaichidh sinn an tasgadh againn gu £10 millean thairis air an ath dhà bhliadhna. Is e prògram atharrachadh giùlain a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta a tha seo airson daoine a nì droch dhìol san dachaigh a tha a' gabhail a-steach a bhith ag obair leis an teaghlach gu lèir gus cunnart croin a lùghdachadh do bhoireannaich is do chloinn. Bheir sinn an obair air adhart thairis air an ath dhà bhliadhna gus taic a chumail ri sgaoileadh an t-siostam gu nàiseanta, leis an amas gum bi e ri fhaotainn do na 32 ùghdarrasan ionadail uile ann an Alba ro dheireadh teirm na Pàrlamaid.

A bharrachd air seo, mar a chaidh a chur an cèill ann an [A Fairer, Greener Scotland: Program for Government 2021-22](#), tha sinn ag amas air dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile pàiste ion-roghnach a tha a' fulang no a' faicinn droch dhìol no fòirneart air 'Bairns' Hoose' ro 2025. Tha sin a' ciallachadh gum bi na seirbheisean uile a dh'fheumas iad rim faighinn tro dhòigh-obrach cho-òrdanaichte a tha air a dhealbhadh gus an àireamh de thursan a dh'fheumas clann innse mu na dh'fhiosraich iad do dhiofar phroifeiseantaich a lughdachadh. Bidh cothrom aig clann fo aois uallach eucoireach, a dh'adhbharaich cron leis an dol-a-mach aca, air na seirbheisean a bheir e seachad cuideachd.

Bheir Bairns' Hoose - stèidhichte air modal Innis Tile "Barnahus" - seirbheisean còmhla ann an dòigh-obrach 'ceithir seòmraichean' le seirbheisean dìon chloinne, slàinte, ceartas agus ath-shlànachaidh uile rim faighinn ann an aon suidheachadh. Is e prìomh amas a' mhodail an àireamh de thursan a dh'fheumas clann innse mu na dh'fhiosraich iad do dhiofar phroifeiseantaich a lughdachadh. Thathar a' stèidheachadh buidheann Riaghladh Bairns' Hoose ùr agus beachdaichidh iad air cùisean co-cheangailte ri bhith gan cur air dòigh ann an suidheachaidhean dùthchail agus eileanach.

Tha am Modail Agallamh Cloinne Albannach ùr airson Co-agallamhan Rannsachaidh (Child Interview Model of Joint Investigative interviews), ga thoirt a-steach gu nàiseanta bho 2021 gu 2024 agus bidh e air fhaicinn mar 'seòmar ceartais' a' Bhairns' Hoose. Tha Buidheann Riaghlaidh Nàiseanta air Co-Agallamhan Rannsachaidh air Fo-bhuidheann Buileachaidh Agallamhan Sgrùdaidh ann an Eileanan agus Sgìrean Iomallach is Eileanach a stèidheachadh mar aithneachadh gun cuidich fòcas sònraichte air na dùbhlain buileachaidh ann an co-theacsan iomallach agus eileanach gus am miann coitcheann a thoirt gu buil gum bi cothrom aig clann uile na h-Alba air Modail Agallamh Cloinne na h-Alba. airson co-agallamhan sgrùdaidh far am biodh seo a' freagairt air na feumalachdan aca.

**Dh'aontaich sinn aghaidh a chur air beàrn dàta sam bith co-cheangailte ri co-ionannachd, slàinte is sunnd a thaobh, mar eisimpleir, boireannaich is nigheanan, torrachas agus màthaireachd, ath-shònrachadh gnè agus taobhadh feise.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn ath-sgrùdadh maoineachaidh ro-innleachdail neo-eisimeileach a dhèanamh gus coimhead air mar a tha seirbheisean sònraichte nàiseanta is ionadail do bhoireannaich is clann a tha a' fulang bho fhòirneart stèidhichte air gnè air an coimiseanadh agus air am maoineachadh air feadh Alba, a thòisicheas as t-Earrach 2022.

A bharrachd air seo, tha sinn a' cruthachadh a' chiad Ro-innleachd Dàta thar slàinte is cùram. Thathar an dùil gun tèid a libhrigeadh nas fhaide air adhart ann an 2022.

A bharrachd air an sin, tha Maoin Libhrigidh Equally Safe a' cuideachadh le bhith a' buileachadh Equally Safe, ro-innleachd na h-Alba gus ro-chasg a chur air agus gus cur às do gach seòrsa fòirneart an aghaidh bhoireannaich is nigheanan, le bhith a' cumail taic do bhuidhnean agus pròiseactan a chuireas ri ruigsinneachd taic do dhaoine a dh'fhuiling fòirneart. Tha a bhith ag obair còmhla ri daoine ann an coimhearsnachdan iomallach no eileanach na phrìomhachas dhan mhaoin. Ruithidh a' mhaoin bhon Dàmhair 2021 dhan t-Sultain 2023.

**Dh'aontaich sinn beachdachadh air a' cho-chomhairle againn air cùram taobh a-muigh na sgoile tro bheil sinn air beachdan a chruinneachadh bho phàrantan mu na dùbhlain a tha ann le bhith a' faighinn cothrom air cùram-chloinne agus air raon de ghnìomhachdan airson clann aig aois sgoile ann an coimhearsnachdan eileanach. Bidh freagairtean dhan cho-chomhairle againn, cho math ri conaltradh leantainneach, a' fiosrachadh obair leasachaidh air frèam ro-innleachdail san àm ri teachd a thèid fhoillseachadh ro dheireadh na teirm pàrlamaidich seo.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Anns a' Mhàrt 2021, dh'fhoillsich sinn an [Aithisg Adhartais againn air Cùram-chloinne aig Aois Sgoile](#). Tha an aithisg a' cur an cèill na chaidh ionnsachadh bhon cho-chomhairle phoblach againn agus a' mìneachadh nan ceumannan a tha sinn a' gabhail gus gluasad nas fhaige air an lèirsinn againn airson cùram-chloinne aois-sgoile ann an Alba.

Dh'ainmich an Aithisg Adhartais grunn phròiseactan pileat airson cùram-chloinne do chloinn aois sgoile, a' gabhail a-steach pròiseact le Urras Coimhearsnachd Mhuile is Ì (MICT). Tha MICT ag obair gus modalan cùram-chloinne ùra fheuchainn ann am Muile, a' cleachdadh com-pàirteachasan ionadail agus goireasan coimhearsnachd a th' ann mar-thà far an gabh sin dèanamh. Tha MICT a' coimhead ri cùram-chloinne a leasachadh agus a libhrigeadh a' cleachdadh, am measg rudan eile: cùram riaghlaichte taobh a-muigh na sgoile; cur-seachadan co-òrdanaichte do chloinne, agus; a bhith a' stèidheachadh lìonra de luchd-aireachaidh chloinne, nanaidhean, agus luchd-faire chloinne gus fuasglaidhean cùram-chloinne sùbailte a thabhann. Agus gu cudromach, a bharrachd air a bhith gar cuideachadh le bhith a' cruthachadh a' phoileasaidh againn, cruthaichidh MICT goireas ann an cruth iomchaidh a ghabhas cleachdadh gus an t-ionnsachadh bhon phròiseact seo a cho-roinn, agus mar sin bheir e cothrom do choimhearsnachdan eile ionnsachadh bho na dòighean-obrach a ghabh iad.

Cuideachd, thèid measaidhean buaidh a dhèanamh tron phrògram air fad gus siostam cùram-chloinne aois sgoile a libhrigeadh, a' gabhail a-steach measadh buaidh nan eilean.

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean slàinte, cùram sòisealta agus sunnd rim faighinn tro mheadhan na Gàidhlig gus taic a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig eileanach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha geallaidhean NHS na Gàidhealtachd a thaobh na Gàidhlig air am mìneachadh sa [Phlana Gàidhlig aca](#), airson 2017-2022. [NHS](#). Tha NHS nan Eilean Siar ag ath-sgrùdadh a' Phlana Ghàidhlig aca an-dràsta, leis an tuigse gun tèid a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig a dh'aithghearr. Bidh am plana a' mìneachadh nan gealltanasan aige a thaobh na Gàidhlig nuair a thèid aontachadh. Tha grunn ghealltanasan anns an dà phlana Gàidhlig seo aig an NHS a thaobh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh gnìomhan nan urrasan NHS, leis an dà urras ag obair ann an sgìrean eileanach. Tha e na amas cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a mheudachadh ann an seirbheisean slàinte, cùram agus sunnd.

Chan eil maoinachadh a bharrachd ann airson nan seirbheisean sin, ach ghabhadh iarrtas a chur a-steach airson maoinachadh do phròiseactan beaga tro shruth maoinachaidh GLAIF a' Bhùird.

**Gheall sinn ar n-amas a bhith a' cur às do bhochdainn cloinne a cho-thaobhadh leis a' Phlana le bhith a' leantainn air adhart ag obair le ùghdarrasan ionadail eileanach agus bùird slàinte gus togail air an tuigse a bh' aca air bochdainn cloinne nan sgìrean - a' cuideachadh le bhith a' cuimseachadh oidhirpean air teaghlaichean a thogail a-mach à bochdainn agus cur an aghaidh na buaidh milltich a th' aig a' bhochdainn orra.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tro 2021/22, tha Riaghaltas na h-Alba air cumail air ag obair le ùghdarrasan ionadail eileanach, mar phàirt den Phlana Lìbhrigidh nàiseanta air Dèiligeadh ri Bochdainn Chloinne, gus dèanamh cinnteach gun tèid prìomh ghealltanasan a lìbhrigeadh gu soirbheachail. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' lìbhrigeadh 1,140 uair a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte agus taic air a lìbhrigeadh tron Mhaoin Taic Cosnaidh nam Pàrant.

Còmhla ri com-pàirtichean nàiseanta, a' gabhail a-steach an t-Seirbheis Leasachaidh, Slàinte Phoblach na h-Alba agus Aonad Rannsachaidh Bochdainn is Neo-ionannachd na h-Alba, tha Riaghaltas na h-Alba air obrachadh le ùghdarrasan eileanach agus eile gus taic a thoirt do leasachadh Aithisgean Gnìomha Bochdainn Cloinne Ionadail agus do ghnìomhachd èifeachdach gus dèiligeadh ri bochdainn chloinne nar coimhearsnachdan eileanach - far a bheil bochdainn uaireannan falaichte ann an staitistig aig ìre nàiseanta ri linn nan cosgaisean bith-beò nas àirde.

Tha prìomh thasgadh Riaghaltas na h-Alba ann an taic ùr, a' gabhail a-steach Pàigheadh Clann na h-Alba - a tha mar-thà a' cumail taic ri 106,000 clann fo aois 6 - agus, a' cuideachadh sgìrean ionadail gus dèiligeadh ri bochdainn agus a' neartachadh na taic a tha ri fhaighinn do phàrantan is teaghlaichean. Tha sinn mar-thà air suas ri £23 millean a thoirt seachad airson Maoin Taic Cosnaidh nam Pàrant againn eadar 2019 agus 2022, agus tha sinn air £15 millean eile a ghealltainn san ath dhà bhliadhna.

Gus obair a thaobh obair mu bhochdainn chloinne a shònrachadh ann an coimhearsnachdan eileanach, thug Rùnaire a' Chaibineit airson Cùisean Dùthchail agus nan Eilean, Ms Gougeon BPA, stiùireadh do dh'oifigearan Dùthchail is Eileanach san Lùnastal 2021 'daibh-domhainn' a choimiseanadh mu dhàta, fianais agus rannsachadh làithreach air bochdainn chloinne, gu sònraichte mu choimhearsnachdan dùthchail agus eileanach. Tha Ms Gougeon air stiùireadh a thoirt do dh'oifigearan a bhith dàna agus àrd-amasach nan cuid obrach gus dèiligeadh ri bochdainn chloinne – far an tèid a h-uile oidhirp a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil pròiseactan agus eadar-theachdan san àm ri teachd a' co-thaobhadh ri, agus mar phàirt den obair a tha air a stiùireadh le Aonad Dèiligeadh ri Bochdainn Chloinne aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha na dòighean-obrach sin a' co-thaobhadh ris na dleastanasan bochdainn cloinne nas fharsainge againn agus tha ceangail làidir aca thairis air ceithir prìomh chuspairean Ath-bheothachaidh COVID-19:

- seirbheisean stèidhichte air daoine;
- a' cruachadh deagh obraichean;
- a' cur an aghaidh bochdainn; agus
- a' cur ri sunnd chloinne agus òigridh

Còmhla, agus mar phàirt de dh'fhòcas air feadh an riaghaltais, bheir an obair air bochdainn chloinne thairis air coimhearsnachdan dùthchail agus anns na h-eileanan againn taic do:

- an ath Phlana Lìbhrigidh air Dèiligeadh ri Bochdainn Chloinne (2022-2026);
- na gealltanasan againn sa Phrògram Riaghlaidh air bochdainn chloinne;
- Ath-bheothachaidh COVID-19; agus
- a' comharrachadh eadar-theachdan san àm ri teachd gus aghaidh a chur air bochdainn chloinne.

**Gheall sinn a bhith ag obair còmhla ri com-pàirtichean nàiseanta, a' leantainn air adhart a' co-roinn deagh chleachdadh a chaidh a chomharrachadh air feadh Alba a dh'fhaodadh buntainn ri bochdainn cloinne ann an coimhearsnachdan nan eilean againn.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Ann an 2021, bharrantaich oifigearan Dùthchail agus nan Eilean pròiseact rannsachaidh 'daibh domhainn', a thèid fhoillseachadh sa Mhàrt 2022. Cuidichidh seo Riaghaltas na h-Alba gus tuigse nas fheàrr a bhith againn mu bhochdainn chloinne ann an sgìrean dùthchail agus eileanach agus seallaidh e dhuinn nas urrainn dhuinn ionnsachadh bhon fhianais a th' ann mar-thà. Bidh e cuideachd a' comharrachadh far a bheil beàrnan dàta is fiosrachaidh sam bith ann gus an tèid dèiligeadh riutha.

Cuidichidh am pìos obrach seo sinn gus tuigsinn dè an taic agus dè na h-eadar-theachdan as èifeachdaiche a choileanas feumalachdan sònraichte chloinne is dhaoine òga thar nan coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach air leth againn. Gheibh e a-mach cuideachd a bheil na h-innleachdan ceart an sàs againn gus sgeulachdan is fianais chloinne is dhaoine òga a chluinntinn agus a ghlacadh a thaobh am feumalachdan sònraichte, agus mura h-eil na h-innleachdan sin an sàs, obraichidh sinn còmhla gus faighinn a-mach ciamar as urrainn dhuinn seo a libhrigeadh gu h-èifeachdach anns na bliadhnaichean ri teachd.

Am measg nan sruthan-obrach eile a bheir buaidh air bochdainn chloinne san fhad-ùine tha:

- Deuchainn Cùram Taobh a-muigh Sgoile Urras Coimhearsnachd Mhuile is Ì;
- A' faighinn cothrom air Cùram-chloinne aig Aois Sgoile ann an Sgìrean Dùthchail is Eileanach na h-Alba; agus
- obair ion-dhèantachd agus leasachadh bathar-bog le ZetTrans agus HiTrans gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air mar a dh'fhaodamaid Còmhhdail a' Freagairt air Iarrtas (Demand Responsive Transport - DRT) a chleachdadh.

**Gheall sinn a bhith ag obair le eileanaich gus cur, far an urrainn dhuinn, ri cruthachadh nàisein nas cothromaiche, nas fhallaine agus nas toilichte airson na h-Alba air fad le bhith a' toirt taic do obair na buidhne de Riaghaltasan Eaconamaidh Sunnd (WEGo).**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Cumaidh sinn oirnn ag ionnsachadh agus a' co-obrachadh le dùthchannan agus buidhnean eile airson eaconamaidh a chruthachadh a bheir taic do ar coimhearsnachdan air feadh na h-Alba, ag amas air dèanamh cinnteach gum bi cothrom aca air cothroman air fàs agus sunnd ionadail tro bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd.

Tha modail Togail Beartas Coimhearsnachd (Community Wealth Building - CWB) de leasachadh eaconamach ag obair mar inneal no frèam-obrach as urrainn do na h-ùghdarrasan ionadail againn a chleachdadh leis na roinnean prìobhaideach, treas roinn agus roinn na coimhearsnachd gus fìor eaconamaidh sunnd a libhrigeadh. Is e modail ro-innleachdail a tha seo – tha e air a dhealbhadh gus luach a chur ris, agus buaidh a thoirt air, an fharsaingeachd de chom-pàirteachasan a th' againn mar-thà.

Aig cridhe dòigh-obrach CWB agus aig cridhe na feallsanachd againn, tha aithne nach eil ath-sgaoileadh beairteas a' dol fada gu leòr, ged a tha sin riatanach gus dèiligeadh ri bochdainn sa gheàrr-ùine. Tha am modail a' feuchainn ri beairteas a 'ro-sgaoileadh' (pre-distribute) le bhith a' toirt fàs air àireamh nan Albannach aig a bheil barrachd sealbh ann an eaconamaidh na h-Alba, agus le bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd structarail. Tha sinn a' gabhail sealladh nas fharsainge air na tha e a' ciallachadh a bhith mar eaconamaidh, comann-sòisealta agus dùthaich shoirbheachail agus a' cur dhaoine agus a' phlanaid aig cridhe na h-eaconamaidh againn – a' gluasad air falbh bho bheachdan is ceumannan fàis nas traidiseanta.

Bidh an Ro-innleachd Nàiseanta ùr 10-bliadhna againn airson Cruth-atharrachadh Eaconamach a' togail air an Ro-innleachd Ath-bheothachadh COVID-19 gus eaconamaidh sunnd nas uaine, nas cothromaiche agus nas in-ghabhalaich a chruthachadh, agus a' toirt cothrom dhuinn dèiligeadh ri cuid de na cùisean fad-ùine a tha a rinneadh nas miosa leis a' ghalair lèir-sgaoilte, leithid bochdainn chloinne. Le bhith ag àbhaisteachadh modail CWB mar mhodail phractaigeach gus Eaconamaidh Shunnd shusbainteach a libhrigeadh aig ìre na coimhearsnachd, cuiridh seo bunait air dòigh airson eaconamaidh nas cothromaiche agus nas seasmhaiche san àm ri teachd - anns na h-eileanan againn agus thar gach ceàrnaidh de dh'Alba.

**Thug sinn gealltanais a bhith ag obair le ar com-pàirtichean gus beachdachadh air raon de roghainnean airson dèanamh cinnteach gu bheil cùram slàinte inntinn iomchaidh ri fhaighinn, agus aig an aon àm a' toirt aire do cho sònraichte 's a tha coimhearsnachdan nan eilean againn.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha sinn air gealltainn gun tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air [Ro-innleachd Slàinte-inntinn 2012-2027](#) letheach slighe troimhe ann an 2022. Bho chaidh an Ro-innleachd Slàinte-inntinn fhoillseachadh sa Mhàrt 2017, tha sinn air tòrr ghealltanais agus ghnìomhan a bharrachd co-cheangailte ri slàinte-inntinn a chur ris a' phlana. Tha grunn de na gealltanais sin a' dol an lùib a chèile gu mòr, chaidh cuid dhiubh a choileanadh gu tur, agus chaidh geallaidhean nas ùire no nas iomchaidh a chur an àite cuid aca. Tha ath-sgrùdadh na Ro-innleachd a' toirt dhuinn cothrom cuideachd gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na gealltanais eile a th' againn an-dràsta agus gus dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean againn a thaobh shlàinte-inntinn dhùthchail fhathast iomchaidh dhaibhsan a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail agus eileanach ann an Alba.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do dh'ionadan dotair teaghlaich air feadh na h-Alba gus cur ri taic slàinte-inntinn ann an suidheachaidhean bun-chùraim. Tha sinn ag obair le com-pàirtichean Bun-chùraim gus Slàinte-inntinn ann an Seirbheisean Bun-chùraim a thoirt a-steach. Bheir na seirbheisean sin taic do dhotairean teaghlaich le bhith a' toirt seachad measadh, làimhseachadh, cùram agus taic slàinte-inntinn. Tha seo a' togail air eisimpleirean de dheagh chleachdadh a chaidh a chur an gnìomh mar-thà tro Phlana Leasachaidh a' Bhun-chùram, agus tron obair againn air Gnìomh 15 den Ro-innleachd Slàinte-inntinn; tha an dà iomairt air àrdachadh a thoirt air an sgioba-obrach slàinte-inntinn taobh a-staigh bun-chùram.

Anns a' Ghearran 2021, dh'ainmich sinn £120 millean a bharrachd airson Maoin Ath-bheothachaidh is Ath-nuadhachaidh gus dèanamh cinnteach gun tèid na geallaidhean a tha air am mìneachadh sa Phlana Eadar-ghluasaid is Ath-bheothachaidh Slàinte-inntinn a libhrigeadh. Bheir cuibhreann den Mhaoin taic do leasachadh cultar amalaichte de shunnd inntinn agus casg taobh a-staigh choimhearsnachdan ionadail agus air feadh na h-Alba, agus brosnachaidh i comas bhuidhnean agus chomainn coimhearsnachd le taic bhon treas roinn. Tha sinn gu mòr airson 's gun toir seo buannachd do choimhearsnachdan air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach nan coimhearsnachdan eileanach againn. Tha a bhith a' toirt taic do dhaoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan iomallach agus dùthchail am measg slatan-tomhais na maoine.

A bharrachd air sin, tron Fhrèam-obrach gus casg a chur air tinneas an t-siùcair Seòrsa 2, chaidh maoinachadh a thoirt do bhùird-slàinte gus solar saidhceòlais a neartachadh airson tinneas an t-siùcair seòrsa 2 agus stiùireadh cuideam. Tha seo air leigeil le NHS na Gàidhealtachd agus NHS nan Eilean Siar Beat a choimiseanadh gus fèin-chuideachadh stiùiriche air astar a thoirt seachad airson mì-rian spaloid-ithe. Tha NHS na Gàidhealtachd agus NHS Arcaibh air dithis thrèanaiche saidhceòlais a chur ann an seirbheisean stiùireadh cuideam agus seirbheisean casg tinneas an t-siùcair seòrsa 2, ag obair còmhla ri NES gus feumalachdan nan sgìrean fa leth agus gus cur ri eòlas agus foghlam saidhceòlais agus foghlaim thar sgiobaidhean NHS.



# Leas-àrainneachdail agus Bith-thèarainteachd

## Amas Ro-innleachdail 8 – Gus piseach a thoirt air leas àrainneachdail agus gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd

**Dh'aontaich sinn bith-iomadachd nan eilean a dhìon.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Chaidh pròiseactan a ghabhail os làimh air feadh ar coimhearsnachdan eileanach gus maitheas àrainneachd a chur air adhart agus a leasachadh agus gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd:

- Tha am pròiseact MarPAMM ag amas air dòigh-obrach cho-stiùiridh a phileatadh a thaobh Sgìrean Dìon Mara ann an sgìre mara Inne Gall. Tha sinn air crìoch a chur air Ìre 1 aon den chom-pàirteachadh choimhearsnachd, a' comharrachadh prìomh chùisean agus phrìomhachasan airson MPAan agus an riaghladh le dùil gun tèid am pròiseact a chrìochnachadh sa Mhàrt 2022.
- Bha Sgeama Àiteachais-àrainneachd agus Gnàth-shìde (Agri-environment and Climate Scheme - AECS) fosgailte airson iarrtasan ann an 2021, le cuairt chuibhrichte. Chaidh 874 iarrtas aontachadh sna h-eileanan le suim iomlan de £6.63 millean air a thoirt seachad gus buannachdan a libhrigeadh airson riaghladh sgìrean dìonta, an traon, eòin-grunnachaidh agus stuthan organach air còrr is 225,212 ha de dh'fhearann
- Tha Species on the Edge na chom-pàirteachas de NatureScot agus seachd buidhnean carthannais glèidhteachas nàdair, uile dealasach mu bhith a' leasachadh cor 40 gnè prìomhachais a lorgar air oirthir agus eileanan na h-Alba. Tha e a' cumail air leis a' phrògram ceithir bliadhna gu leth a de dh'obair gus dèiligeadh ri buaidh atharrachadh àrainneachd air fiadh-bheatha a bhios gu buannachd nàdair agus dhaoine. Tha obair a dh'ionnsaigh tairgse Ìre 2 do NHLF air toirt nas fhaide na bhathar an dùil, ach thathar an dùil a-nis gun tèid a chur a-steach airson a' Mhàirt 2022.
- Tha aontaidhean an sàs fhathast airson fearann a riaghladh ann an Ìle, Uibhist, Colla, Tìriodh agus South Walls a bhios gu leas cathain a' Ghraonlainn agus/no geòidh-bhlàr a' Ghraonlainn, a bhios aig an aon àm a' toirt taic do thuathanaich aig a bheil fearann agus bàrr fo bhuidh nan eun. Tha maoineachadh ann gus taic a chumail ris na sgeamaichean gu 2023.
- Tha aontaidhean an sàs gus taic a thoirt do stiùirichean-fearainn aig a bheil duilgheadasan le iolairan-mara. Tha poileasaidh nàiseanta ann airson iolairan-mara, ach tha tòrr aca sna h-eileanan – gu h-àraidh Muile, an t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Siar.
- Tha Pròiseact Com-pàirteachas Cruth-tìre nan Eileanan a Tuath a' leantainn air adhart ag amas air leasachadh agus riaghladh àrainnean airson prìomh ghnèithean de dh'eòin dhùthchasach air grunn eileanan ann an Arcaibh nach eil ceangailte.

- Tha Pròiseact Fiadh-bheatha Dùthchasach Arcaibh air a dhealbh gus an neas neo-dhùthchasach ionnsaigheach a thoirt air falbh bho Arcaibh agus casg a chur air crìonadh mòr ann am fiadh-bheatha dùthchasach (famhalan-Arcach, comhachag chluasach, clamhan nan cearc agus diofar ghnèithean eòin-grunnachaidh is eòin-mhara).

- Tha taic fhathast an sàs gus àireamh sheasmhach de chathagan dearg-chasach a chumail ann an Ìle, fhad 's a thèid dòigh-obrach fad-ùine airson riaghladh àireamh nan eun a leasachadh agus aontachadh. Bidh co-dhùnadh mun dòigh-obrach fad-ùine air a stiùireadh le Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba, ris a bheilear an dùil as t-fhoghar 2022. Tha na h-eòin ann an cunnart a dhol à bith mura tèid cobhair a dhèanamh orra. Tha NatureScot air taic-airgid a sholarachadh airson biathadh a bharrachd dhan chathaig dhearg-chasaich aig prìomh làraich àraich ann an Ìle is Colbhasa, agus tha sinn a' leantainn air adhart a' cleachdadh Aontaidhean Riaghlaidh AECS/NatureScot gus taic a chumail ri riaghladh àrainn nan cathag dearg-chasach anns na h-eileanan. Thèid maoineachadh, tro sgeama Bith-iomadachd NatureScot a chleachdadh gus an làrach guir cathag dearg-chasach as motha ann an Ìle ath-nuadhachadh sa Mhàrt 2022. Tha sinn a' leantainn air adhart ag obair gu dlùth le ar com-pàirtichean air Buidheann Sgrùdaidh Ìleach nan Cathag Dearg-chasach agus Fòram Cathagan Dearg-chasach na h-Alba agus bithear a' coimhead ri barrachd obrach, a' gabhail a-steach mion-sgrùdadh air caochlaidhean ann an àrainn nan cathagan dearg-chasach agus daingneachadh ginteil a dh'fhaodadh a bhith ann thairis air na mìosan a tha romhainn. Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air na factaran bitheach agus neo-bhitheach a tha a' toirt buaidh air àireamhan chathagan dearg-chasach Bhreatainn is Èireann agus bidh e deiseil ron Ghearran 2022. Bheir an sgrùdadh seo seachad co-theacs de dh'fhactaran a bheir buaidh air gach àireamh-sluagh roinneil, a dh'fhiosraicheas beachdachadh NatureScot.

- Choimisein NatureScot trì aithisgean a' measadh buaidh agus roghainnean eadar-theachd airson gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheach de mhamalan air sgìrean eileanach fo dhìon (Rùm, Noss, agus Hermaness ann an Unst). Às dèidh aithisg Rùm, tha sinn air stèisean-side a chur a-steach gus ar cuideachadh le bhith a' tuigsinn na bhuidh aig side air buaidh radain air eòin-mhara, agus air a' bhuidh a bheir an t-side air soirbheachas briodachaidh eòin-mhara. Tha sinn cuideachd a' dèanamh deuchainn air dòighean ùra gus radain a thracadh (gus cur ri èifeachdas) agus a' gabhail a-steach sgrùdadh geamhraidh sa phrògram sgrùdaidh againn.
- Tha am pròiseact gus ròs-chraobh neo-dhùthchasach a thoirt a-mach à Ceann Loch ann an Rùm fhathast a' dol air adhart, le mòran ròs-chraobh air a thoirt air falbh am-bliadhna. 'S e amasan na h-Ìre mu dheireadh ann an 2022 dèiligeadh ri cotoneaster.

**Dh'aontaich sinn dèiligeadh ri bith-theàrtaicheachd ann an dòigh iomlan agus aonaichte mar dhòigh chan ann a-mhàin gus cur ri leas na h-àrainneachd, ach cuideachd gus cur ri leasachadh eaconamach seasmhach air eileanan na h-Alba.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha planaichean bith-thèarainteachd aig Pròiseact Fiadh-bheatha Dhùthchasach Arcaibh gus dèanamh cinnteach nach sgaoil neasan do na h-eileanan gun cheangal fiosaigeach ri tìr-mòr. Nuair a thathar air cus às dhaibh gu soirbheachail, bidh seo a' gabhail a-steach bith-thèarainteachd gus nach bi ath-ionnsaigh ann. Tha na planaichean seo eadar-cheangailte ris a' phròiseact Biosecurity for LIFE.

**Dh'aontaich sinn fòram eileanach a stèidheachadh tro Zero Waste Scotland, mar phàirt de chur an gnìomh Sgeama Èarlais Bhotal/Chanaichean, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt feart air na prìomh cheistean airson eileanan (agus coimhearsnachdan dùthchail san fharsaingeachd). Bidh am Fòram seo a' cur bheachdan a-steach, chan ann a-mhàin dhan phlana reachdail airson an sgeama, ach nì e cinnteach cuideachd gu bheil na prìomh cheistean airson coimhearsnachdan eileanach air am fighe a-steach dhan phlanadh mu bhith ga chur an gnìomh;**

Chaidh an gealltanas seo a choileanadh ann an 2020. [Faic Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le coimhearsnachdan eileanach gus coimhead air mar as urrainn dhaibh cur ris an eaconamaidh chearcallach tro sgeamaichean paidhleat beag, mar eisimpleir, tro bhith a' cumail taic ri bhith a' dèanamh biadh gu h-ionadail.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Chaidh Zero Waste Scotland (ZWS) agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean an sàs ann an com-pàirteachas còmhla sa Ghearran 2020. Le bhith a' fastadh Com-pàirtiche Ceangal Roinneil, tha an iomairt seo air a dhealbhadh gus taic a chumail ri eaconamaidh nas cearcallaiche air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, a' cleachdadh dòigh-obrach stèidhichte air àite. Bidh eaconamaidh chearcallach a' lùghdachadh sgudal gu ìre cho ìosal 's a ghabhas le bhith a' faighinn air ais agus ag ath-chleachdadh nas urrainn de nithean is de stuthan, uair is uair. Is e eaconamaidh dèanamh, ath-dhèanamh agus ath-chleachdadh a th' ann.

Bidh an com-pàirteachas a' toirt seachad seirbheis tar-chur dìreach airson pròiseactan sònraichte far an urrainn do ZWS taic a thoirt do choimhearsnachdan no gnìomhachasan ionadail.

Libhrig Prògram Ath-bheothachaidh Uaine nan Eilean (Islands Green Recovery Programme - IGRP) a chaidh a thoirt seachad às leth Riaghaltas na h-Alba le Inspiring Scotland, Zero Waste Scotland, Energy Savings Trust agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean tasgadh an-uiridh a thug taic do phròiseactan a' gabhail a-steach: leasachaidhean coileanadh lùths air taigheadas coimhearsnachd ann an Shapinsay ann an Arcaibh; dì-charbonachadh goireas coimhearsnachd (seann sgoil) ann am Bressay, Sealtainn; am prìomh thogalach coimhearsnachd ri taobh a' chidhe ann an Eige, agus Bùth Armadail san Eilean Sgitheanach a tha air a ruith le Urras Coimhearsnachd Shlèite.

Mhaoinich IGRP cuideachd sgrùdadh tuathanachas-gàrraidh cudromach airson seachd de na h-eileanan Arcach, a' coimhead air a' chomas a th' ann airson dòighean tuathanachas-gàrraidh nas fheàrr aig ìre na coimhearsnachd, a' gabhail a-steach taobhan de thuathanachas bheartagail agus hydroponics.

Faic [sgrùdaidhean cùise de na pròiseactan seo agus pròiseactan eile](#) air làrach-lìn Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Tha barrachd fiosrachaidh mu [thasgadh is builean IGRP](#) ri fhaighinn air làrach-lìn Inspiring Scotland.

**Dh'aontaich sinn leantainn oirnn le agus ùrachadh a dhèanamh air Maoin Bun-structar na Turasachd Dùthchail, a tha air buannachdan a thoirt do choimhearsnachdan eileanach tro bhith a' toirt seachad bun-structar gus cur an aghaidh na buaidh aig fàs ann an turasachd agus a' cur ri coimhearsnachdan agus àrainneachd nan eilean.**

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.

**Dh'aontaich sinn obair a dhèanamh le Buidheann-ghnìomha nan Gnèithean Neo-dhùthchasach aig Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba, gus barrachd fiosrachadh poblach a sgaoileadh mu bhith a' lùghdachadh gluasad de ghnèithean ionnsaigheach fìor chunnartach ann an eileanan.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha na pròiseactan leantainneach airson cur às do ghnèithean neo-dhùthchasach a tha air an liostadh gu h-ìosal air an ruith le NatureScot neo RSPB. Bidh na pròiseactan sin uile a' conaltradh le coimhearsnachdan eileanach gus mothachadh a thogail mu chreachadairean a' tighinn bhon taobh a-muigh agus, gu sònraichte, gus stad a chur orra bho bhith a' sgapadh gu eileanan a tha faisg air làimh:

- Tha Pròiseact Mionc Innse Gall a-nis aig ìre bith-thèarainteachd, agus iad cha mhòr air crìoch a chur air obair gus cur às dhaibh. Chaidh oidhirpean gus mionc a ghlacadh a chumail a' dol aig ìre ìosal air feadh Innse Gall fhad 's a bha cuingealachaidhean COVID-19 ann, le dìreach beagan mionc (14) air an glacadh. Leanaidh an obair, le fòcas air a bhith a' lorg agus a' toirt air falbh na beagan mionc mu dheireadh a tha air fhàgail. Chan eil na buannachdan do bhith-iomadachd – gu sònraichte eòin a tha a' neadachadh air an talamh – air an tomhas ach tha iad susbainteach.
- Tha obair gus measadh a dhèanamh air cho comasach 's a tha e gràineagan a thoirt air falbh à Uibhist gus àireamhan eòin a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta a dhìon a' dol air adhart ann an com-pàirteachas le RSPB na h-Alba. Tha obair air na sgrùdaidhean comais air deagh adhartas a dhèanamh, agus bidh seo deiseil ron Mhàrt 2022. Is e na h-ath cheumannan a bhith a' co-dhùnadh de nithear, a' toirt aire do mholaidhean an sgrùdaidh comais.
- Tha obair a' dol air adhart ann an Arcaibh gus cead fhaighinn gus leigeil le obair gus neasan neo-dhùthchasach a thoirt air falbh mar a chaidh a phlanadh. Tha prògram do sgoiltean an sàs aig an àm seo. Air sgàth COVID-19, chaidh com-pàirteachadh coimhearsnachd a chuingealachadh gu agallamhan meadhanan sòisealta agus rèidio. Ach, thathar a' cur crìoch a' chiad phlana bith-thèarainteachd eileanach, agus tha am pròiseact air maoineachadh a bharrachd fhaighinn airson bliadhna, a' ciallachadh gu bheil an dàil mar thoradh air COVID-19 air a lasachadh gu mòr. A bharrachd air an sin, tha an obair cur às a' dol air adhart, agus tha am prògram saor-thoileach air atharrachadh gu bhith stèidhichte air tursan 1:1 seach tursan buidhne. Mu dheireadh, tha oifigear bith-thèarainteachd a-nis san dreuchd.

**Gheall sinn a bhith ag obair le com-pàirtichean eileanach gus fuasglaidhean a dhealbhadh a chuireas aghaidh ri atharrachadh gnàth-shìde tro fuasglaidhean stèidhichte air nàdar aig am bi grunn bhuannachdan a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, dìon agus ath-nuadhachadh mòintich agus lathaich sàile.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air a' cumail taic ri co-obrachadh leantainneach le com-pàirtichean eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil fuasglaidhean stèidhichte air nàdar air an cleachdadh gus dèiligeadh ri bagairt leantainneach atharrachadh gnàth-shìde. Tha grunn ùrachaidhean cudromach air an toirt fa-near gu h-ìosal:

- Tha Buidheann Atharrachadh Gnàth-shìde Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd Innse Gall a' cruthachadh phlanaichean agus gnìomhan gus amalachadh a-steach dhan Phlana Leasachaidh Builean Ionadail.
- Tha obair Planadh Freagarrachaidh fhathast a' dèanamh deagh adhartas, le obair com-pàirteachaidh coimhearsnachd ann an Uibhist a Tuath a-nis deiseil. Fiosraichidh seo ro-innleachd conaltraidh coimhearsnachd nas fharsainge – le 'eòlas beatha' air a ghabhail a-steach do phlanadh freagarrachaidh. A bharrachd air seo, tha Buidheann Atharrachadh Gnàth-shìde Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd Innse Gall cuideachd a' sgrùdadh mar a dhèiligear le cothromachadh-carbon ro 2045.
- Bidh Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd na Gàidhealtachd a' lìbhrigeadh gnìomhan a thaobh bith-iomadachd agus atharrachadh gnàth-shìde aig ìre na coimhearsnachd tro Fhòram Àrainneachd na Gàidhealtachd. 'S e iomairt roinneil ùr a th' ann an Com-pàirteachas Highland Adapts a chuireas fòcas air comas a thoirt dhan Ghàidhealtachd freagarrachadh ri buaidhean do-sheachanta atharrachadh na gnàth-shìde.
- Tha Com-pàirteachas Arcaibh air lasachadh agus atharrachadh gnàth-shìde àbhaisteachadh mar phàirt den Bhuidheann Lìbhrigeadh Ath-bheothachadh Seasmhach aca a bhios a' co-òrdanachadh gnìomhan gus Arcaibh a chuideachadh gus gluasad gu cothromachadh-carbon air thoiseach air 2045 agus gus gnìomh Ro-innleachd Atharrachaidh a chur air dòigh.
- Ann an Rùm, tha ath-nuadhachadh àrainnean a' leantainn le barrachd lùghdachaidhean ann am fèidh ruadh agus gobhair fhiadhaich. Tha slighean às-tharraing thairis air boglaichean a-nis air an dìon le bhith a' cleachdadh matan boglaich às dèidh deuchainn shoirbheachail.

- Bho 2013, chaidh faisg air £2 millean a thasgadh ann an ath-leasachadh mòinteach le Peatland Action. Tha cunntas mionaideach air seo thar nan coimhearsnachdan eileanach againn ri fhaicinn gu h-ìosal:
  - Ìle tha £41,625.50 air 81.55 ha ath-nuadhachadh.
  - Arainn, tha £168,518.05 air 430.4 ha ath-nuadhachadh.
  - Leòdhais agus na Hearadh, tha £62,434.76 air 32.03 ha ath-nuadhachadh.
  - Muile, tha £69,472.77 air 54.5 ha ath-nuadhachadh.
  - An t-Eilean Sgitheanach, tha £398,876.60 air 146.8 ha ath-nuadhachadh.
  - Tir-mòr Shealtainn, tha £1,061,456.29 air 323.73 ha ath-nuadhachadh.

# Atharrachadh na gnàth-shìde agus cumhachd

## Amas Ro-innleachdail 9 – Gus cur ri cur an aghaidh agus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus gus lùths glan, tèarainte air prìs reusanta a bhrosnachadh

**Dh'aontaich sinn obrachadh le coimhearsnachdan eileanach gus taic a chumail ris na miannan aca a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha sinn a' togail modail ùr gus taic a thoirt do ghnìomhachd gnàth-shìde coimhearsnachd tro lionra ùr de cho-ionadan gnìomh gnàth-shìde sgìreil, a tha a' toirt cothrom do choimhearsnachdan tighinn còmhla agus a dhol an sàs ann an gnìomh air a' ghnàth-shìde còmhla. Chaidh dà cho-ionad tòiseachail a chur air bhog san t-Sultain 2021, le aon ionad airson Ceann a Tuath na Gàidhealtachd is nan Eilean (Arcaibh agus Sealtainn). Bidh oifigearan leasachaidh stèidhichte air feadh na sgìre ag obair le coimhearsnachdan gus na gnìomhan as freagarraiche a rèir am feumalachdan a chomharrachadh, taic a thoirt dhaibh gus fuasglaidhean a chruthachadh, co-obrachadh eadar pròiseactan adhartachadh agus buidhnean a chuideachadh gus feum a dhèanamh air cothroman maoinachaidh.

**Chùm sinn oirnn ag obair le coimhearsnachdan eileanach gus coimhead air dòighean eile airson a bhith a' riaghladh sgudal, gu sònraichte a thaobh Ro-innleachd Eaconamaidh Chearcallach na h-Alba.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Ann am Prògram Riaghlaidh na bliadhna-sa gheall sinn mapa slighe a chruthachadh gus ar targaidean ath-chuartachaidh agus sgudail airson 2025 - agus às dèidh sin - a choileanadh. Thathar a' cur seo ri chèile an-dràsta airson co-chomhairle nas fhaide air adhart am-bliadhna a bhios a' gabhail a-steach beachdachadh air a' bhuidhe air coimhearsnachdan eileanach. Tha sinn cuideachd air gealltainn Bile Eaconamaidh Chearcallach a thoirt a-steach a bhios cuideachd a' toirt fa-near dhan bhuidhe air coimhearsnachdan eileanach.

Tha sinn cuideachd ag obair gus a' chiad Sgeama Eàrlais san RA agus ann an Alba a libhrigeadh. Bidh e am measg an fheadhainn as adhartach a thaobh àrainneachd agus as ruigsinniche san Roinn Eòrpa, a' gabhail a-steach nan deichean de mhiltean de dh'aitheachan tillidh airson soithichean plastaig, meatailt is glainne, a bharrachd air a bhith gan togail airson Lìbhrigidhean air-loidhne. Tha sinn ag obair còmhla ri gnìomhachas nam bùitheadh gus tòiseachadh air am bun-structair seo a thoirt a-steach mean air mhean bhon t-Samhain 2022, a bhios a' gabhail a-steach sgeama tilleadh ann an Arcaibh a bhios gu buannachd na coimhearsnachd oir tha sinn ag aithneachadh gur dòcha gu bheil feumalachdan sgìrean dùthchail agus eileanach. eadar-dhealaichte bho sgìrean eile den dùthaich aig a bheil slugh nas motha.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le ùghdarrasan ionadail gus an cuideachadh gus na targaidean ro-innleachdail aca a choileanadh.**

**Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.**

**Dh'aontaich sinn obrachadh a dh'ionnsaigh a bhith a' cruthachadh eileanan le eimiseanan net zero agus a bhith a' toirt seachad ceannardas air atharrachadh na gnàth-shìde;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha [Ro-innleachd Teas ann an Togalaichean](#) (Heat in Buildings Strategy - HIBS) a chaidh fhoillseachadh san Dàmhair 2021 a' cur air adhart slighe gu cothromachadh-carboin airson eimiseanan bho thogalaichean na h-Alba ro 2045. Tha HIBS a' liostadh sreath de ghnìomhan san ùine-ghoirid agus de ghealltanaisan san fhad-ùine gus cruth-atharrachadh a thoirt air stoc thogalaichean na dùthcha ann an ùine nas luaithe, a bharrachd air a bhith a' mìneachadh nam prionnsapalan a chuireas sinn an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil na prògraman libhrigidh teas gun eimiseanan a' toirt taic do na h-amasan bochdainn connaidh againn.

Tha HIBS ag aithneachadh gum feum sinn cruth-atharrachadh a thoirt air dachaighean is togalaichean na h-Alba le bhith gan dèanamh nas lùth-èifeachdaiche agus le bhith a' cur a-steach teasachadh beag-eimisein no gun eimiseanan idir, agus gum feumar beachdachadh gu faiceallach air àrainneachd agus goireasan ionadail, agus mar sin gur dòcha gum bi an gluasad gu togalaichean gun eimiseanan a bhith eadar-dhealaichte ann an diofar choimhearsnachdan, agus gum bi feum air dòighean-obrach sònraichte stèidhichte air àite, mar eisimpleir airson nan coimhearsnachdan eileanach againn. Leasaichidh sinn am modh-obrach againn a thaobh dì-charbonachadh teas, agus ath-leumachd agus seasmhachd shiostaman lùths eileanach ann an Ro-innleachd Lùths nan Eilean againn a thathar an dùil fhoillseachadh ann an 2022.

Cuidichidh an Ro-innleachd le libhrigeadh nan gnìomhan a tha air am mìneachadh sa [Mheasadh Buaidh Choimhearsnachdan Eileanach air Ro-innleachd Teas is Togalaichean](#) a' gabhail a-steach a' ghealltanais a thaobh Eileanan le Cothromachadh-carboin agus ath-sgrùdadh air a' bhunait fianais agus roghainnean airson "àrdachadh eileanan" thar nam prògraman libhrigidh againn mar phàirt den gealltanais againn a bhith a' toirt seachad taic a bharrachd do dhachaighean dùthchail agus eileanach airson èifeachdas teas agus lùths.

A bharrachd air sin, tha Cumhachd Ionadail na h-Alba (LES) a' leantainn air adhart a' libhrigeadh Sgeama Cumhachd Coimhearsnachd is Ath-nuadhachail Riaghaltas na h-Alba (CARES) a bhios a' toirt taic do bhuidhnean coimhearsnachd agus buidhnean agus SMEan dùthchail gus na roghainnean lùtha ath-nuadhachail aca a sgrùdadh: Gheibhear comhairle agus taic maoineachaidh CARES do choimhearsnachdan air feadh na h-Alba, a' toirt a-steach ar coimhearsnachdan eileanach.

Tha sinn cuideachd air tòiseachadh air Pròiseact nan Eilean le Cothromachadh-carboin a chruthachadh. Tha am Prògram Riaghlaidh ag ràdh gun comharraich sinn co-dhiù trì eileanan airson a bhith ag obair a dh'ionnsaigh a bhith gu tìr neodrach a thaobh carbon ro 2040. Tha sinn ag adhartachadh a' mhiann barrachd, agus sinn ag amas air taic a thoirt do shìe eileanan gus adhartas a dhèanamh a dh'ionnsaigh cothromachadh-carboin a bhith aca ro 2040.

Tha sinn fhathast aig ìre thràth de dh'obair leasachaidh air a' phròiseact ach tha sinn a' conaltradh le luchd-ùidh iomchaidh agus le co-obraichean poileasaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil tèid làn bheachdachadh a dhèanamh air guthan eileanach. Tha sinn air buidheann-obrach teicnigeach air an taobh a-muigh a chruthachadh a tha air a dèanamh suas de cho-obraichean bho ùghdarrasan ionadail agus buill de bhuidhnean sòisio-eaconamach farsaing gus slatan-tomhais a chruthachadh còmhla a dh'fhiosraicheas a bhith a' taghadh nan eilean a bhios mar phàirt den phròiseact.

Bidh am pròiseact a' gabhail àite taobh a-staigh co-theacs nas fharsaing de thuras na h-Alba gu cothromach-carboin ro 2045. Ged a bheir sinn taic dhìreach do shia eileanan tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil am pròiseact ag amas air buannachd a thoirt do dh'eileanan na h-Alba air fad. Nithear seo tro bhith a' co-roinn eòlais agus deagh chleachdaidhean mar thoradh air buileachadh a' phròiseict Eilean le Cothromachadh-carboin. Le bhith a' toirt taic dhìreach do dh'eileanan air an t-slighe a dh'ionnsaigh cothromachadh-carboin ro 2040, chan e a-mhàin gum bi e na bhuanachd dhan àrainneachd ach bheir e taic do dh'eaconamaidhean ionadail, goireasan agus sunnd coitcheann tro thasgadh ann an coimhearsnachdan.

Ron t-samhradh 2022, foillsichidh sinn aithisg a mhìnicheas na ceumannan a ghabhas sinn gus taic a thoirt do na h-eileanan sa phròiseact a bharrachd air mar a bheir e buannachdan do na h-eileanan Albannach eile air fad.

### **Dh'aontaich sinn planaichean freagarrachaidh seasmhach a chur an sàs ann an eileanan a tha ann am barrachd cunnart bho atharrachadh gnàth-shìde, gan ceangal gu làidir ri planaichean leasachaidh airson nan eileanan sin.**

#### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

A bharrachd air maoinachadh a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail gus taic a thoirt do libhrigeadh reachdail airson dìon na h-àrainneachd, tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd air a bhith a' toirt air adhart buileachadh Prògram Freagarrachadh Gnàth-shìde na h-Alba a tha a' cur air adhart gnìomhan agus a' cumail taic do rannsachadh aig ìre nàiseanta gus buannachd a thoirt do gach raon a' gabhail a-steach eileanan. Thug Riaghaltas na h-Alba cuideachd air cur ris na h-iomairtean sònraichte a leanas anns na h-eileanan an dara cuid tro bhith an sàs gu dìreach no tro phrògram Adaptation Scotland a tha iad a' maoinachadh. Chùm Ministearan na h-Alba cuideachd Co-labhairt Nàiseanta mu Ath-leumachd Gnàth-shìde san Dàmhair anns an robh riochdairean às na h-eileanan agus a bheachdaich air fuasglaidhean ionadail agus nàiseanta.

Chuir Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall air Buidheann-obrach Atharrachadh Gnàth-shìde (CCWG) air chois san Ògmhios 2019 gus tuigse fhaighinn air atharrachadh gnàth-shìde, a' brosnachadh co-obrachadh thar bhuidhnean agus a' cur ghnìomhan air dòigh gus am bi iad a' fighe a-steach do Phlana Leasachaidh Builean Ionadail. Tha Adaptation Scotland, prògram togail comas air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, ag obair còmhla ris an CCWG gus pròiseact atharrachaidh a libhrigeadh a tha a' tional fianais air mar a tha atharrachadh gnàth-shìde a' toirt buaidh air Innse Gall, a' dealbhadh dòigh-obrach èifeachdach airson a bhith a' toirt choimhearsnachdan an lùib a' ghnòthaich, agus a' measadh chunnartan gnàth-shìde agus chothroman gus taic a thoirt do dheasachadh gnìomhan atharrachaidh. Bhon lùchd 2020, tha a' Bhuidheann-obrach air Atharrachadh na Gnàth-shìde air obair air atharrachadh a thoirt air adhart tro na gnìomhan a leanas:



- A' dèanamh agallamhan buaidh gnàth-shìde le grunn bhuidhnean com-pàirteachais OHCPP gus tuigse fhaighinn air mar a tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh air prìomhachasan buidhne air feadh Innse Gall.
- A' cruthachadh dreachd liosta de chunnartan gnàth-shìde bho dhàta agallamh buaidh gnàth-shìde gus pròiseas measaidh cunnart fhiosrachadh.
- Ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean ealain is cultair gus tagradh soirbheachail a chur gu Iomairt Climate Beacons aig Carbon Cruthachail na h-Alba airson COP 26, gus com-pàirteachas Climate Beacon Innse Gall a chruthachadh ([Làn Thìde](#)). Tha lèirsinn aig a' chom-pàirteachas a bhith: ag obrachadh leis na h-ealain gus buaidhean agus so-leòntachd gnàth-shìde agus a sgrùdadh; a' cruthachadh dàta càileachdail gus a bhiathadh a-steach do phlana atharrachadh gnàth-shìde in-ghabhalach; agus a' comharrachadh agus a' dìon dualchas cultarail sònraichte nan eilean.
- Ag obair le com-pàirteachas Climate Beacon gus pileat conaltraidh coimhearsnachd a ruith ann an Uibhist a Tuath as t-samhradh 2021. Chleachd na gnìomhan pileit mapaichean eadar-ghnìomhach gus eòlas muinntir an àite air cunnartan gnàth-shìde a chruinneachadh gus sgrùdadh a dhèanamh air na tha coimhearsnachdan a' meas cudromach a bhith a' dìon ann an suidheachadh far a bheil a' ghnàth-shìde ag atharrachadh agus gus prìomhachasan freagarrachaidh ionadail a chomharrachadh. Mar phàirt den phileat chaidh mapa ArcGIS coimhearsnachd agus saidheansail a chruthachadh a' toirt a-steach stòran dàta mu thuiltean, drèanadh, bleith cladaich, ullachadh, goireasan nàdarra, agus stòrasan/bun-structar coimhearsnachd, a chaidh a chur ris mar shreathan air a' mhapa rudan a chaidh a chur ris leis a' choimhearsnachd gus dàta/fianais saidheansail a thaisbeanadh còmhla ri eòlas muinntir an àite air cunnartan agus buaidhean gnàth-shìde.

Tha Adaption Scotland cuideachd air fiosrachadh sònraichte fhaighinn bho Oifis na Sìde gus sgeulachdan gnàth-shìde a chruthachadh airson Innse Gall. Bidh seo a' cuimseachadh air a bhith a' conaltradh treandan agus ro-mheasaidhean gnàth-shìde ann an dòigh a tha ruigsinneach agus tarraingeach do choimhearsnachdan, agus is e seo a' chiad phròiseact de a sheòrsa san RA. Tha Adaptation Scotland an-dràsta a' cumail taic ri chom-pàirtichean ionadail gus neach-cleachdaidh cruthachail a choimiseanadh gus aithris a sgrìobhadh le bhith a' cur còmhla anailis Oifis na Sìde air atharrachaidhean san àm ri teachd air tricead agus dian nan stoirmean geamhraidh anns na h-eileanan le na dh'fhiosraich muinntir an àite mu bhuidhean na gnàth-shìde. Thèid seo a chleachdadh an uair sin airson com-pàirteachadh le coimhearsnachdan air feadh Innse Gall tro shreath de thachartasan/bùthan-obrach tràth ann an 2022.

Tha Adaptation Scotland cuideachd air taic a thoirt dhan CCWG tro àm de chnuasachadh agus ionnsachaidh agus tro bhith a' comharrachadh prìomhachasan airson atharrachadh a' dol air adhart. Bha ceumnaiche air greis-gnìomhachais aig Nature Scot, a tha nan cathraiche air an CCWG, gus an t-Sultain 2021 gus taic a chumail ri obair gus atharrachadh a phlanadh. Tha an greis-gnìomhachais seo a-nis air tighinn gu crìch, agus tha a' bhuidheann a' rannsachadh roghainnean gus cumail orra a' maoineachadh na h-obrach seo, is dòcha tro bhith a' fastadh Co-òrdanaiche Atharrachadh Gnàth-shìde a bhiodh a' co-òrdanachadh obair air an dà chuid freagarrachadh agus lasachadh, ma gheibhear airgead.

Tha Comhairle Arcaibh air oifigear atharrachadh gnàth-shìde fhadth le uallach airson atharrachadh a rèir atharrachadh na gnàth-shìde. Tha Adaptation Scotland air taic a thoirt do cheangal ris a' phròiseact [SUNRISE](#) a tha a' rannsachadh na tha daoine air fiosrachadh a thaobh buaidhean atharrachadh gnàth-shìde, ro-innleachdan làimhseachaidh agus freagarrachaidh ann an Arcaibh agus ann an eileanan air feadh an t-saoghail.

Tha Adaptation Scotland air coinneachadh ri co-obraichean bho Chomhairle Shealtainn agus tha iad air comhairle agus teamplaidean a thoirt seachad gus taic a chumail ri cùis gnìomhachais a sgrìobhadh airson iomairt atharrachaidh airson Sealainn gu lèir. Tha còmhraidhean a' leantainn le Com-pàirtichean Planaidh Coimhearsnachd Shealtainn.

Tha Adaptation Scotland air coinneachadh ri Buidheann Obrach Atharrachadh Gnàth-shìde aig Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid gus beachdachadh air a bhith a' cruthachadh plana atharrachadh gnàth-shìde air feadh na sgìre. Tha a' bhuidheann aig ìre thràth ann a bhith a' beachdachadh air an dòigh-obrach aca

Chaidh [Dynamic Coast 2](#), a tha a' comharrachadh pìosan den chosta a tha ann an cunnart bho bhleith mara, fhoillseachadh san Lùnastal 2021. Tha an obair seo a' beachdachadh air mar a dh'fhaodadh àrdachadh ann an ìre na mara san àm ri teachd cur ri bleith cladaich agus tuiltean cladaich air a dhèanamh nas miosa le bleith fheàrr. Tha sinn a' brosnachadh chomhairlean planaichean atharrachaidh cladaich ullachadh a' cleachdadh fianais bho Dynamic Coast. Thèid buidseit ùr a chuidicheas comhairlean le bhith a' planadh agus a' gabhail ceumannan gus gabhail ri atharrachadh cladaich a sgaoileadh gu comhairlean anns an rèiteachadh tabhartais calpa coitcheann aca bho 2022/23.

**Dh'aontaich sinn obrachadh gu dlùth le com-pàirtichean eileanach, sealbhadair na lìonra agus an luchd-ùidh cudromach uile, gus na molaidhean a tha ann mar-thà gus ceanglaichean sgaoilidh dealain a chruthachadh ri tìr-mòr na h-Alba a chur an gnìomh;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gun cuidich adhartas le cruthachadh cumhachd anns na h-eileanan againn, agus a' bhuidh a th' aca air libhrigeadh ceanglaichean tar-chuir gu tìr-mòr na h-Alba, gus fàs eaconamach a bhrosnachadh agus an eaconamaidh ag ath-bheothachadh às dèidh COVID-19. Is urrainn leasachadh nan stòrasan pailt sin cuideachadh cuideachd gus comas nan eilean a choileanadh gus dealan ath-nuadhachail sholarachadh air prìs ìosal airson leas luchd-cleachdaidh air feadh Alba agus Bhreatainn, a barrachd air mòran bhuanachdan sòisealta, coimhearsnachd agus eaconamach.

Tha Riaghaltas na h-Alba air cumail air ag obair le luchd-ùidh a' gabhail a-steach BEIS agus Ofgem gus cur às do chnapan-starra a thaobh a bhith ga chur an gnìomh agus tha iad air freagairt a thoirt do cho-chomhairlean Ofgem air Cleachdadh Cosgaisean Siostam an Lìonra Tar-chuir air agus an SCR Ruigsinneachd ag ràdh gum feum ath-leasachaidhean riaghlaidh làn aire a thoirt dhan bhuidh air cosgaisean pròiseact cumhachd ath-nuadhachail, a' dèanamh cinnteach nach bi iad sin a' cur bacadh air tasgadh agus adhartas ann an Alba.

Cumaidh sinn oirnn a' conaltradh gu dlùth le comhairlean eileanach agus le gnìomhachas gus na cunnartan agus na cothroman a mheasadh fhad 's a tha pròiseactan cumhachd gaoithe eileanach a' teannadh air ceann-latha cuairt riarachadh Contract for Difference (CfD) na bliadhna-sa. Tha Ministearan na h-Alba air a dhèanamh soilleir do Ofgem gum feum na co-dhùnaidhean aige air ceanglaichean eileanach aire nas mionaidiche a thoirt air an riatanas gum feum cothromachadh-carboin a bhith ann, agus dòigh-obrach nas sùbailte a bhith ann air tasgaidhean ro-innleachdail ro-chudromach mar seo.

### **Dh'aontaich sinn obrachadh le Com-pàirteachasan Seasmhachd agus solaraichean lùtha gus am brosnachadh a bhith a' cuimseachadh air seasmhachd lìonraidhean solar lùth nan eileanan;**

#### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Bidh barrachd iarrtas agus tagraidhean airson ceangal ris an lìonra sgaoilidh dealain cuideachd a' cur ris an ìre de dh'èisimeileachd againn air an t-siostam dealain. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun tèid na lìonraidhean dealain againn ùrachadh gus an t-iarrtas sin a choileanadh, agus gun lean an comas againn air dealan gun charbon a chruthachadh a' sìor fhàs. Chan eil teagamh sam bith nach bi coileanadh nan targaidean againn an urra ri lìonraidhean làidir agus ath-leumach le taic bho theicneòlasan leithid stòradh dealain fad-ùine gus seirbheisean deatamach a thoirt seachad a tha air an toirt seachad le connadh fosail agus cumhachd niuclasach aig an àm seo. Tha Alba fhathast a' dèanamh adhartas fìor mhath ann an raointean leithid dealain ath-nuadhachail.

Tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth le luchd-seilbh lìonraidhean Sgaoilidh na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil na planaichean gnìomhachais aca a rèir meud is astar an atharrachaidh a dh'fheumar gus na targaidean againn a choileanadh. Ma thèid na dreachd phlanaichean a chuireadh gu Ofgem san Dùbhlachd aontachadh, dh'fhuasgladh seo còrr is £3bn de thasgadh anns na lìonraidhean ionadail againn.

Mar phàirt den tasgadh seo, tha SSEN a tha a' toirt seachad seirbheisean riatanach do choimhearsnachdan agus gnìomhachasan ann an 59 eileanan iomallach tro 111 càball fon mhuir, air ullachadh a ghabhail a-steach:

- tasgadh de £35.7m ann an càballan ùra fon mhuir.
- moladh gun tèid £43.3 millean a chosg airson a bhith a' cumail suas agus a' ruith gineadairean-dealain dìosail mar chùl-taic do choimhearsnachdan eileanach ann an seachd làraichean. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith ag ùrachadh nan einnseanan aig Rubha a' Bhataraidh ann an Leòdhas gus a' bhuidheann àrainneachdail a lùghdachadh agus gus comas Stèisean Cumhachd Bhogha Mòr ann an Ìle àrdachadh.

Tha Buidheann Ceannardas Ro-innleachdail Lìonraidhean Cumhachd Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air adhart a bhith na fòram fiosraichte agus buadhach airson beachdachadh air na dòighean anns an urrainn do leasachadh lìonraidhean lùths na h-Alba amasan poileasaidh cumhachd is atharrachadh gnàth-thìde na h-Alba aithneachadh agus a libhrigeadh.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le luchd-ùidh co-cheangailte ri còmhail gus dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean còmhail air feadh nan eilean cho lùths-èifeachdach agus math dhan àrainneachd 's a ghabhas.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha sinn ag aithneachadh gum feum lìonraidhean còmhail san àm ri teachd a bhith air an cumhachdachadh le cumhachd glan, uaine agus tha sinn ag obair le raon de luchd-ùidh air dòigh-obrach 'làn-shiostam' gus measadh agus planadh airson iarrtasan lùths siostam còmhail na h-Alba san àm ri teachd.

A thaobh bun-structair, tha rangachd tasgaidh seasmhach freumhaichte anns an dàrna Lèirmheas Pròiseactan Còmhail Ro-innleachdail (STPR2) a tha a' beachdachadh air planaichean tasgaidh còmhail san àm ri teachd. Buinidh an Lèirmheas ris na lìonraidhean ro-innleachdail rathaidean is rèile, agus tasgadh bun-structair nàiseanta gus taic a thoirt do shiubhal gnìomhach agus ceanglaichean eileanach. Chaidh Ìre 1 fhoillseachadh air 3 Gearran 2021. Thòisich co-chomhairleachadh air Ìre 2 san Fhaoilleach 2022 agus thathar an dùil fhoillseachadh nas fhaide air adhart sa bhliadhna. Bidh Ìre 1 is Ìre 2 a' mìneachadh prìomhachasan còmhail Riaghaltas na h-Alba airson an ath 20 bliadhna.

Tro 2021 dh'obraich sinn leis an Energy Savings Trust agus raon eadar-mheasgte de luchd-ùidh gus stiùireadh a chruthachadh gus taic a thoirt do phlanadh agus libhrigeadh tasgadh ann am bun-structair do charbadan dealain. Thèid an stiùireadh seo fhoillseachadh tràth ann an 2022 agus bidh e a' coimhead air ceithir cuspairean, a' gabhail a-steach lìonraidhean teàirrdsidh airson coimhearsnachdan eileanach. Tha maoinachadh ga thoirt dhan a h-uile ùghdarras ionadail cuideachd gus an urrainn dhaibh fàs agus bun-structair còmhail gun charbon a leasachadh leithid tobraichean-dealain charbadan EV.

A thaobh seirbheisean adhair, tha sinn air gealltainn seirbheisean adhair sgeidealichte taobh a-staigh na h-Alba a dhì-charbonachadh ro 2040, agus sinn ag amas air a' chiad sgìre adhair gun eimiseanan san t-saoghal a chruthachadh ann an com-pàirteachas le Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha sinn cuideachd air ar gealltanais a dhaingneachadh tron ùrachadh air [Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde](#) gum bi 30% de na h-aiseagan fo shealbh Riaghaltas na h-Alba beag-eimisein ro 2032. A bharrachd air seo, mar phàirt de Phlana Ceangailteachd nan Eilean, tha sinn a' coimhead air agus a' dèanamh co-chomhairle air slighean gu còmhail aiseig beag-eimisein/gun eimisean.

**Dh'aontaich sinn leantainn air adhart gus an comas aig cumhachd ath-nuadhachail a choileanadh, an dà chuid gus cur an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde agus mar nì a bhios a' cur air adhart fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Mar a chaidh a mhìneachadh sa chiad fhreagairt againn do na molaidhean san aithisg dheireannach aig Coimisean an Eadar-ghluasaid Chothromaich (faic [Just Transition - A Fairer, Greener Scotland: Scottish Government Response - gov.scot \(www.gov.scot\)](#)), bidh an Ro-innleachd Lùths leasaichte aig Riaghaltas na h-Alba mar a' chiad Phlana Eadar-ghluasaid Cothromach sònraichte againn agus tha e air cruthachadh na Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach fhiosrachadh. Thèid Ro-innleachd Eadar-ghluasad Cothromach Lùths fhoillseachadh ann an 2022 agus coimheadaidh i air, mar eisimpleir, a ghabhas stòrasan lùths ath-nuadhachail nan eilean a bharrachd a chur ri bhith a' coileanadh ghealltanasan gnàth-shìde na h-Alba agus cuideachd a' toirt taic do dh'eaconamaidhean ionadail làidir, agus a' dèiligeadh ri neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach. Tha mion-fhiosrachadh mu na poileasaidhean làithreach agus ùra againn air am mìneachadh ann an ùrachadh [Ùrachadh Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde](#) (CCPU).

Dh'fhoillsich sinn ar [Aithris Seasamh air Ro-innleachd Lùths](#) sa Mhàrt, air thoiseach air an ùine ro-thaghadh, a bha a' mìneachadh nam prìomhachasan againn sa gheàrr-ùine agus sa mheadhan-ùine. Foillseachaidh sinn an dreachd Ro-innleachd Lùtha agus Plana Eadar-ghluasad Cothromach againn an ath-bhliadhna. Gabhaidh seo sealladh stèidhichte air an t-siostam air fad air mar a dh'fheumas an roinn lùtha atharrachadh gus an t-eadar-ghluasad againn gu cothromachadh-carboin a stiùireadh. Mìnichidh an sgrìobhainn cuideachd na tha a dh'fheumas eadar-ghluasad cothromach a libhrigeadh dhan roinn, a rèir nam prionnsapalan a tha air am mìneachadh san Frèam-obrach Planadh Eadar-ghluasaid Nàiseanta, a chaidh fhoillseachadh san t-Sultain 2021.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le coimhearsnachdan, croitearan, tuathanaich agus uachdarain-fearainn gus coilltean a mheudachadh air na h-eileanan, ag aithneachadh amasan nas fharsainge airson cleachdadh fearainn.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Cumaidh Coilltearachd Alba air a' toirt taic do chruthachadh choilltean seasmhach anns na h-eileanan tro Sgeama Thabhartasan Coilltearachd.

Tha e cuideachd a bhith ag obair fhathast le raon de chom-pàirtichean a' toirt a-steach an Woodland Trust agus Urras An Rubha agus Shanndabhaig a libhrigeadh Pròiseact Coilltean Croite, a tha a' còmhdach gach eilean a' gabhail a-steach Earra-Ghàidheal agus Arainn, a' toirt seachad comhairle agus taic do chroitearan.

Ann an 2021, chaidh 18 pròiseactan cruthachadh choilltean a chrìochnachadh air feadh nan Eilean, a' cruthachadh farsaingeachd de choilltean a' gabhail a-steach coilltean dùthchasach ùra ann an Eileanan Leòdhais, Na Hearadh, Ìle, Arainn agus Eige. Chaidh ceithir pròiseactan cur chraobhan eile aontachadh ann an 2021 ann an Arcaibh agus san Eilean Sgitheanach.

**Dh'aontaich sinn gun cuireamaid na tèaman a bhith a' coileanadh thargaidean a thaobh eimiseanan agus a' freagarrachadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde aig cridhe na h-obair deasachaidh air Frèam-obrach Dealbhadh Nàiseanta 4.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Chaidh an dreachd de Fhrèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta 4 (NPF4) a chur mu choinneamh Pàrlamaid na h-Alba agus chaidh fhoillseachadh airson co-chomhairle phoblach san t-Samhain 2021. Tha e a' mìneachadh dòigh-obrach ùr a thaobh planadh is leasachadh a chuidicheas gus Alba sheasmhach le cothromachadh-carboin a ruighinn ro 2045, ann an dòigh a tha cuideachd a' dèiligeadh ri dùbhlain is neo-ionannachdan seasmhach.

Tha e soilleir gum feum sinn a bhith a' gabhail ri agus a' libhrigeadh atharrachadh radaigeach gus an urrainn dhuinn aghaidh a chur air, agus atharrachadh ri linn atharrachadh na gnàth-shìde. Tha an dreachd ro-innleachd spàsail nàiseanta a' cur air adhart lèirsinn airson àiteachan nas seasmhaiche agus seòrsaichean leasachaidh ann an Alba gus coileanadh-carboin a choileanadh, agus a' gabhail a-steach còig roinnean gnìomh air feadh na dùthcha.

Tha aon roinn Ghnìomh, 'Ùr-ghnàthachaidh costa a Tuath agus an Iar', a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach Sealtainn, Arcaibh, na h-Eileanan Siar agus pàirtean den Ghàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bhòid. Tha soilleir gum bi an costa a tuath agus an iar agus na h-eileanan aig fìor thoiseach oidhirpean gus cothromachadh-carboin a ruighinn.

Tha an ro-innleachd spàsail nàiseanta gu sònraichte a' faighinn taic bho phoileasaidhean dealbhaidh a tha air an leasachadh gu mòr, a' gabhail a-steach:

- riatanas gus cuideam mòr a thoirt air Èiginn Gnàth-shìde na Cruinne ann am planaichean agus co-dhùnaidhean;
- dèanamh cinnteach gun atharraich sinn a rèir buaidhean gnàth-shìde san àm ri teachd le bhith a' beachdachadh air cunnart bho thuiltean, seasmhachd bun-structair, atharrachadh teothachd agus cron dhan chladach;
- a' brosnachadh àiteachan nas beothaile tro choimhearsnachdan 20 mionaide; a' lùghdachadh feum air siubhal ann an dòigh neo-sheasmhach; a' cur prìomhachas air coiseachd, cuibhleachadh agus còmhhdail phoblach no co-roinnte; agus dòigh-obrach bun-structair an-toiseach; agus
- a' comasachadh a' bhun-structair a dh'fheumas sinn a' gabhail a-steach lùths uaine, lionraidhean teas, goireasan airson eaconamaidh cearcallach, agus còmhhdail sheasmhach.

## **Dh'aontaich sinn taic a chumail ri atharrachadh gnìomhachas tuathanachas-uisge agus iasgach na h-Alba.**

### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha loidhne dhìreach air a bhith aig riochdairean iasgaich nan eilean ann an cruthachadh ro-innleachd agus prìomhachasan co-rèiteachaidh iasgaich bliadhna. A bharrachd air an sin, tha iad air a bhith nam pàirt de bhuidheann a fhuair ùrachaidhean fìor-ùine agus a thug seachad beachdan agus comhairle fìor-ùine do luchd-rèiteachaidh.

Tha obair a' dol air adhart gus lèirsinn agus plana gnìomh eaconamaidh gorm a chruthachadh a bheir taic do leasachadh eaconamach seasmhach de na roinnean mara againn, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad ath-leumach agus comasach air dèiligeadh ri èiginn gnàth-shìde agus bith-iomadachd. Thathar a' sgrùdadh buaidh atharrachadh na gnàth-shìde air tuathanachasan-èisg tron Bhuidhinn Ro-innleachd Slàinte Iasg nan Tuathanasan-èisg againn.

**Gheall sinn obrachadh le raon de luchd-ùidh gus plana gnìomha a chruthachadh gus seasmhachd thogalaichean a tha ann an cunnart bho thuiltean a leasachadh.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Dh'fhoillsich sinn [Living with flooding: action plan](#) ann an 2019, a tha a' moladh gnìomhan a bu chòir do raon de luchd-ùidh a ghabhail gus seasmhachd tuiltean ann an togalaichean a bhrosnachadh ann an Alba. Tha sinn air cumail oirnn ag obair le luchd-ùidh gus Plana Gnìomh, a chaidh ath-sgrùdadh ann an 2021, a libhrigeadh.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le ùghdarrasan ionadail gus seirbheisean ath-chuairteachaidh agus seirbheisean sgudal bìdh a neartachadh ann an coimhearsnachdan eileanach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh' ùghdarrasan ionadail eileanach agus do choimhearsnachdan gus càileachd is meud ath-chuairteachaidh àrdachadh.

Am-bliadhna, chaidh £784,458 a thoirt do Chomhairle nan Eilean Siar anns a' chiad tasgadh chudromach bhon Mhaoin Leasachaidh na h-Ath-chuairteachaidh luach £70m. Leigidh an tasgadh seo leis a' chomhairle seirbheisean togail ath-chuairteachaidh aig taobh an rathaid ath-dhealbhaidh gus càileachd an stuth a thèid a chruinneachadh àrdachadh, agus seirbheisean a leudachadh gu sgìrean far nach eil cruinneachaidhean ath-chuairteachaidh ri taobh an rathaid rim faighinn an-dràsta.

A bharrachd air an sin, pàighidh am maoineachadh airson Carbad-togail Sgudail dealanach gun eimiseanan, airson a bhith ag obair air slighean cruinneachaidh ann an Steòrnabhagh agus na sgìrean mun cuairt. Bidh e nas fhasa do dhachaighean barrachd ath-chuairteachadh mar thoradh air seo, agus cuidichidh e gus thargaidean gnàth-shìde àrd-amasach na h-Alba a choileanadh.

Leis na com-pàirtichean againn, tha obair a' leantainn gus taic a thoirt do gach ùghdarras ionadail gus cothroman a mheasadh agus molaidhean pròiseict a chruthachadh airson tasgadh bun-structair san àm ri teachd tron Mhaoin Leasachaidh na h-Ath-chuairteachaidh. Tha sinn air aontachadh co-chomhairle a chumail air an saoradh dùthchail làithreach bho bhith a' cruinneachaidhean sgudail bìdh agus airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air na riatanasan dealachaidh sgudail bìdh, a bha mar phàirt den Phrògram Riaghlaidh againn airson 2019/20.

**Dh'aontaich sinn obair gu dlùth le prìomh luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gun cluinnear guthan muinntir nan eilean, a' coileanadh gluasad cothromach gu net-zero, agus gum faigh eileanan buannachd às an iomadh cothrom a tha co-cheangailte ri eaconamaidh uaine agus seasmhach.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

A' cumail ri molaidhean Coimisean an Eadar-ghluasaid Chothromaich, gheall sinn san t-Sultain 2021 [Frèam-obrach Dealbhaidh Eadar-ghluasaid Nàiseanta](#) a libhrigeadh gus dèanamh cinnteach gum biodh gluasad riaghailteach agus air a stiùireadh a dh'ionnsaich cothromachadh-carboin, agus gum biodh sgaoileadh cothromach ann de chosgaisean is bhuannachdan. Thèid Planaichean Eadar-ghluasaid cothromach ullachadh airson a h-uile roinn aig am bi pàirt chudromach ann an eaconamaidh cruth-atharraichte le cothromachadh-carboin. Thèid na Planaichean a chruthachadh ann an dòigh in-ghabhalach far am bi an fheadhainn air an toir cùisean a' bhuidh as motha aig cridhe a' phròiseis. Mar thoradh air feartan nan eilean, feumar beachdachadh gu sònraichte air a' bhuidh shòisealta agus eaconamach a thig an lùib an eadar-ghluasaid gu cothromachadh-carboin. Nì sinn cinnteach gum bi am frèam-obrach conaltraidh againn a' dèanamh cinnteach gun tèid guthan eileanach a chluinntinn, gu sònraichte a thaobh roinnean leithid lùths far a bheil ùidh soilleir agus sònraichte aig na h-eileanan.



# Coimhearsnachdan Eileanach Cumhachdach agus Com- pàirteachasan Ionadail Làidir

## **Amas Ro-innleachdail 10 – Gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus àiteachan eadar-dhealaichte**

**Dh'aontaich sinn an t-Ath-sgrùdadh air Riaghaladh Ionadail a thoirt air adhart le COSLA gus siostam de dheamocrasaidh ionadail a chruthachadh a bhios inghabhalach agus a bheir deagh bhuidheann air beathannan dhaoine;**

**Tha obair a' leantainn leis a' ghealltanais seo.**

Tha an lèirmheas na chothrom cudromach do riaghaltas nàiseanta is ionadail agus dhan roinn coimhearsnachd sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air an dòigh as fheàrr air deamocrasaidh ionadail atharrachadh. Tha Prògram Riaghlaidh 2021/22 a' daingneachadh gun cuir sinn crìoch air an ath-sgrùdadh agus gun toir sinn a-steach Bile Deamocrasaidh Ionadail taobh a-staigh na Pàrlamaid seo. Aontaichidh sinn na h-ath cheumannan le COSLA a dh'aithghearr. Bidh seo a' gabhail a-steach barrachd obrach le com-pàirtichean ann an riaghaltas ionadail, an roinn phoblaich san fharsaingeachd agus coimhearsnachdan gus aontachadh ri rèiteachaidhean ùra a bhios a' tiomnadh barrachd cumhachd do raointean ionadail de cho-dhùnaidhean deamocratach.

Togaidh ar dòigh-obrach air stuthan a dh'fhoillsich sinn còmhla a tha a' cur an cèill mar a dh'fhaodadh rèiteachaidhean co-dhùnaidh coimhearsnachd àrd-amasach obrachadh ann am bailtean-mòra, bailtean agus coimhearsnachdan na h-Alba. A bharrachd air an sin, thug sinn seachad cuideachd International Review of Systems of Governance and How Citizens Participate a tha a' coimhead air na dh'fhiosraich sia deamocrasaidhean aig àrd-ìre, le Alba air a chleachdadh mar bhunait airson coimeas.

**Dh'aontaich sinn taic a thoirt do phròiseasan com-pàirteachaidh gus guth làidir a thoirt do choimhearsnachdan eileanach ann an cur an gnìomh a' Phlana.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha sinn air a bhith a' conaltradh gu cunbhalach le coimhearsnachdan eileanach gus taic fiosrachaidh a thoirt do bhuileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean, a' gabhail a-steach tro Bhuidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean.

Chaidh Buidheann Lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean a stèidheachadh san Ògmhios 2021. Cumaidh e taic ri lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean gus dèanamh cinnteach gu bheil obair air a stiùireadh ann an dòigh cho-obrachail a tha dha-rìribh a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach. Tha a' Bhuidheann a' tighinn bho Amas Ro-innleachdail 13 ann am Plana Nàiseanta nan Eilean agus bho ghealltanais Riaghaltas na h-Alba buidheann a stèidheachadh gus sùil gheur a chumail air lìbhrigeadh a' Phlana agus am Plana Slighe Buileachaidh a tha a' dol leis. 'S e ballrachd na buidhne Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, riochdachadh na Treas Roinn, buidhnean coimhearsnachd, Bòrd na Gàidhlig, COSLA, Comataidh Glusad is Ruigsinneachd na h-Alba, acadaimigich iomchaidh agus eòlaichean cuspair. Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh gu cunbhalach gus adhartas a sgrùdadh agus gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh phrìomhachasan gus gealltanais Plana Nàiseanta nan Eilean a choileanadh. Feumaidh lìbhrigeadh plana cothromach, amalaichte, uaine agus in-ghabhalach co-obrachadh agus com-pàirteachas làidir agus tha Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean a' toirt seachad an àite obrach cho-obrachail seo.

Ann am [Prògram Riaghlaidh 2021/22](#), gheall sinn maoin Bann Eileanach ùr luach £5m a thoirt a-steach, a' toirt seachad suas ri £50,000 do suas ri 100 dachaigh ro 2026, le bhith a' toirt taic ionmhais do luchd-còmhnaidh nan eilean gus fuireach sa choimhearsnachd aca, no gus daoine a bhrosnachadh gus gluasad ann. Mar phàirt den obair seo, chuir sinn co-chomhairle air-loidhne 12 seachdain air bhog san Lùnastal 2021 gus beachdan agus beachdan a chruinneachadh bhon phoball agus gu sònraichte bho choimhearsnachdan eileanach. Fhuair sinn còrr is 1600 freagairt dhan cho-chomhairle seo agus cuidichidh am fiosrachadh bho seo le bhith a' toirt cumadh air poileasaidh Bannan nan Eilean mus tèid a chur air bhog as t-Samhradh 2022.

Tha buidseatadh com-pàirteachail (PB) air fàs gu mòr ann an Alba thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, bho dìreach beagan tachartasan ann an 2015 gus na mìltean de dhaoine a bhith an sàs ann an gnìomhachd PB ro 2021. Le taic bho Mhaoin Roghainn Coimhearsnachd (Community Choices Fund) £7 millean aig Riaghaltas na h-Alba, tha seo air cothrom a thoirt do chòrr is 122,000 neach-bhòtaidh guth dìreach a bhith aca bho 2016 air mar a thèid chòrr is £6.6 millean, le timcheall air 47,000 neach an làthair aig tachartasan air feadh na dùthcha.

Tha sinn a' cumail oirnn ag obair leis a' Bhuidhinn Ro-innleachdail Nàiseanta air Buidseatadh Com-pàirteachail gus taic a chumail ri bhuileachadh Buidseatadh Com-pàirteachail agus a' togail comas air feadh Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil an cleachdadh as fheàrr ann. Obraichidh sinn leis a' bhuidheann gus Frèam Ro-innleachdail Buidseatadh Com-pàirteachail ùr a lìbhrigeadh le fòcas sònraichte air slàinte is sunnd, foghlam, taigheadas agus ceartas gnàth-shìde air a stiùireadh le comharran soirbheachais an Fhrèam-obrach.

Tha Buidheann Ro-innleachdail Nàiseanta PB a' cuideachadh cuideachd le bhith a' fiosrachadh an àite a dh'fhaodadh a bhith aig PB agus sinn a' freagairt ri dùbhlain COVID-19 agus mar a tha e a' freagairt air ath-leasachadh nas fharsainge air deamocrasaidh agus cumhachdachadh coimhearsnachd. Tha a' Bhuidheann air Frèam airson PB san Àm ri Teachd ann an Alba a stèidheachadh a stèidhich amas coitcheann agus rùintean airson PB a bhith a' cur ri oidhirpean làithreach gus piseach a thoirt air beatha dhaoine le bhith air a leasachadh ann an raointean poileasaidh agus àite a' leantainn prìomh phrionnsapalan co-riochdachaidh agus co-ionannachd.

Ged a tha an targaid gus co-dhiù 1% a riarachadh tro PB fhathast ann, tha ìre de shùbailteachd ann do chomhairlean a thaobh cuin as urrainn dhaibh a choileanadh, agus bidh na h-ùghdarrasan ionadail ag aithris air an cuid adhartas gach bliadhna.

**Dh'aontaich sinn coimhead air dòighean gus guth nan coimhearsnachdan eileanach a neartachadh ach a ghabhas cuideachd ris na diofairean eadar eileanan ann an dèanamh cho-dhùnaidhean aig an ìre ionadail is nàiseanta;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gum feum cunntachalachd a bhith ann, cho math ri co-obrachadh leantainneach le ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail, luchd-ùidh agus coimhearsnachdan eileanach fad beatha a' Phlana gus dèanamh cinnteach gun adhbharaich Plana Nàiseanta nan Eilean atharrachadh brìoghmhor, adhartach agus seasmhach.

Tha an dà chuid [Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean](#) agus [Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#) a' cumail taic ri buileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean. Chaidh Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd com-pàirt aig na comhairlean buntainneach ann a bhith a' dealbhadh fhuasglaidhean do na dùbhlain a tha ro eileanaich, agus bidh a' Bhuidheann Lìbhrigidh a' dèanamh cinnteach gu bheil obair air a stiùireadh air adhart ann an dòigh cho-obrachail a tha an dha-rìribh a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach. Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth leis an dà bhuidhinn seo a thaobh libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

Tha sinn air reachdas iarrtas com-pàirteachaidh a thoirt a-steach a tha a' cuideachadh gus cothrom a thoirt do choimhearsnachdan ionadail barrachd smachd a bhith aca air na co-dhùnaidhean a bheir buaidh orra gus an eaconamaidhean, sunnd agus àrainneachdan a leasachadh. Bho thàinig e gu bith ann an 2017, chaidh 69 iarrtas com-pàirteachaidh a chur gu ùghdarrasan seirbheis poblach, le leasachaidhean air an aontachadh airson cùisean sàbhailteachd cidhe; leasachadh rathaidean ionadail; oifisean poileis ionadail; agus co-dhùnaidhean air tallaichean coimhearsnachd.

Tha obair air tòiseachadh gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air Achd Cumhachdachadh Choimhearsnachdan (Alba) 2015 – gealltanas ann am Prògram Riaghlaidh 2021 – agus bidh sinn a' conaltradh ri daoine mu dhòighean cumhachdachaidh choimhearsnachdan, agus a' rannsachadh mar as urrainn do choimhearsnachdan a bhith an sàs ann am builean san roinn phoblach ann an dòigh nas gnìomhaiche.

## **Pileat Ath-bheothachaidh agus Ath-nuadhachadh Eileanan Siorrachd Àir a Tuath**

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail pàirt ann am Pileat Ath-nuadhachaidh is Ath-slànachaidh Eileanach trì-bliadhna ann an com-pàirteachas le Comhairle Siorrachd Àir a Tuath agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean gus taic a thoirt do dh'ath-bheothachadh eaconamach in-ghabhalach is uaine agus ath-nuadhachadh choimhearsnachdan eileanach Siorrachd Àir a Tuath a rèir am feumalachdan sònraichte. Mar phàirt den phileat seo, chaidh dreuchd ùr Àrd-oifigear (Eileanan) a chruthachadh taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Àir a Tuath gus cur ri leasachadh leantainneach agus libhrigeadh poileasaidh nan eilean, ag obair tarsainn na roinne poblaich le coimhearsnachdan eileanach, gnìomhachasan agus le farsaingeachd de luchd-ùidh bhon taobh a-muigh gus dèiligeadh ri cùisean fad-ùine stèidhichte air àite co-cheangailte ri coimhearsnachdan eileanach.

Tha am pileat air cuideachadh le cruthachadh Phlanaichean Eileanach Ionadail airson Arainn agus Cumaradh, a tha co-thaobhadh ri libhrigeadh Phlana Nàiseanta nan Eilean agus prionnsapalan Togail Beairteis Choimhearsnachd gus an fheum as fheàrr a dhèanamh de chomas eileanan Siorrachd Àir a Tuath. Cumaidh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Riaghaltas na h-Alba orra a' toirt taic ri, agus ag obair còmhla ri, coimhearsnachdan eileanach agus luchd-ùidh fhad's a thathar a' cur a' phlana an gnìomh, a' libhrigeadh gnìomhan a bhios a chùim leas coimhearsnachd, eaconamaidh, àrainneachd agus sunnd Arainn is Cumaradh.

## **Dh'aontaich sinn gun obraicheamaid le coimhearsnachdan eileanach agus ùghdarrasan ionadail com-pàirteach ann a bhith ag ullachadh agus a' toirt a-steach Bile Cìs Luchd-tadhail Sealach.**

### **Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.**

Dh'aithris sinn an-uiridh gun deach obair air cur an gnìomh buileachadh Cìs Luchd-tadhail a chur dheth fhad 's a bha Riaghaltas na h-Alba a' toirt prìomhachas dhan fhreagairt dhan ghalar sgaoilte COVID-19. Tòisichidh obair air Cìs an Luchd-tadhail a-rithist am-bliadhna mar a chaidh a dhearbhadh ann am [Buidseit na h-Alba 2022-23](#), a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2021. Mar sin nì sinn ath-sgrùdadh faiceallach air an obair leasachaidh poileasaidh a rinneadh air seo roimhe agus nì sinn barrachd conaltraidh le luchd-ùidh mus dèan Riaghaltas na h-Alba co-dhùnadh daingeann air na h-ath cheumannan.

## **Dh'aontaich sinn coimhead air dòighean gus cumhachd agus taic a thoirt do choimhearsnachdan eileanach gus cur ris an ath-leumachd aca le bhith a' cruthachadh iomairtean agus phlanaichean ionadail ann an com-pàirteachadh le Seirbheisean Èiginn na h-Alba;**

### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha ath-leumachd coimhearsnachdan na h-Alba, a' gabhail a-steach an fheadhainn anns na h-eileanan, a' sealltainn gu bheil iad a' cur gu mòr ri ath-leumachd na dùthcha air fad. Anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, ag obair còmhla ri coimhearsnachd an luchd-freagairt reachdail, tha iad air sealltainn gu bheil iad air leth ath-leumach ann a bhith a' freagairt air grunn droch shuidheachaidhean, a' gabhail a-steach COVID-19, stoirmean o chionn ghoirid agus sìde dhùbhlanach.

Far an obraich e as fheàrr, tha obair ath-leumachd coimhearsnachd air a stiùireadh le prìomhachasan ionadail agus a' togail air stòrasan ionadail agus a' faighinn taic bho sholaraidhean seirbheisean poblach ionadail. Faodaidh e a bhith mu buidheann ath-leumachd coimhearsnachd ionadail sònraichte a bhith ann, stòrasan corporra leithid talla baile agus gineadair-dealain èiginn, ach faodaidh e cuideachd a bhith a' gabhail a-steach buidhnean san roinn shaor-thoilich, cuid dhiubh ag amas gu sònraichte air cùisean èiginn, leithid sgiobaidhean teasairginn beinne, agus cuid eile a bhios eadar-dhealaichte. prìomh fhòcas, ach bidh e comasach dhaibh pàirt a ghabhail ann an èiginn. Tha ceanglaichean taobh a-staigh choimhearsnachdan, agus eadar coimhearsnachdan agus structaran ath-leumachd, gu sònraichte an dòigh anns a bheil iad air am fillleadh a-steach do rèiteachaidhean ath-leumachd, ro-chudromach cuideachd.

Faodaidh ath-leumachd coimhearsnachd cuideachd a bhith mu dheidhinn bunaitean leithid deagh thaigheadas agus obraichean do dhaoine gus an urrainn dhaibh daoine eile a chuideachadh nuair a bhios feum orra. Tha iomadh rud an lùib seo agus bidh an comas agus am eadar-dhealaichte thairis air coimhearsnachdan eadar-mheasgte na h-Alba. Tha stiùireadh nàiseanta an sàs airson diofar choimhearsnachdan ionadail a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach.

Chùm sgioba Coimhearsnachdan Ath-leumach Riaghaltas na h-Alba sreath de bhùthan-obrach le luchd-ùidh ionadail a' gabhail a-steach tòrr bho choimhearsnachdan eileanach gus deagh chleachdadh a chomharrachadh agus a cho-roinn a thaobh a bhith ag obair thar roinnean gus ath-leumachd coimhearsnachd a thogail agus gus freagairt ri agus faighinn seachad air èiginn. Tha rannsachadh làithreach, air a bharantachadh le sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba agus le taic bho sgioba nan Coimhearsnachdan Ath-leumach a' coimhead air deagh chleachdadh ann an coimhearsnachdan eileanach ri linn galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus ag amas air na chaidh ionnsachadh a sgaoileadh. Tha sgioba nan coimhearsnachdan ath-leumach a' beachdachadh air pròiseact an-dràsta gus bun-loidhne de ghnìomhachd ath-leumachd coimhearsnachd a stèidheachadh agus tha iad ag obair le luchd-ùidh eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil sealladh nan coimhearsnachdan eileanach mar phàirt de dhealbhadh a' phròiseict. Tha Ionad Co-òrdanachaidh Nàiseanta nan Saor-thoileach Nàiseanta (air a ruith le Crois Dhearg Bhreatainn), a chaidh a stèidheachadh ann an 2021 gus cur ri rèiteachaidhean ionadail airson a bhith a' ceangal feum ionadail agus iarrtas airson saor-thoilich ann am prògram banachdach COVID-19, ach a tha air a bhith a' toirt a-steach raon de COVID-19 agus bhon uair sin, tha prògraman eile co-cheangailte ri slàinte agus cùram sòisealta, cuideachd air coimhearsnachdan eileanach a ghabhail a-steach sna sgìrean a tha air a bhith an sàs ann.

**Dh'aontaich sinn riaghailtean a thoirt a-steach a bheir comas do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach, ann an co-chomhairleachadh leis na coimhearsnachdan aca, iarraidh air Ministearan na h-Alba reachdas a thoirt a-steach a tha a' tiomnadh foincsean dhaibh, no gun toir Ministearan na h-Alba foincsean, dleastanas no uallach a bharrachd dhaibh. Tha na riaghailtean seo ag aithneachadh gu bheil suidheachadh gach coimhearsnachd eileanach air leth agus nach eil an aon rud daonnan iomchaidh airson a h-uile eilean.**

**Chaidh an gealltanas seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.**

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun tèid 'dìon-eileanach' a dhèanamh air poileasaidhean agus planaichean a thaobh Oighreachd a' Chrùin Alba agus gu bheil manaidsear sam bith de stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba a' cumail taic ri cur an gnìomh Plana Nàiseanta nan Eilean mar a bhios iomchaidh.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha na cumhachdan agus dleastanasan ann an Achd Oighreachd a' Chrùin Alba 2019 a' toirt barrachd chothroman do choimhearsnachdan eileanach. Tha an Achd a' ceadachadh tar-ghluasad agus/no tiomnadh stiùireadh stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba do bhuidhnean iomchaidh eile. Tha an Achd seo air a dhealbh gus brosnachadh agus taic a thoirt do cho-dhùnaidhean riaghlaidh ionadail agus smachd air stòrasan le coimhearsnachdan, agus bu chòir do bhuidhnean coimhearsnachd agus ùghdarrasan beachdachadh air seo ann an suidheachaidhean a tha ag aithneachadh nam buannachdan poblach a thig an cois riaghladh ionadail eileanach air na stòrasan seo. Tha na riaghailtean seo ag aithneachadh gu bheil suidheachadh gach coimhearsnachd eileanach air leth agus nach eil an aon rud daonnan iomchaidh airson a h-uile eilean.

Tha sgeama pìleat ionadail a chaidh a dhealbh gus barrachd guth a thoirt do choimhearsnachdan air na thachras san sgìre aca, a gabhail a-steach trì ùghdarrasan eileanach. Anns a' Mhàrt 2021, chuir Comhairle Arcaibh a h-ainm ri aonta sònraichte trom bi a' choimhearsnachd ionadail an sàs ann an riaghladh grunn na mara timcheall nan eilean aca. Tha aontaidhean fhathast gan dearbhadh le Comhairle nan Eilean Siar, Urras Oighreachd Ghabhsainn agus Comhairle Shealtainn. Tha sgeama nam pìleatan ionadail air cuideachadh le bhith a' dèanamh deuchainn air agus a' cur an gnìomh ullachaidhean practaigeach airson riaghladh ionadail leasaichte air stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba air thoiseach air a' chiad eadar-ghluasad no tiomnadh.

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gum bi luchd-labhairt na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach air am brosnachadh agus a' faighinn taic gus iad fhèin a chur an cèill tro mheadhan na Gàidhlig.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha sgioba Gàidhlig is Albais air Plana Gàidhlig ùr Riaghaltas na h-Alba ullachadh. Tha tairgse fhosgailte sa Phlana a bhith a' conaltradh tro mheadhan na Gàidhlig. A bharrachd air an sin, tha sgioba conaltraidh Riaghaltas na h-Alba fhathast toilichte gabhail ri iarrtasan sgrìobhte sa Ghàidhlig. Tha gealltanasan manifesto Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad barrachd sheirbheisean tron Ghàidhlig agus a' leudachadh chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean làitheil agus suidheachaidhean foirmeil.

Mar phàirt den phròiseas gus an ath eagrain de Phlana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a sgrìobhadh, tha sgioba na Gàidhlig agus na h-Albais a' co-obrachadh le diofar oifisean aig Riaghaltas na h-Alba sna h-eileanan gus beachdachadh air dè an t-ullachadh a bharrachd as urrainn dhaibh a dhèanamh airson na Gàidhlig. Tha planaichean Gàidhlig an gnìomh aig na trì ùghdarrasan ionadail Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bhòid, tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aca agus tha oifigearan leasachaidh Gàidhlig aca gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chuideachadh.

Sa Mhàrt 2022, foillsichidh Foghlam Alba Plana Gàidhlig ath-sgrùdaichte, 2022 - 2027. Tha seo mar phàirt den ro-innleachd còig-bliadhna aig Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam Gàidhlig, a bheir buaidh cuideachd air eileanan. Mar phàirt de seo, cumaidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh orra a' toirt seachad measaidhean sònraichte air dè cho math 's a tha ionadan agus suidheachaidhean a' coileanadh ann an grunn phrìomh raointean. Bheir sinn seachad a' mheasadh speisealaich seo airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus airson co-theacsan eileanach. Bheir sinn air adhart amasan àrd-ìre ùra cuideachd gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig.

# Ealainean, Cultar is Cànan

## Amas Ro-innleachdail 11 – Gus taic a chumail ri ealainean, cultar agus cànan

**Dh'aontaich sinn cumail oirnn le tasgadh anns na stòrasan cultarach agus eachdraidheil againn, gus dèanamh cinnteach gun tèid eileanaich a bhrosnachadh gus com-pàirteachadh ann an cultar agus na h-ealainean;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Ag obair còmhla ri com-pàirtichean, tha EventScotland ag amas air cliù na h-Alba a thogail mar an t-àite as fheàrr do thachartasan le bhith a' toirt taic agus a' daingneachadh pasgan de thachartasan agus a' leasachadh gnìomhachas nan tachartasan. Tha EventScotland mothachail air/a' co-thaobhadh ri iomairtean nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba agus VisitScotland a tha ag amas air na h-eileanan.

Am measg nan tachartasan ann an àiteachan eileanach a fhuair taic ann an 2021, tha:

- Ralaidh Mhuile
- Fèis nan Tallachan Beaga – An t-Eilean Sgitheanach
- Fèis Chiùil Thiriodh (didseatach)
- HebCelt (didseatach)
- Ultra Tour of Arran
- Skye Live (didseatach)
- Fèis Saidheans Arcaibh

Am measg phròiseactan eile a tha san amharc airson 2022 tha Fèis Ceòl Traidiseanta Shealtainn, Fèis Ciùil Thiriodh agus HebCelt.

Bidh 2022 cuideachd na phrìomh bhliadhna ullachaidh airson comataidh eagrachaidh Sreath Rèis Longan-Àrda Shealtainn, a tha gu bhith ann as t-samhradh 2023. Is e tachartas mòr a tha seo a chruthaicheas cothroman nach beag gus Shealtainn a bhrosnachadh, gus taic a thoirt dhan roinn turasachd ann a bhith ag ath-shlànachadh bho ChOVID-19 agus a' cruthachadh dubhan agus susbaint làidir airson gnìomhachd eileanach nas fharsainge air a stiùireadh le VisitScotland. Bidh Arcaibh cuideachd na dachaigh do Gheamannan Eadar-nàiseanta nan Eilean ann an 2025.



**Bliadhnaichean cuspaireil:**

Tha Bliadhnaichean Cuspaireil na h-Alba air a bhith a' ruith bho 2009 mar dhòigh air taobh sònraichte de dh'Alba a chomharrachadh a tha airidh air aithne, a libhrigeadh leasachadh eaconamach seasmach ann an roinn na turasachd is nan tachartasan ceangailte agus cuideachd a' taisbeanadh àrd-ùrlaran co-obrachail gun samhail airson grunn luchd-ùidh iomchaidh a bhith ag obair ann an co-obrachadh nas dlùithe. gus amasan coitcheann a choileanadh agus obair com-pàirteachais nas treasa a chruthachadh. Ann an 2020 thòisich sinn air Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba a' comharrachadh agus, ri linn buaidh COVID-19, chaidh a' Bhliadhna Chuspaireil seo a leudachadh thairis air 2021. Bha Prògram Samhraidh SEALL, Fèis Feamainn Eilean Mhàrtainn agus Steòrnabhagh air a' Chuan a' cur gu mòr ri tachartasan eileanach airson Bliadhna nan Cladaichean is Uisgeachan.

Is e an ath Bhliadhna Chuspaireil Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba ann an 2022, bliadhna anns am bi sgeulachdan air am brosnachadh, air an cruthachadh no air an sgrìobhadh ann an Alba air an comharrachadh agus air an taisbeanadh. Chaidh a' bhliadhna a chur air bhog gu foirmeil le Ministear a' Chultair, na Roinn Eòrpa agus Leasachaidh Eadar-nàiseanta air 14 Dùbhlachd 2021. Às dèidh fios air ais bho bhuill Buidheann-stiùiridh Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba air a stiùireadh le EventScotland, tha còig sreathan eadar-cheangailte airson na bliadhna agus is iad sin:

1. Sgeulachdan agus sgeulaichean suaicheanta
2. Sgeulachdan Ùra
3. Daoine is Àiteachan na h-Alba
4. Sgeulachdan agus uirsgeulan ionadail
5. Air am brosnachadh le nàdar

Chaidh Maoin Tachartasan Fosgailte Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba, a tha air a rianachd le EventScotland, a dhealbhadh gus taic a thoirt do mholaidhean ùra, cruthachail airson tachartasan agus gus taic a chumail ri prògraman a bheir seachad susbaint àrd-iomhaigh a chaidh a chruthachadh gu sònraichte mar fhreagairt do chothrom Bliadhna Chuspaireil 2022. Dh'fhaodadh luchd-eagrachaidh cur a-steach airson tabhartasan fa-leth eadar £15-60,000 agus gheibh 21 Tachartasan Fosgailte taic air feadh na h-Alba ann an 2022.

'S e maoin luach £300,000 a th' ann am Maoin Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba, air a rianachd le Taighean-tasgaidh is Gailearaidhean Alba, ann an com-pàirteachas le EventScotland agus Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta, às am faod buidhnean coimhearsnachd tagradh a dhèanamh airson suim sam bith eadar £500 agus £5,000. Chaidh a' mhaoin seo a dhealbhadh gus taic a thoirt do chomainn agus buidhnean coimhearsnachd gus pàirt a ghabhail ann am Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba 2022 agus gus a comharrachadh, a' nochdadh nan sgeulachdan gun samhail a tha cudromach dhaibh le tachartasan, gnìomhachdan agus prògraman ùra, cruthachail. Bha a' chiad chuairt maoin eachaidh airson gnìomhachd a' gabhail àite sa chiad leth de 2022 no tron bhliadhna agus bheir tagraidhean soirbheachail Cuairt 1 taic do 47 tachartasan thar 27 ùghdarrasan ionadail, sgapte thar gach cuid coimhearsnachdan fiosaigeach agus cuideachd coimhearsnachdan ùidhe. Bidh an dàrna cuairt maoin eachaidh airson gnìomhachd a bhios a' gabhail àite san dàrna leth de 2022 agus thèid fhosgladh airson tagraidhean bho 24 Faoilleach gu 18 Màrt 2022.

## Fèisean Geamhraidh na h-Alba

Bidh Fèisean Geamhraidh na h-Alba a' ruith eadar 30 Samhain agus 25 Faoilleach agus iad a' brosnachadh muinntir na h-Alba agus an fheadhainn le dàimh ri Alba gus pàirt a ghabhail ann an comharrachadh Latha Naomh Anndrais, Oidhche Challainn is Burns, a' toirt spionnadh sa bhad don ath-bheothachadh roinn na turasachd agus nan tachartasan agus an eaconamaidh san fharsaingeachd às dèidh COVID-19, ag àrdachadh conaltradh coimhearsnachd agus ag àrdachadh ìomhaigh eadar-nàiseanta na h-Alba agus sinn ag ath-shlànachadh bho ghalar lèir-sgaoilte a' Choròna-bhiorais.

Tha grunn iomairtean agus ghnìomhan ann taobh a-staigh Prògram iomlan nam Fèisean Geamhraidh. Is iad na prìomh phàirtean de dh'Fhèisean Geamhraidh na h-Alba:

- Maoineachadh Riaghaltas na h-Alba tro phrògram thachartasan nàiseanta EventScotland (air a stiùireadh le Buidheann-stiùiridh Thachartasan VisitScotland);
- Fèill Disathairne an Naoimh Anndrais (air a stiùireadh leis Bun-stèidh Disathairne an Naoimh Anndrais);
- Comharrachadh ioma-chultarach BEMIS aig Fèisean Geamhraidh na h-Alba ; agus
- Farpais Deasbaid Sgoiltean Latha Fhèill Anndrais (air a stiùireadh le Aonadh na Beurla Alba).

## 2020/21

B' iad na prìomh bhuidhean aig SWF 2020/21:

- mu 120 tachartas air an libhrigeadh; còrr is 8 millean sealladh air thachartasan maoinichte le SWF;
- Bha 66 tachartas ann am Fèill Disathairne an Naoimh Anndrais 2020 air feadh na h-Alba, na RA san fharsaingeachd agus cuideachd ann an còrr is 30 dùthaich gu h-eadar-nàiseanta; agus
- Bha 56 tachartas ann an comharrachadh ioma-chultarach Fèis Geamhraidh na h-Alba, a' gabhail a-steach an àireamh as àirde riamh de 41 tachartas a' comharrachadh Oidhche Burns.

## 2021/22

Ann an 2021/22 bha còrr is 100 tachartas air feadh na h-Alba airson Latha Fhèill Anndrais (a' gabhail a-steach cuid air-loidhne agus hybrid), a' gabhail a-steach com-pàirt bho Fèis Tallachan Beaga SEALL (An t-Eilean Sgitheanach is Ratharsair) agus tha aithisgean measaidh deireannach gan cur ri chèile aig an àm seo.

Chaidh Alison Miller ainmeachadh mar Scriever Arcaibh leis an Leabharlann Nàiseanta agus Alba Chruthachail san Iuchar 2021. Ag obair ann an com-pàirteachas le Leabharlann Arcaibh, tha an Scriever air a bhith ag obair còmhla ri sgrìobhadairean ionadail gus sgrìobhadh Arcach a chomharrachadh tro chur air bhog leabhraichean, tachartasan poblach agus na meadhanan ionadail leithid tabhartasan cunbhalach do phrògram Ealain BBC Radio Arcaibh.

A' toirt Scots Arcaibh gu luchd-amais cruinneil tro cho-obrachadh le Àrainneachd Eachdraidheil Alba far an do sgrìobh an Scriever dàn airson grian-stad a' gheamhraidh taobh a-staigh seòmar Nuadh-chreagach Maeshowe. Chaidh an tachartas seo fhilmadh agus an dèidh sin a chraoladh gu luchd-amhairc de 5,000 neach-amhairc bho air feadh an t-saoghail.

Chaidh cuirmean bogaidh aig dà leabhar ùr de sgrìobhadh ann an Scots Arcaibh a chumail leis an Scriever, leabhar bàrdachd leis an tiotal Toonie Void le Kevin Cormack agus an duanaire Gousters, Glims agus Veerie-orum deasaichte le Alison Miller a chaidh a chur air bhog aig tachartas bhiortail air a ruith le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus air a shruthadh gu luchd-amhairc air feadh an t-saoghail.

Tha an Leabharlann aig ìre thràth ann am beachdachadh is planadh gus pileat a dhèanamh air prògram de thachartasan agus gnìomhan le com-pàirtichean Arcaibh a bhiodh a' ruith thairis air bliadhna. Dh'fhaodte gum bi am prògram pileat seo a' gabhail a-steach tachartasan air-loidhne agus pearsanta, leughaidhean, bùithtean-obrach agus òraidean, a bharrachd air pod-chraolaidhean agus puist bloga. Bhiodh iad air an cur ri chèile còmhla le com-pàirtichean Arcach agus air an ruith ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan is buidhnean Arcach. Is e an t-amas gum b' urrainn dhan phileat seo a bhith na mhodail airson co-obrachadh le coimhearsnachdan eileanach eile. Agus tha sinn an dòchas cuideachd gun lean am prògram gach bliadhna mar cho-obrachadh leantainneach eadar an Leabharlann agus coimhearsnachdan Arcaibh: <https://www.creativescotland.com/what-we-do/latest-news/archive/2021/07/orcadian-scriever-appointed>

Tha taighean-tasgaidh nam pàirt chudromach de chultar nan eilean. 'S e prìomh obair thaighean-tasgaidh cruinneachaidhean a chumail, a mhìneachadh agus a thaisbeanadh às leth a' phobaill. Tha an obair seo dlùth-cheangailte ri cultar, dearbh-aithne agus spiorad coimhearsnachd ionadail. Ann am mòran cheàrnaidhean de na h-eileanan 's dòcha gur e taighean-tasgaidh an aon bhun-structar cultarach, no am prìomh bhun-structar cultarach.

Air sgàth taic-airgid èiginneach COVID-19, sgaoil MGS tabhartasan luach £1.61 gach neach air feadh na h-Alba ann an 2020/21. Thug an caiteachas buaidh gu sònraichte air ùghdarrasan ionadail eileanach agus sgìrean dùthchail mòra, a tha a' nochdadh cho cudromach 's a tha na h-ionadan cultarach sin do na coimhearsnachdan aca. Is e am maoineachaidh air fad aig Taighean-tasgaidh is Gailearaidhean na h-Alba do thaighean-tasgaidh eileanach ann an 2020/21, air a bhriseadh sìos a rèir sgìrean ùghdarrasan ionadail:

<b>Maoineachadh MGS do thaighean-tasgaidh eileanach (a rèir sgìre ùghdarras ionadail)</b>	<b>Sùm (£)</b>
Earra-Ghàidheal is Bòd (taighean-tasgaidh eileanach a-mhàin)	33,825
Na h-Eileanan Siar	245,639
Comhairle na Gàidhealtachd (taighean-tasgaidh eileanach a-mhàin)	43,025
Comhairle Siorrachd Àir a Tuath (taighean-tasgaidh eileanach a-mhàin)	35,936
Arcaibh	115,080
Sealtainn	28,453
<b>Iomlan</b>	<b>501,958</b>

Tha slàinte is spionnadh na roinne aig teis-meadhan tarraingeachd nan eileanan againn mar cheann-uidhe do luchd-turais a bharrachd air a bhith a' toirt buaidh mhòr air sunnd coitcheann, foghlam agus dearbh-aithne. Tha buaidh eaconamach mhòr aig taighean-tasgaidh agus gailearaidhean cuideachd mar luchd-fastaidh agus dràibhear turasachd, agus bidh àite cudromach aca ann an ath-bheothachadh na h-Alba agus nan eilean às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte.

A bharrachd air a' phrìomh dhleastanas a bhith a' coimhead às dèidh agus a' taisbeanadh chruinneachaidhean, tha buaidh mhòr aig taighean-tasgaidh ann a bhith a' cumail taic ri ionnsachadh, sunnd agus spiorad coimhearsnachd.

Fhuair sgrùdadh litreachais a chaidh a choimiseanadh le Taighean-tasgaidh Gailearaidhean na h-Alba a-mach gun tug com-pàirteachadh le seirbheisean taigh-tasgaidh seachad grunn bhuannachdan a ghabhas tomhas, a' gabhail a-steach: deagh bhuidh air coileanadh; gur e clann agus daoine òga bho sgìrean bochda a gheibh a' bhuannachd as motha bho bhith a' tadhal air taighean-tasgaidh; deagh buaidhean air sunnd inntinn; lùghdachadh aonaranachd agus barrachd mothachadh air dearbh-aithne.

**Dh'aontaich sinn ri brosnachadh agus taic a chumail ris na tàlantan cruthachail aig na h-eileanaich agus gun dèanamaid cinnteach gum bi luchd-èisteachd/amhairc nach beag aig cultar nan eileanan Albannach an dà chuid gu nàiseanta agus thall thairis;**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Chaidh a' Mhaoin Trèanadh Eadar-ghluasaid Nàiseanta (NTTF) a thoirt a-steach ann an 2020 mar fhreagairt shònraichte do bhuidh eaconamach COVID-19. Ged a tha sinn taingeil nach eil cion-cosnadh air a dhol suas cho luath no chun nan ìrean 's a bha sinn an dùil an toiseach, thugadh buaidh gu sònraichte mòr air cuid de roinnean agus tha feum aca air taic leantainneach gus dèiligeadh ri gainnead sgilean agus beàrnan.

Tha prògram £322,000 Treòir | Voar | Virr air a cho-mhaoineachadh leis a' Mhaoin Trèanadh Eadar-ghluasaid Nàiseanta agus tro Phrògram nan Eilean, a tha a' cumail taic ri libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean. Chuir am Ministear airson Foghlam Àrd-ìre is Adhartach, Cosnadh is Trèanadh Òigridh, Jamie Hepburn BPA am prògram air bhog Diluain 27 Sultain. Tha fios againn cho dùbhlach 's a bha an galar lèir-sgaoilte dhan luchd-ealain againn agus ged a tha ath-bheothachadh air tòiseachadh, le barrachd chothroman cruthachail is cultarail a' fosgladh, tha slighe fhada romhainn fhathast agus tha buaidh air teachd-a-steach fhathast. Tha am prògram seo a' cuideachadh luchd-ealain, gu sònraichte an fheadhainn a tha a' fuireach sna h-eileanan againn, gus cur ri ath-bheothachadh eaconamach is sòisealta nas fharsainge do choimhearsnachdan, air an tug COVID-19 agus Brexit buaidh.

Tha am prògram ùr cruth-atharrachail agus ùr-ghnàthach seo a' cumail taic ri cothroman ath-thrèanadh agus cosnadh do luchd-obrach cruthachail a tha ag obair air an ceann fhèin tro phrògram de bhùthan-obrach cultarach beò adhartach stèidhichte air na h-ealainean, a tha gan tabhann do na bun-sgoiltean uile againn sna h-eileanan. Treòir | Voar | Tha Virr air cur ri cothroman air àrdachadh sgilean agus ath-thrèanadh a thaobh Plana Gnìomh Sgilean ri san Àm ri Teachd agus air a' cur ri libhrigeadh bhuilean ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23.

Tha am prògram air ainmeachadh ann an Gàidhlig, Scots Shealtainn agus bho theirm a bha uair cumanta ann an Scots agus Lochlannais: Treòir (Gàidhlig) | Voar (Scots Shealtainn) | Virr (ann an Scots agus Lochlannais).

Tha am prògram a' libhrigeadh leasan sa chlas a chumas taic ri diofar thaobhan de chultar na h-Alba, a' gabhail a-steach cànanan agus dualchainntean dùthchasach na h-Alba, ceòl, dràma, dannsa agus ealainean lèirsinneach. Tha e a' cruthachadh chothroman do chloinn a tha a' fuireach sna h-eileanan barrachd ionnsachadh mun chultar agus dualchas aca, agus a cheart cho cudromach, spòrs a bhith aca aig an aon àm!

Tha am modail libhrigidh sònraichte ag obair tro sgeama luchd-oideachaidh càraideach, far am bi oidean ag obair le clas bun-sgoile agus leis an tidsear aca. Bidh trèanadh 'anns an obair' nàdarra a' tachairt nuair a bhios luchd-oideachaidh a' co-roinn an sgilean eadar-dhealaichte ri chèile agus tha cothrom ann cuideachd trèanadh nas foirmeile a dhèanamh, le teisteanas bho Cholaisde Taobh Siar na Gàidhealtachd UHI.

**Dh'aontaich sinn taic a chumail ri cànanan agus dualchainntean dùthchasach uile na h-Alba ann an dòighean a tha buntainneach ris na coimhearsnachdan far a bheil iad gam bruidhinn.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha taic leantainneach do phròiseactan cultarach agus buidhnean a tha ag obair tron Ghàidhlig agus Scots a' leudachadh ruigsinneachd air na cànanan. Bidh mòran phròiseactan leithid Ceòlas, Fèisean nan Gàidheal, An Comann Gàidhealach, am Fòram Dualchais agus ionadan mar an Lanntair, Taigh-tasgaidh Chill Donnain, Taigh Chearsabhaigh, Sabhal Mòr Ostaig agus Urras Oighreachd Gabhsainn a' cur ris an amas seo.

Cumaidh sinn oirnn a' tabhann ghoireasan eadar-theangachaidh a bhios feumail do luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns na h-eileanan. Tha sinn air seiseanan ionnsachaidh proifeiseanta a thairgsinn tro mheadhan na Gàidhlig, le fòcas air àireamhachd agus ag amas gu sònraichte air tidsearan aig ìre thràth sa chùrsa-obrach aca, agus tha cuideachd air cothroman lìonraidh a thoirt seachad air feadh Alba.

Tha Foghlam Alba air Oifigear Foghlaim fhadstadh, le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig, aig a bheil raon-ùghdarras a bhith a' leasachadh curraicealam Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil agus a' cumail taic ri leudachadh aig ìre na h-àrd-sgoile. Tha sgoiltean eileanach a' cur ris, agus a' faighinn buannachd bhon, obair seo ann a bhith a' togail comas sna sgoiltean eileanach.

Mar phàirt de chruthachadh nam Measaidhean Coitcheann Nàiseanta airson Foghlam tron Ghàidhlig (MCNG) tha uallach air Foghlam Alba airson dearbhadh càileachd a dhèanamh air susbaint a' mheasaidh. Tha sinn a' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil riochdachadh bho na h-eileanan air a' phannal Dearbhadh Càileachd a nì cinnteach gu bheil feumalachdan agus co-theacsan nan eilean air an toirt fa-near anns na measaidhean.

**Gheall sinn dèanamh cinnteach gu bheil na geallaidhean sa phlana seo air an stiùireadh le agus a rèir prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig, ag obair gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha sgioba Gàidhlig is Albais air Plana Gàidhlig ùr Riaghaltas na h-Alba ullachadh. Thathar a' dèanamh co-chomhairle phoblach air seo an-dràsta agus às dèidh sin thèid an dreachd deireannach, a mhinicheas mar a tha Riaghaltas na h-Alba a' co-thaobhadh ri [Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig](#), ullachadh.

Bidh coinneamhan ràitheil ann eadar Sgioba Gàidhlig is Albais Riaghaltas na h-Alba, Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, gus taic a chumail ri co-roinn fiosrachaidh agus co-obrachadh a thaobh co-obrachadh air libhrigeadh [Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Plana Nàiseanta nan Eilean](#).

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air a' bhuaidh air leasachadh na Gàidhlig bhon chiad dol a-mach ann am poileasaidhean agus iomairtean sònraichte nan eilean agus gu bheil iad sin a' ceangal ri planaichean Gàidhlig reachdail.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Bidh grunn ùghdarrasan is bhuidhnean a' filleadh na Gàidhlig a-steach dhan smaoineachadh aca aig tràth-ìre agus iad a' cur air adhart iomairtean is leasachaidhean ùra. Tha seo air a bhrosnachadh le iomairtean poileasaidh adhartach leithid planaichean Gàidhlig agus na prìomhachasan Gàidhlig ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Tha deasbad agus taic dhan phrìomhachas seo cuideachd a' tighinn bho bhith an làthair aig cruinneachaidhean leithid Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean no iomairt Adhartas nas Luaithe. Thathar a' cur fàilte air an adhartas seo agus bu mhath le Riaghaltas na h-Alba taic a thoirt do spionnadh a bharrachd leis a' ghealltanas seo bho bhuidhnean agus ùghdarrasan.

**Gheall sinn obair le ùghdarrasan poblach agus buidhnean coimhearsnachd gus cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig nan eilean.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.**

Tha sgioba Gàidhlig is Albais air Plana Gàidhlig ùr Riaghaltas na h-Alba ullachadh. Tha seo a' gabhail a-steach amasan seirbheis chorporra a tha ag amas air dèanamh cinnteach gum bi follaiseachd cho-ionnan aig a' Ghàidhlig ann an suaicheantas is branndadh Riaghaltas na h-Alba, gu bheil soidhnichean Gàidhlig follaiseach ann an oifisean Riaghaltas na h-Alba, agus brosnachadh mu chleachdadh na Gàidhlig sa chonaltradh poblach againn agus sna foillseachaidhean corporra againn. Bidh buidhnean eile aig Riaghaltas na h-Alba, leithid Tèarainteachd Shòisealta Alba, a' toirt seachad stuthan dà-chànanach co-cheangailte ris na seirbheisean aca agus tha còmhraidhean a' dol air adhart le oifisean Riaghaltas na h-Alba sna h-eileanan gus an solar Gàidhlig aca a mheudachadh. Tha grunn oifigearan leasachaidh Gàidhlig stèidhichte ann an coimhearsnachdan eileanach leis an amas a bhith a' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig.

**Gheall sinn obair le ùghdarrasan iomchaidh gus solar Gàidhlig a leasachadh do choimhearsnachdan Gàidhlig nan eilean ann a bhith a' lìbhrigeadh an gnìomhan agus an seirbheisean.**

**Dh'aontaich sinn taic a chumail ri dòighean-obrach a bhrosnaicheas stiùireadh seasmhach na h-àrainneachd eachdraidheil.**

**Tha obair a' leantainn air adhart leis an dà ghealltanas seo.**

Tha Our Place in Time: Scotland's 10 year strategy for the Historic Environment, a' cur lèirsinn air adhart air mar a ghabhas an dualchas againn a thuigsinn, mar a ghabhas luach a chur ann, mar a thèid a ghlèidheadh agus mar a thèid tlachd a ghabhail às. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air an Ro-innleachd ann an 2022. Tha ceithir prìomhachasan san Ro-innleachd:

- Prìomhachasan ro-innleachdail tar-gheàrrach – a' dèanamh cinnteach gu bheil luach cultarail, sòisealta, àrainneachdail agus eaconamach an dualchais againn a' cumail air a' cur ri sunnd na h-Alba;
- Tuig – a' sgrùdadh agus a' clàradh ar n-àrainneachd eachdraidheil gus ar n-eòlas, ar tuigse agus ar mìneachadh air an àm a dh'fhalbh a leasachadh, agus an dòigh as fheàrr air a ghlèidheadh, a chumail suas agus a dhìon;
- Dìon – a' coimhead às dèidh agus a' dìon na h-àrainneachd eachdraidheil gus tlachd agus buannachd fhaighinn aiste, agus ga gleidheadh agus ga leasachadh airson nan ginealaichean ri teachd; agus
- Luach – a' co-roinn agus a' comharrachadh beairteas agus cudromachd na h-àrainneachd eachdraidheil againn.

### **Gnàth-shìde agus seasmhachd**

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES) air a bhith a' rannsachadh lasachaidhean atharrachadh gnàth-shìde, buaidhean agus freagarrachadh ann an àrainneachd eachdraidheil na h-Alba airson fad bhliadhnaichean. Tha seo a' toirt a-steach a bhith a' foillseachadh na co-dhùnaidhean agus a' chomhairle aca ann an Stiùiridhean agus Stiùiridhean Goirid INFORM (airson luchd-dealbhadh, luchd-seilbh agus cunnraidhean), Sgrùdaidhean Cùise Ath-sgeadachaidh agus Pàipearan Teicnigeach, stiùireadh HES gu Ùghdarrasan Dealbhadh san t-sreath Riaghladh Atharrachadh aca, mion-sgrùdadh coileanta air cunnart buaidh gnàth-shìde air na togalaichean fo chùram. Bidh HES a' coimhead às an dèidh às leth Ministearan na h-Alba, an stiùireadh na roinne air buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde, agus a' chiad phlana atharrachaidh aca, [Climate Ready HES](#). Bidh Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' foillseachadh Aithris Ath-bheothachaidh Uaine a dh'aithghearr, a mhìnicheas mar a tha an àrainneachd eachdraidheil a' libhrigeadh mar phàirt de dh'Eaconamaidh Uaine'.

Tha HES a' stiùireadh na roinne ann an ùr-ghnàthachadh atharrachadh na gnàth-shìde agus tha e air a' Chlàr So-leòntachd Gnàth-shìde a thòiseachadh, a tha air aithne eadar-nàiseanta a chosnadh, gus a' bhuidh air ar làraichean dualchais na cruinne a thomhas agus a mheasadh. Tha seo a' ciallachadh gur i Alba a' chiad dùthaich san t-saoghal aig a bheil measadh Clàr So-leòntachd Gnàth-shìde airson gach làrach dualchais na cruinne againn.



## Glèidheadh ar Dualchas

Tha na togalaichean eachdraidheil againn ann an cunnart bho atharrachadh na gnàth-thìde, gu h-àraidh an fheadhainn aig nach eil mullaichean. Tha an ìre de chrìonadh a tha sinn a' faicinn an-dràsta, agus an obair leasachail a tha a dhìth nas dorra fhaicinn na bho sgrùdadh lèirsinneach àbhaisteach bhon talamh.

Tha seo a' ciallachadh gum feum HES a-nis ath-mheasadh a dhèanamh air an staid aig grunn thogalaichean air feadh na h-Alba agus air mar a bhios sinn a' coimhead às an dèidh san àm ri teachd. Is e ceum dàna a tha seo agus tha sinn den bheachd gur e HES tè de na ciad bhuidhnean dualchais a tha a' dèiligeadh ris a' chùis seo air am feum a' mhòr-chuid / mòran de shealbhadairean seann thogalaichean aghaidh a chur air feadh an t-saoghail thar ùine.

## Coimhearsnachdan

Tha raon de dh'iomairtean Coimhearsnachd aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba leithid Prògram Ceanglaichean Coimhearsnachd HES a tha na phrògram a lìbhrigeadh farsaingeachd de phròiseactan brosnachail, co-obrachail a sheallas mar a tha àite deatamach aig an dualchas a tha cudromach dhut ann a bhith a' toirt taic do dh'ath-shlànachadh is ùrachadh na coimhearsnachd agad. Tha am prògram a' gabhail a-steach Alba air fad.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba air bileag ghoirid a chruthachadh do luchd-tadhail mu Arcaibh, a' mìneachadh nam prìomh sheallaidhean a' gabhail a-steach nan seallaidhean-tìre iongantach agus Làraichean Dhualchas na Cruinne. Chaidh bileagan eile a chruthachadh airson làraichean-dualchas eileanach eile leithid Hiort.

## Seada nan Einnean

'S e ionad glèidhteachais gu sònraichte airson togalaichean na h-Alba a th' ann an Seada nan Einnean, stèidhichte ann an Sruighlea. Mar phàirt de dh'Àrainneachd Eachdraidheil Alba, tha e na phrìomh ionad airson proifeiseantaich togail is glèidhteachais agus dhan phoball san fharsaingeachd. Tha an àrainneachd eachdraidheil thogte againn na goireas crìochnach, ach tha sgilean a dhìth airson obair glèidhidh air a tha feumach air sgilean glèidhteachais a tha gann. Tha an goireas ionnsachaidh agus luchd-tadhail a' cuideachadh le bhith a' brosnachadh tuigse nas fheàrr air stuthan agus sgilean togail traidiseanta - agus a' brosnachadh nan ginealaichean ri teachd gus cumail orra a' toirt cùram do dhualchas togte na h-Alba. Tha tòrr de na goireasan aig an Engine Shed rim faighinn air-loidhne agus ruigsinneach do na h-uile. Mar phàirt den 'Scottish 10' tha an Seada nan Einnean air sgrùdadh mionaideach 3D a dhèanamh air carraighean Cridhe Nuadh-chreagach Arcaibh a thug dhuinn clàraidhean iongantach den graffiti Lochlannach ann am Maeshowe agus de dh'obair-ealain Nuadh-chreagach ann an Skara Brae.

# Foghlam

## **Amas Ro-innleachdail 12 – Gus foghlam fad-bheatha a bhrosnachadh is a leasachadh do na h-uile**

**Dh'aontaich sinn obrachadh le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Oilthigh Obar Dheathain, Oilthigh Heriot Watt agus solaraichean foghlaim eile, gus dèanamh cinnteach gu bheil farsaingeachd de roghainnean ann do dh'òigridh.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba ag obair gus taic a thoirt do leasachadh prògram TalEntEd Islands ann an Cùmhnant Fàs nan Eilean ann an com-pàirteachas le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan, Oilthigh Raibeart Ghòrdain, Oilthigh Herriot Watt, na trì ùghdarrasan Eileanach agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean. Cruthaichidh prògram TalEntEd Islands cothroman airson foghlam, sgilean, tionnsgalachd agus malairteachadh a chuidicheas le bhith a' dèiligeadh ri dùbhlain deamografach agus daoine òga a bhith a' fàgail nan Eilean, àrdachadh ann an obraichean uaine seasmhach, agus dì-charbonachadh nan Eilean aig astar luath.

Tha Aontaidhean Builean Comhairle Maoineachaidh na h-Alba ag iarraidh air colaistean cnapan-starra a thoirt air falbh agus taic a thoirt do làn chom-pàirteachadh agus builean soirbheachail airson a h-uile buidheann de luchd-ionnsachaidh sa choimhearsnachd ionadail aca. Bidh colaistean a' planadh nan cùrsaichean a bhios iad a' toirt seachad a rèir feumalachdan eaconamach nan sgìrean aca, agus tro bhith ag obair gu dlùth le fastaichean, bidh e comasach dhaibh dèiligeadh gu sùbailte ri iarrtasan sgilean na sgìre agus nan coimhearsnachdan a bhios iad a' frithealadh.

Tro Fhòram nan Eilean aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan a tha a' cumail sùil air cur an gnìomh [ro-innleachd nan Eilean aig Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean](#), bidh oifigearan Riaghaltas na h-Alba a' co-obrachadh le raon farsaing de phrìomh luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing de roghainnean rim faighinn do dhaoine òga; a' cleachdadh neartan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan ann a bhith a' libhrigeadh foghlam adhartach, foghlam àrd-ìre, rannsachadh agus iomlaid eòlais, taobh a-staigh agus taobh a-muigh nan eilean agus mu choinneamh Prìomh Chuspairean agus Prìomh Amasan [Ro-innleachd nan Eilean](#). Tha dòigh-obrach aig an Fhòram a tha stèidhichte air àiteachan agus air a chur air adhart tro dhùbhlain is rannsachadh a thaobh prìomh chùisean leithid àrdachadh-sluaigh, leasachadh luchd-obrach ann am prìomh roinnean, buaidh atharrachadh cliomaid agus tàladh tàlant.

**Dh'aontaich sinn taic a chumail ri Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus e a' daingneachadh co-obrachadh le com-pàirtichean eileanach, gus slighean luchd-ionnsachaidh, tionnsgalachd agus com-pàirteachadh le gnìomhachas/luchd-fastaidh a bhrosnachadh.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha Stiùiriche Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean ag obair gu dlùth le Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba tro dhòigh-obrach cho-obrachail, stèidhichte air fuasglaidhean a tha ag amas air na cothroman as motha a thig am bàrr tro shruthan-obrach a tha an lùib a chèile, leithid pròiseactan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan co-cheangailte ri Cùmhnant Fàs nan Eilean agus tasgadh ann am Prògram nan Eilean. Tha e cudromach gu bheil an obair seo a' tighinn ri chèile mar thoradh air prìomhachasan co-roinnte, air an comharrachadh an dà chuid tro [Ro-innleachd nan Eilean](#) agus ann [am Plana Nàiseanta nan Eilean](#) aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn gun tèid prògram Tàladh Tàlant agus Seirbheis Imrich a chruthachadh do dh'Alba. Còmhla, cuiridh seo ri comas na h-Alba gus luchd-obrach bho thaobh a-muigh na h-Alba a thàladh agus fhadhadh leis na sgilean a bhios a dhìth air an eaconamaidh againn san àm ri teachd, agus cumaidh e taic a ri luchd-obrach eadar-nàiseanta sa phròiseas imrich. Bidh seirbheis èifeachdach a' toirt a' chuideam air falbh bhon fhastaiche gus taic le imrich/ath-shuidheachadh a thoirt seachad, an dà chuid an toiseach agus san fhad-ùine, a' ceangal ri eòlaichean iomchaidh agus seirbheisean eile.

Mar phàirt den phrògram Tàladh Tàlant nas fharsainge, tha sinn a' cruthachadh pìleat Glèidheadh Oileanaich gus oileanaich a bhrosnachadh airson a bhith a' fuireach ann an Alba às dèidh ceumnachadh. 'S e an t-sruth de dh'oileanaich agus luchd-obrach nas òige anns na 20an is 30an an dà phrìomh 'mhullach' anns a' chòrr de dh'imrich san RA, le ìrean foghlaim gu math àrd. Tha an àireamh sa cheud de dhaoine le ceuman 10-20% nas àirde am measg imrichean na daoine nach eil nan imrichean.

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseact Aithneachadh Sgilean na h-Alba, a' toirt taic do luchd-obrach le teisteanasan a fhuair iad taobh a-muigh na RA gus faighinn seachad air cion-cosnadh agus gun chosnadh gu leòr (underemployment) agus taic a thoirt do luchd-fastaidh gus tàlant fhadhadh agus gus cuideachadh gus dèiligeadh ri gainnead sgilean.

Bheir am prògram obrach Tàladh Tàlant taic do luchd-ùidh, a' gabhail a-steach buidhnean-gnìomha agus ùghdarrasan ionadail, gus brosnachadh a thoirt do dhaoine imrich a dhèanamh taobh a-staigh na h-Alba gus beàrnan sgilean a choileanadh, gus dèiligeadh ris an dùbhlán bhon iar chun an ear, gus taic a thoirt do imrichean a tha air Alba a dhèanamh na dachaigh dhaibh fhèin gus fuireach an seo, agus daoine òga Albannach a bhrosnachadh gus fuireach ann an Alba

**Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gum faigh òigridh na h-aon chothroman air foghlam 's a gheibh òigridh air tìr-mòr na h-Alba.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha Foghlam Alba agus e-Sgoil air a bhith a' libhrigeadh seiseanan foghlaim san Scots airson clann is òigridh a tha a' fèin-iomallachadh bhon choròna-bhìoras fad ùine fhada. Chaidh seiseanan a thoirt seachad mar phàirt den tairgse a tha e-Sgoil a' toirt seachad air feadh na h-Alba. Tron ghlasadh-sìos ann 2020/21, bha leasan Scots mar phàirt den tairgse 'Scotland Learns' aig Foghlam Alba airson ionnsachadh air astar. Tha na stuthan seo, a bharrachd air stuthan Scots eile rim faighinn air a' Cho-ionad Leasachaidh Nàiseanta, far an deach goireasan a dhealbhadh gus a bhith freagarrach airson dual-chainntean fa leth den Scots, a' gabhail a-steach, dualchainntean Shealtainn, Arcaibh, Chataibh agus Doric.

Tha Co-òrdanaichean Scots Foghlam Alba a' conaltradh ri Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan gus taic a thoirt do libhrigeadh a' chùrsa trèanaidh thidsearan PGDE aca tro bhith a' cruthachadh stuthan cùrsa agus òraidean air Scots do thidsearan, coltach ri obair a rinneadh ann an Oilthighean eile air feadh Alba a' brosnachadh buannachdan foghlaim na Scots do oileanach teagaisg mar phàirt den phrìomh chùrsa agus gus taic a chumail ri libhrigeadh [Ionnsachadh cànanan ann an Alba: dòigh-obrach 1+2](#) agus Poileasaidh na Scots Foghlam Alba a' conaltradh ri Oilthighaig Riaghaltas na h-Alba.

[Bidh e-Sgoil](#) a' libhrigeadh tairgse e-ionnsachaidh nàiseanta leis na h-eileanan aig a cridhe. Tha an Ceannard stèidhichte ann an Steòrnabhagh, an Iar-cheannard ann an Sealtainn agus faodaidh an luchd-teagaisg libhrigeadh bho àite sam bith ann an Alba, no gu dearbh, àite sam bith san t-saoghal.

Dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh tar-shealladh nàiseanta gus taic a chumail ri càileachd agus èifeachdas libhrigeadh ionnsachadh air astar. Chaidh fianais a chruinneachadh mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig is na Beurla tro cho-obrachadh le ùghdarrasan ionadail, sgoiltean, pàrantan, clann agus daoine òga. B' e adhbhar nan tar-shealladh nàiseanta ionnsachadh na bha ag obair gu math; faighinn a-mach mu dhùbhlain; agus a bhith a' comharrachadh dè an taic a bharrachd a bha a dhìth. Chaidh toraidhean mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a cho-roinn le lìonraidhean ùghdarrasan ionadail agus tidsearan tro rèiteachadh com-pàirteachais an oilthigh, Eòlas, a tha a' gabhail a-steach Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' conaltradh ri ionadan gus fianais a chruinneachadh airson aithisgean cuspaireil nàiseanta air foghlam ath-bheothachaidh, sunnd agus ionnsachadh a-muigh. Tha sgoiltean eileanach, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' libhrigeadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, mar phàirt de seo. Rinn Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gnìomhan barantachd càileachd agus leasachadh ann an colaistean cuideachd às leth Comhairle Maoineachaidh na h-Alba. Bha seo a' gabhail a-steach tar-shealladh nàiseanta air cleachdadh ionnsachadh air astar ann an colaistean, a tha air taic a chumail ri tuigse luchd-cleachdaidh air càileachd agus èifeachdas ionnsachadh air astar ann an colaistean air feadh na dùthcha.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le òigridh air feadh nan eilean Albannach gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh cur ri buileachadh a' Phlana a thaobh foghlaim agus gus dèanamh cinnteach gun tèid an guthan a chluinntinn.**

**Chaidh an gealltanas seo a choileanadh ann an 2020. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.**

A' togail air pròiseact pìleat Lìonra nan Eileanach Òga a chaidh a chur air bhog san Fhaoilleach 2021, tha Òigridh na h-Alba a' cumail taic ri libhrigeadh Lìonra nan Eileanach Òga, maoinichte le Riaghaltas na h-Alba, a bhios air a cho-chruthachadh agus air a stiùireadh le ar n-eileanaich òga, a' dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh gu faiceallach air ùidhean agus prìomhachasan na buidhne seo fhad's a thathar a' cruthachadh an fhòraim ùir seo.

Chaidh an stiùiriche YIN aig Youth Scotland a tha stèidhichte sna h-eileanan fhadhadh san t-Samhain 2021 agus togaidh an neach seo, a tha e an urra ri leasachadh agus libhrigeadh an YIN a cho-òrdanachadh ann an com-pàirteachas le clann agus òigridh anns a bheil ùidh, air soirbheas pìleat an YIN.

Tro Dhùbhlann nan Eileanach Òga, (pìleat YIN) chuir eileanaich òga an cèill miann a dhol an sàs le Rùnaire a' Chaibineit airson Cùisean Dùthchail agus nan Eilean, agus cur ri riaghladh Plana Nàiseanta nan Eilean Nàiseanta. Tha an lèirsinn seo a' co-thaobhadh gu dlùth ris na h-amasan tùsail airson YIN – riochdachadh òigridh aig ìre coimhearsnachd a libhrigeas builean susbainteach is adhartach do dhaoine òga sna coimhearsnachdan eileanach againn.

Tha Youth Scotland a' conaltradh le com-pàirtichean aig ìrean eileanan ionadail agus nàiseanta gus slighe a chomharrachadh tro eacarsaich mapachaidh, agus gus dèanamh cinnteach gum bi an YIN cho tarbhach agus cho èifeachdach 's a ghabhas agus gus beàrn no dùblachadh sam bith a sheachnadh.

Is e an ath ìre dhan YIN a bhith ag obair le Gaisgeach Òga nan Eilean a chaidh ainmeachadh gus Plana Gnìomh YIN a chruthachadh agus airson Eileanaich Òga a bhith a' cumail taic ri planadh ullachadh airson cur air bhog oifigeil YIN - a thathar an dùil a chumail ann an 2022.

## **Dh'aontaich sinn cumail oirnn le bhith a' toirt taic ri agus a bhith a' brosnachadh Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig aig a h-uile ìre.**

### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Ron Mhàrt 2022, foillsichidh Foghlam Alba Plana Gàidhlig ath-sgrùdaichte, 2022 – 2027. Tha seo mar phàirt den ro-innleachd còig-bliadhna aig Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam Gàidhlig, a bheir buaidh cuideachd air eileanan. Mar phàirt de seo, cumaidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh orra a' toirt seachad measaidhean sònraichte air dè cho math 's a tha ionadan agus suidheachaidhean a' coileanadh ann an grunn phrìomh raointean. Bheir sinn seachad a' mheasadh speisealaich seo airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus airson co-theacsan eileanach. Bheir sinn air adhart amasan àrd-ìre ùra cuideachd gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig.

## **Dh'aontaich sinn obrachadh le ùghdarrasan nan eilean uile gus pròiseactan a lorg a dh'fhaodadh buannachd fhaighinn bho ìrean leantainneach de Phrògram Tasgaidh ùr na h-Oighreachd Ionnsachaidh luach £1 billean a bhios a' ruith gu 2026; agus**

### **Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha Prògram Tasgadh Oighreachdan Ionnsachaidh luach £2 billean a' toirt prìomhachas do sgoiltean a tha feumach air ùrachadh, mar a chaidh a chomharrachadh le ùghdarrasan ionadail, gus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas luath ann far a bheil a' chuid as motha a dhìth agus a bheir buannachd do mu 50,000 sgoilear air feadh na h-Alba. Thèid na pròiseactan uile ainmeachadh agus thèid maoinachadh a riarachadh ro 2026.

Chaidh a' chiad ìre de phròiseactan a gheibh buannachd bho Phrògram Tasgadh na h-Oighreachd Ionnsachaidh ainmeachadh san t-Sultain 2019. Tha seo a' gabhail a-steach pròiseact Àrainn Choimhearsnachd Bharraigh is Bhatarsaigh aig Comhairle nan Eilean Siar airson a dhol an àite Àrd-sgoil Bhàgh a' Chaisteil, Bun-sgoil Bhàgh a' Chaisteil agus Bun-sgoil Eòlaigearraidh.

Chaidh an dàrna ìre de phròiseactan a gheibh buannachd bho Phrògram Tasgadh na h-Oighreachd Ionnsachaidh ainmeachadh san Dùbhlachd 2020. Tha seo a' gabhail a-steach pròiseact Bun-sgoil an Ath Leathainn ann an Comhairle na Gàidhealtachd san Eilean Sgitheanach.

Air 23 Dùbhlachd 2021, dhaingnich sinn gum fosgladh ìre 3 de phrògram Tasgadh Oighreachd Ionnsachaidh do dh'ùghdarrasan ionadail ann an 2022, agus thèid pròiseactan soirbheachail ainmeachadh ro dheireadh 2022. Bithear a' beachdachadh gu faiceallach air tagradh sam bith bho ùghdarrasan eileanach, tro ìre 3 de Phrògram Tasgadh na h-Oighreachd Ionnsachaidh.

**Dh'aontaich sinn na co-oidhirpean againn a leudachadh gus toraidhean foghlaim chloinne a tha beò ann am bochdainn a chur am feabhas le bhith a' cumail taic ri ùghdarrasan eileanach/planaichean sgoiltean gus coileanadh a thogail tro phrògraman Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba leithid Maoinachadh Cothromas Sgoilearan.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Leanaidh Foghlam Alba air adhart a' co-obrachadh le ùghdarrasan eileanach gus piseach a thoirt air builean foghlaim chloinne ann am bochdainn. Bidh còig Comhairlichean Coileanaidh ag obair le prìomh luchd-obrach aig ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean fa-leth gus leantainn air adhart a' leasachadh cleachdadh dàta, a' comharrachadh feuman agus a' cruthachadh eadar-theachdan iomchaidh gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Tha co-ionnsachadh proifeiseanta thar-eilean air a dhol air adhart gus sgilean a leasachadh ann an cleachdadh dàta agus mar a ghabhas am feum as fheàrr a dhèanamh de Mhaoineachadh Co-ionannachd Sgoilearan.

Cumaidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh orra a' co-roinn cleachdadh le bhith a' cleachdadh iomairtean meadhanan sòisealta, earrannan sònraichte ann an cuairt-litrichean Scotland Learns, co-labhairtean lìn agus tro bhith gan cur ann an aithisgean cuspaireil agus foillseachaidhean eile. Tha fèill mhòr fhathast air nòtaichean-sgeidse agus blogaichean nan cois, air an sgrìobhadh le àrd-stiùirichean ann an sgoiltean. Rinneadh ceithir notaichean-sgeidse gus taic a chumail ri Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba, dà airson Sgrùdadh Co-ionannachd san Dùbhlachd 2020 agus dà eile airson na h-aithisg a' mìneachadh adhartas a dh'ionnsaigh dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn sa Mhàrt 2021.

**Gheall sinn beachdachadh air feumalachdan luchd-ionnsachaidh inbheach ann an coimhearsnachdan nan eilean mar a bhios sinn a' leasachadh ar ro-innleachd ionnsachaidh inbheach airson na h-Alba.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha luchd-ionnsachaidh inbheach bho choimhearsnachdan eileanach air pàirt a ghabhail ann an eacarsaichean co-chomhairleachaidh gus na cnapan-starra a tha romhpa ann an ionnsachadh a chomharrachadh gus an obraich an ro-innleachd a dh'ionnsaigh a bhith a' toirt nam bacaidhean sin air falbh. Thathar an dùil barrachd co-chomhairleachaidh a chumail sa Ghearran/Màrt 2022 agus thèid Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach a dhèanamh mus tèid an Ro-innleachd Ionnsachadh Inbheach ùr fhoillseachadh.

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (CLD) cuideachd air a bhith ag obair gu dlùth le co-oibrichean poileasaidh CLD gus stiùireadh ùrachadh do dh'ùghdarrasan ionadail air riaghailtean airson planadh CLD ann an 2021-24.

# Cur an gnìomh agus Tomhas Plana Nàiseanta nan Eilean

## Amas Ro-innleachdail 13 – Gus taic a chumail ri bhith a’ cur Plana Nàiseanta nan Eilean an gnìomh gu h-èifeachdach

**Dh’aontaich sinn pròiseas làidir a chur air dòigh gus dèanamh cinnteach gun tèid Mapa Slighe Buileachaidh mionaideach fhoillseachadh ann an deagh àm le uallachaidhean airson gnìomhan agus clàran-ama air an sònrachadh gus taic a chumail ri libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eileanan.**

### Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Às dèidh co-chomhairle le co-oibrichean ann an ùghdarrasan ionadail tro Bhuidheann-obrach Com-pàirteachais agus Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean, agus le coimhearsnachdan eileanach agus co-obraichean poileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba, chaidh [Plana Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#) fhoillseachadh air 24 Màrt 2021.

Tha am Mapa Slighe Buileachaidh a’ toirt cunntas mionaideach air mar a tha Riaghaltas na h-Alba a’ libhrigeadh nam prìomhachasan againn thar beatha Plana Nàiseanta nan Eilean. Tha e air a dhealbhadh gus a bhith na sgrìobhainn bheò a thèid ùrachadh agus atharrachadh gu cunbhalach, ag aithneachadh gum bi prìomhachasan nan coimhearsnachdan eileanach uaireannan ag atharrachadh, gus an urrainn dha dèiligeadh ri dùbhlain ùra nuair a thig iad am bàrr.

Ged a thug an tionndadh tùsail den Mhapa Slighe ann an 2021 sealladh dhuinn air cò ris a bhiodh soirbheachas coltach nuair a bhathar air a h-uile gealltanais ann am Plana Nàiseanta nan Eilean a libhrigeadh, ach tha ùrachadh 2022 air cothrom a thoirt dhuinn dòigh-obrach a bhith againn a tha nas lèirsinniche agus a tha stèidhichte air gnìomhan, le gnìomhan sònraichte ann airson gach gealltanais ann am Plana Nàiseanta nan Eilean nach deach a choileanadh fhathast. Thèid am Mapa Slighe Buileachaidh fhoillseachadh leis an Aithisg Bhliadhnail seo.

**Dh’aontaich sinn taisbeanair a shònrachadh airson gach Amas Ro-innleachdail ann an co-obrachadh le buidhnean Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan eileanach agus luchd-ùidh sòisio-eaconamach stèidhichte air na slatan-tomhais SMART agus a’ togail air an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta agus na h-Amasan airson Leasachadh Seasmhach;**

### Tha obair a’ leantainn air a’ ghealltanais seo.

Thathar fhathast a’ dèanamh rannsachaidh gus an dàta uile a chruinneachadh a tha a dhìth gus bun-loidhne a chruthachadh airson toraidhean a ghabhas a thomhas. A bharrachd air sin, tha obair a’ dol air adhart gus dòigh-obrach chunbhalach is a ghabhas mac-samhlachadh a chruthachadh a thaobh a bhith a’ cleachdadh dàta bho iomadh tùs gus tuairmse a dhèanamh air de “an cuibhreann” de sòn dàta a th’ aig eilean.



Aig an àm seo, tha sinn a' cruthachadh Buidheann-obrach Rannsachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil dàta iomchaidh bho na siostaman measaidh againn air a ghlacadh agus gum fiosraich e sgrùdadh air Plana Nàiseanta nan Eilean. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair còmhla ri ar co-obrachachan poileasaidh air feadh Rìghaltas na h-Alba, ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh coimhearsnachd eileanach gus staitistig eileanach a tha ann mar-thà a chomharrachadh gus dùblachadh oidhirp neo-riatanach a sheachnadh. A bharrachd air seo, cuiridh sinn Dashboard Adhartais Plana Nàiseanta nan Eilean air dòigh a dh'aithghearr a thaisbeanas adhartas a dh'ionnsaigh an dà chuid nan Amasan Ro-innleachdail agus nan geallaidhean againn ann an dòigh ruigsinneach agus follaiseach.

Tha rannsachadh foillsichte gu ruige seo a' gabhail a-steach [aithisg Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#) agus [an t-inneal eadar-obrachail](#) a tha na chois. Chaidh barrachd rannsachaidh a dhèanamh air toraidhean an t-suirbhidh, le sùil suirbhidh eile a bharantachadh aig deireadh 2022 gus an gabh anailis choimeasach a dhèanamh.

**Dh'aontaich sinn sreath de bhuidhnean fòcas a chumail tro bhùithtean-obrach gus beachdachadh air na gnìomhan sònraichte a tha ceangailte ri gach fear de na 13 Amasan Ro-innleachdail anns a' Phlana agus gus an aontachadh.**

**Chaidh an gealltanais seo a choileanadh. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.**

**Dh'aontaich sinn ath-sgrùdadh a dhèanamh air faotainneachd agus air cho feumail 's a tha dàta aig ìre nan eilean, agus bacaidhean nas fharsaingeach air seo, an dà chuid aig ìre gach eilean fa leth, agus aig ìre buidhnean eileanan, agus a' beachdachadh air a bhith a' cruthachadh seata dàta 'Eileanan na h-Alba' gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na dùbhlain a tha ro choimhearsnachdan eileanach.**

**Chaidh an gealltanais seo a choileanadh. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.**

Tha SDS air dàta measaidh sgilean mionaideach a dhèanamh airson Arcaibh, Sealtainn agus na h-Eileanan Siar gus cuideachadh le dealbhadh sgilean mar fhreagairt air buaidh COVID-19 air an eaconamaidh. Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba cuideachd air measadh sgilean a thoirt seachad gus taic a thoirt do chruthachadh [Cùmhnant Fàs nan Eilean](#).

**Dh'aontaich sinn Lìonra nan Eileanach Òga a chruthachadh le òigridh bho na h-eileanan Albannach uile, aig am bi dleastanas co-chomhairleachaidh ann an cur an gnìomh Plana Nàiseanta nan Eilean gus dèanamh cinnteach gum bi cur an gnìomh a' toirt feart air ùidhean agus prìomhachasan na h-òigridh;**

**Chaidh an gealltanais seo a choileanadh. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.**

An am Plana Nàiseanta nan Eilean, dh'aontaich sinn “Lìonra nan Eileanach Òga a chruthachadh le òigridh bho na h-eileanan Albannach uile, aig am bi dleastanas co-chomhairleachaidh ann an cur an gnìomh Plana Nàiseanta nan Eilean gus dèanamh cinnteach gum bi cur an gnìomh a' toirt feart air ùidhean agus prìomhachasan na h-òigridh”.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail air a' toirt taic do lìonra ùr gus cothrom a thoirt do chloinn is daoine òga bho eileanan na h-Alba air fad com-pàirteachadh agus am beachdan a thoirt seachad ann an lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean (NIP).

Is e prìomh ghealltanas ann am Plana Nàiseanta nan Eilean gum dèanar co-chomhairle le daoine òga às na h-eileanan ann an cur an gnìomh a' Phlana. Mar sin, tha cruthachadh agus lìbhrigeadh Lìonra nan Eileanach Òga (YIN) deatamach airson a bhith a' lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

Tha an com-pàirtiche libhrigidh, Òigridh na h-Alba a' cumail taic ris a' phròiseact, agus bi an YIN air a cho-chruthachadh agus air a stiùireadh le ar n-eileanaich òga, a' dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh gu faiceallach air ùidhean agus prìomhachasan na buidhne seo fhad's a thathar a' cruthachadh an fhòraim ùir seo.

Chan eilear an dùil gun tèid an YIN an àite buidheann no lìonra òigridh sam bith a tha ag obair sna coimhearsnachdan eileanach againn mar-thà. Bidh e na dhleastanas aige cuideachadh gus togail orra sin agus conaltradh agus co-obrachadh a chur an comas air feadh nan eileanan againn. Tha Youth Scotland air conaltradh le com-pàirtichean aig ìrean eileanan ionadail agus nàiseanta gus slighe a chomharrachadh a nì cinnteach gum bi an YIN cho tarbhach agus cho èifeachdach 's a ghabhas agus gus beàrn no dùblachadh sam bith a sheachnadh.

Tha an YIN a' cumail orra ag obair còmhla ris a' phròiseact Brath ann am Botal air a stiùireadh le Oilthigh Shrath Chluaidh anns an robh Eileanaich Òga an sàs. Bha pàirt mhòr aig a' phròiseact seo ann an COP26 le ceithir tachartasan thairis air dà sheachdain na co-labhairt.

Bidh an stiùiriche YIN aig Youth Scotland a tha stèidhichte sna h-eileanan a' togail air soirbheachas pileat YIN agus tha e an urra ri leasachadh agus lìbhrigeadh an YIN a cho-òrdanachadh. Tha Youth Scotland an-dràsta ag obair còmhla ris na buidhnean Acair aca anns gach ùghdarras ionadail le eileanan gus lìonra de Ghaisgich is Com-pàirtichean Òga nan Eilean a thogail. Is e an ath cheum airson an YIN a bhith ag obair còmhla ri Gaisgeach Òga nan Eilean gus Plana Gnìomh YIN a chruthachadh agus na h-Eileanaich Òga a thoirt a-steach ann am planadh agus ullachadh airson cur air bhog YIN - a ris a bheilear an dùil as t-earrach 2022

**Dh'aontaich sinn Buidheann Riaghlaidh Plana Nàiseanta nan Eilean a stèidheachadh gus dlùth-sgrùdadh a dhèanamh air an Mhapa-slighe Buileachaidh. Bidh tar-shealladh aig a' bhuidhinn seo air lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean agus bidh i a' toirt fios mu adhartas do Bhuidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh.**

**Chaidh an gealltanas seo a choileanadh. Faic [Aithisg Bhliadhnail Plana Nàiseanta nan Eilean 2020](#) airson barrachd fiosrachaidh.**

Chaidh Buidheann Lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean a stèidheachadh san Ògmhios 2021. Cumaidh e taic ri libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean gus dèanamh cinnteach gu bheil obair air a stiùireadh ann an dòigh cho-obrachail a tha dha-rìribh a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach. Tha a' Bhuidheann a' tighinn bho Amas Ro-innleachdail 13 ann am Plana Nàiseanta nan Eilean agus bho ghealltanais Riaghaltas na h-Alba buidheann a stèidheachadh gus sùil gheur a chumail air libhrigeadh a' Phlana.

Feumaidh libhrigeadh plana cothromach, amalaichte, uaine agus in-ghabhalach co-obrachadh agus com-pàirteachas làidir agus tha a' Bhuidheann Lìbhrigidh a' toirt seachad an àite obrach cho-obrachail seo.

### **Ballrachd**

Tha ballrachd na buidhne a' toirt còmhla riochdairean bho choimhearsnachdan eileanach, riaghaltas ionadail, an treas roinn agus an roinn neo-eisimeileach, buidhnean coimhearsnachd, acadaimigich iomchaidh agus oifigearan Riaghaltas na h-Alba:

- Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Bord na Gàidhlig
- Bòrd Coimhearsnachd Calmac
- Comhairle nan Eilean Siar
- COSLA
- Comann nan Urrasan Leasachaidh Alba
- Caidreachas nan Gnìomhachasan Beaga
- Comhairle na Gàidhealtachd
- Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean
- Inspiring Scotland
- Comataidh Gluasachd agus Ruigsinneachd na h-Alba
- Comhairle Siorrachd Àir a Tuath
- Comhairle Arcaibh
- Scottish Futures Trust
- Riaghaltas na h-Alba
- Caidreachas Eileanan na h-Alba
- Comhairle Shealtainn
- Ionad Shrath Chluaidh airson Lagh agus Riaghladh Àrainneachdail
- Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean

Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh gu cunbhalach gus adhartas a sgrùdadh agus gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh phrìomhachasan gus gealltanais Plana Nàiseanta nan Eilean a choileanadh.

Tha prìomh àite aig a' Bhuidhinn Lìbhrigidh cuideachd ann a bhith ag ath-sgrùdadh a' Mhapa Slighe Buileachaidh gach ràithe, a' gabhail a-steach a bhith a' tabhann stiùireadh air cùis chudromach sam bith far an robh atharraichean a dhìth agus a' dèanamh cinnteach gum biodh na gnìomhan a thathar a' moladh a' libhrigeadh nan geallaidhean co-cheangailte riutha an da-rìribh.

**Dh'aontaich sinn obrachadh le coimhearsnachdan eileanach gus dèanamh cinnteach gun tèid am plana a sgaoileadh is a thuigsinn fad is farsaing leis gach pàirt den t-sòisealtas.**

**Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.**

Tha an dà chuid Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean a' cumail taic ri buileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean. Chaidh Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd com-pàirt aig na comhairlean buntainneach ann a bhith a' dealbhadh fhuasglaidhean do na dùbhlain a tha ro eileanaich, agus bidh a' Bhuidheann Lìbhrigidh a' dèanamh cinnteach gu bheil obair air a stiùireadh air adhart ann an dòigh cho-obrachail a tha an dha-rìribh a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach.

### **Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean**

Chaidh an ISG a stèidheachadh ann an 2016 gus beachdachadh air cùisean a tha a' toirt buaidh air coimhearsnachdan eileanach na h-Alba air a bheil daoine a' fuireach, agus gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd com-pàirt aig na comhairlean iomchaidh ann a bhith ag aithneachadh agus a' dealbhadh fhuasglaidhean do na feumalachdan sònraichte agus na dùbhlain a tha romhpa sna coimhearsnachdan sin. Tha Ballrachd na buidhne seo air a dhèanamh suas de Rùnaire a' Chaibineit airson Cùisean Dùthchail agus nan Eilean, Ceannardan Chomhairlean agus Àrd-oifigearan thar gach Ùghdarrasan Ionadail le eileanan.



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022

ISBN: 978-1-80435-202-1

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba cuideachd:  
**[www.gov.scot](http://www.gov.scot)**

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios dhan sgioba air **[info@islandsteam.scot](mailto:info@islandsteam.scot)**

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS1045870 (03/22)

**W W W . g o v . s c o t**